Isabel Campbell, the poetess, was a daughter of Archibald, second Earl of Argyll, Gillesbic Ruadh. She was married to Gilbert Kennedy, second Earl of Cassilis. Her husband was assassinated at Prestwick, near Ayr, by Hugh Campbell, Sheriff of Ayrshire, in 1527. Gilbert, her eldest son, who was born in 1515, succeeded his father as Earl of Cassilis. Quentin, her fourth son, was the last abbot of Crossraguel.

IS MAIRG DO'N GALAR AN GRADH.

LE ISEBAL NIGH'N MHIC-CAILAIN.

Is mairg do 'n galar an gradh,
 Ge b' e fath fo 'n abrim e ;
 'S decir scarachdinn r' a phairt,
 'S truagh an cas 'sa bheil mi-fein

Leis a ghradh 'thug mi gun fhios,
 On 's e mo les gun a luaidh,
 Mur a faigh mi furtachd trath,
 Bidh mo bhlath gu tana, truagh,

Am fer sin d'an dug mi gradh,
 Is nach faod mi 'radh os n-aird,
 Chuir e mis' am boinn nach geill,
 Mo chrech! domh fein is ceut mairg.

— + —

DUANAG GHAOIL.

Do nighin Mhic-Dhomhnill Dhun-naobhaig.

LE MAC-CAILAIN.

Mairenn uain gu Dun-nan-naobh gel,
 Aol-chlach eibhinn nan sruth fionn ;
 Cuirten righ is cuan nan glan thraigh,
 'S e 'm brugh eibhinn, 's bantrachd ann, O.

'S tursach leinne 'bhi ga t' fhagail,
 'Aois nan cuach amalach oir ;
 Osnadh, gu d' ruighechd fo d' mhor mhais,'
 Bheirar uainn le frasabh dheoir, O.

'N cuimhne letsa, 'bheil-deirg mhalda,
 Mo riochd fein, uait no 'ad ghar ?

Mar shamhilt brain air ghlan leig,
A ghraidh, gun aon bhreig, riut ni'n scar, O.

Mi ga t' f heithemh air srath sen chuain,
Gun iul puirt, gun chal 'bhi fo 'm,
'M buinne fairge tonn thar thaobh oirnn,
Clar mo luinge bheirar uam, O.

'S eibhinn dhuit-s', a mhadidh bric, O,
Mo run riut 's na h-abair e,—
Far an caidil thu gun toir ort,
A thi, 'nuair nach caidlinn fein, O.

'S eibhinn dhuit 'n trath laighes cach, O,
A bhi 'n caidremh mna nan rosc mall ;
Ged a chuirtedh mi ri croich, O,
'S truagh an nochd nach mis' a bh' ann, O.

Gu dun nam buadh is an t-sonis
Thoir uamsa soridh nc dho,
Gu ribhinn shuairc a chaoin chaidrimh,
'S a chuach-f huilt fhada gu broig, O.

Brugh, a grand house, a royal residence. Samhilt, likeness, image. Bran, a raven. Leug, a pearl. 'Ad ghar, near thee, beside thee. Buinne, a wave, a stream.

It is probable that the Mac-Cailain who composed Mairenn Uainn, was Archibald, fourth Earl of Argyll. He succeeded his father in 1530, and died in 1580.

— x —

TIGHERNA CHOLA.

Hector Maclean, fourth of Coll, was a good man, and an excellent scholar. He was known as An Cleirech Beg, or the Little Clerk. He composed a few pieces of poetry in Latin. He succeeded his brother as Laird of Coll, in 1558. He was then well advanced in years.

CAISMECHD AILAIN NAN SOP.

LE TIGHERNA CHOLA.

'S mithich dhuinne mar bhun umhlachd
 Dan burdain a chascairt dhuit,
 A fhlescich bhrioghmhoir 'fhliuchas piosan
 Le d' dhibh spiosair, nertmhorich.

'N nochd nar cheiltedh fion na Frainge
 'Nad thech menmnach, masgalach,
 A shil uaibhrich nach biodh uaighech
 'S o 'm biodh sluagh gu cadaltach.

'S iomad geocach ann ad choisin.
 Agus deoiridh aigentach
 'N uair 'leigedh iat am mach ám barca
 Thar an cabul ro ghasda.

Cenglar uimpe mar bhur n-abhaist,
 Cuan a b' aird' do chascairt leo,
 'S nitar sin a reir a cheile
 Gun fheum 'bhi air ath dheanamh,

Beirt choal righin, lionmhor, chainbe,
 Gun aon snaim marcachd oirr',
 'N cengal ri failbhegabh iarinn,
 Droineb nach iarr acarachd.

Sin air dheanamh luthach laidir,
 Le spionnadh ard 'sa chert uair sin,
 Gus an dugadh air a crannabh claonadh
 Taobh na gaoith a chert-eigin.

'N uair 'shuidhedh iat air a crann-ceille
 Gach fer fein ri drepairechd,
 A liuthad sodar muir onfhaidh,
 'S e gu ceannghel, gorm, caitainach.

A bristedh gach taobh de 'brannradh,
 'S e 'n coi-ruith ri 'baidalabh,
 Fad bhur fad-fhradhairc 'sna neulabh,
 'Slad o 'beul r' a fhaicin leo.

A dol timchioll sruth' no sailain,
 'S i gu lenabhail, tartarach,
 'S iomad luirech an cengal ri 'h-earrich,
 'S bogha derg Sásunach,

Crainn air an locradh o roinn gu dosabh
 Le 'n cinn dhoidech fhad-ghaineach.—
 'N uair a chunnacadar am fad bhuaite
 Na críochan ris an robh fuath acasan,

Glacadar na fuirbi ríghne
 'Nan doidibh min', ladarna ;
 Rinn iad an t-íomram teann teth
 Tobhtach, laidir, eolach, acuinnech.

Thug iad cutrom air na liaghibh,
 'S raimh gam pianadh acasan ;
 Chuir iad a beoil mhor ri cheile,
 'S a da chleith an taice sin.

Burdan, a jest, a criticism, a jibe ; a humming noise, a sing-song ; also perhaps burdoon. The Irish burdoon was a species of harmonic accompaniment. It was the same kind of singing as the French faux bourdon, and the Italian falso bordone. When a song was sung with the burdoon, three or more voices took part in the singing, one representing the tenor, the others successively repeating the words of the song in a higher pitch, so as to form accords. *E. O.' Curry's Manners and Customs of the Ancient Irish*, vol. 1., page 607. Dan burdain may then mean a song sung in the burdoon manner. Probably however the meaning of the expression in this poem is a bantering song, a song composed in good humour, but containing some gentle

touches of sarcasm. Pios, a silver cup. Masgalach, flattering. Droineb, tackling. Acàrachd, moderation, gentleness. Luthach, strong, well-jointed. Crann-ceille, helm. Sodar, a trotting, a trotting horse, a wave trotting or rushing on. Onfhadh, a blast, a storm. Caitainech, rough, surly. Brannrahd, a prop, a support, as tand. Baidal, the upper part of a sail, an ensign, a tower. Slad, fagging, making havoc, plundering. Sailain, a little inlet, gulf, or arm of the sea. Tartarach, noisy, clamorous, bold. Doidech, strong. Fad-ghainech, long-darted. Doid, the hand, grasp. Tobhtach, furnished with benches for rowers. Liagh, the blade of an oar. Cliath, or cliath-ramh, a set of oars.

Lachainn Catanach Maclean of Duart married Marion, daughter of John, first Maclean of Treisinnis, by whom he had two sons, Hector Mor his successor and Allan, known as Ailain nan Sop. It is stated in some works that Allan was a natural son. The statement is not correct.

Ailain nan Sop was a man of courage and ability. He got a small fleet under his command and made plundering excursions to Ireland, the Lowlands, and parts of the Highlands. He got the name Ailain nan Sop from the fact that he frequently set wisps of burning straw to the buildings of the districts invaded by him, and reduced them to ashes. He killed the Laird of Lethir and took possession of his lands. He killed Malcolm Macneill of Gigha in 1530, and seized his estate. The Earl of Argyll secured his non-interference by a gift of the lands of Cille-Charraig in Knapdale, and Macdonald of Islay by a gift of Tarbert Castle. He died in 1551, and was buried in Iona. He had two natural sons, Hector and John. They were both legitimated. August 30, 1547.

According to tradition, Hector Maclean, the Bard, afterwards Laird of Coll, made some remarks about Ailain nan Sop's conduct that were not very complimentary. Allan, provoked by these remarks, went to Coll, seized the poet, and took him away as a prisoner to Tarbert Castle. The bard composed a poem about Allan, which pleased him so much that he set his prisoner at liberty, with a friendly warning to be more guarded about his tongue for the future. Dr. Maclean states that Caismechd Ailain nan Sop was composed about the year 1537. It is in all probability the very poem which procured his liberty for the scholarly bard of Coll.

DOMHNALL MAC FHIONNLAI DH
NAN DAN.

Domhnall Mac Fhionnlaidh was a Macdonald. According to tradition his father, Finlay Macdonald lived in Glencoe, and was banner-man to Mac Mhic Iain, as Macdonald of Glencoe was invariably called. His mother was a native of Lochaber, and the daughter of a poet and deer-stalker who lived at Creg-guanach. Donald was brought up with his grandfather in Lochaber. After his father's death he returned to his native district, but owing to a disagreement with his chief, Macdonald of Glencoe, he remained there only a short time. He returned to Lochaber, the home of his youth. He succeeded his grandfather as bard and chief deer-stalker to Macdonald of Keppoch. He lived at Fersit, An Fhersaid Riabhach, at the lower end of Loch-treig, but passed the greater part of the summer at Creig-guanach, which is at the upper end of that loch. He was married but his wife lived only a few years. Mary his only daughter, kept house for him in his old age.

When Domhnall Mac Fhionnlaidh was an old man, and unable to hunt the deer, the young laird of Keppoch Raonall Gorach invited his principal followers to an entertainment at Taigh-nam-fledh. The aged bard was not invited, but started of his own accord, and went as far as Taigh-na-fuine on his way to Taigh-nam-fledh. Finding however that he was not wanted at the entertainment, he turned home. On his way back he heard an owl in the woods of Strone. His Oran na comhachaig, in which he addresses the owl as old and lonely like himself, was then begun.

Domhnall Mac Fhionnlaidh was a very old man at the time of his death. He is buried in Cille-Chaorail in Lochaber.

ORAN NA COMHACHAIG.

LE DOMHNALL MAC FHIONNLAI DH.

AM BARD.

A Chomhachag bhochd na Sroine,
An nochd is bronach do leba,
Ma bha thu ann ri linn Dhonnghail,
Chan ionghnadh ge trom let t'aignedh.

A CHOMHACHAG.

'S co-aoise mise do 'n daraig,
 'Bha 'na faillein ann sa choinich,
 'S iomad linn a chuir mi romham,
 'S gur mi comhachag bhochd na Sroine.

AM BARD.

An nise on tha thu aosda,
 Deansa t' fhaosit ris an t-sacairt,
 Agus innis dha gun euradh,
 Gach aon sgeula ga bheil agad.

A CHOMHACHAG.

Cha d'rinn mise braid no breugan,
 Cladh na tearmun a bhristedh ;
 Air m' fher fhein cha d'rinn mi innadh,
 Gur caillech bhochd ionnric mise.

AM BARD.

Chunnacas mac a Bhrithimh chalma,
 Agus Ferghas mor an gaisgech,
 Agus Torradan liath na Sroine ;—
 Sin na laoich 'bha domhail taicail.

AM BARD.

On a thoishich thu ri senachas,
 'S eigin do lenmhuin na's faide
 Gun robh an triuir sin air foghnadh,
 Mun robh Donnghal ann san Fhersit.

A CHOMHACHAG.

Chunnic mi Alastair Carrach,
 An duine 'b'allaile 'bha 'n Albin,
 'S minic a bha mi ga eistechd,
 'S e aig reitech nan tom selga.

Chunnic mi Aonghus 'na dheghidh,
 Cha b' e sin raghain 'bu taire,
 'S ann san Fhersit a bha 'thuinedh,
 'S rinn e muilenn air Allt-larach.

AM BARD.

Bu lionmhor cogadh is crechadh,
 Bha 'n Lochabar ann san uair sin,
 Cait am biodh tusa ga t' f halach,
 Eoin bhig na mala gruamich?

A CHOMHACHAG.

Is ann a bha 'chuid mhor de m' shinnsredh,
 Etar an Innse 's an Fhersit ;
 Bha cuid eile dhiubh mu 'n Deubhadh,
 'S bhiodh iat ag eighech 'san fhescar.

'N uair a chidhinn-sa 'dol sehad
 Na crechan agus am fuathas,
 Bheirinn car beg bharr an rathid,
 'S bhidhinn grathun an Creg-guanach.

AM BARD.

Creg mo chridh-sa Creg-guanach,
 'Chreg an d' fhuair mi greis de m' arach,
 Creg nan aighen 's nan damh siubhlach,
 A chreg urail, fhiarach, aghmhor.

A chreg mu'n iathadh an fhaghit,
 Bu mhiann lem a bhi ga tadhal
 'N uair bu bhinn guth gallan gadhair.
 A cur greidh' gu gabhal chumhinn.

'S binn na h-iolairen mu 'bruachabh,
 'S binn a cuachan, 's binn a h-ela,
 Is binne na sin am blaoghan
 A ni'n laoghan men-bhreac ballach.

Is binn lem torman nan dos,
 Ri uilin nan corra-bheann cas,
 'S an eilid bhiorach a 's coal cos,
 'Ni fois fo dhuillech ri tes.

Gun de cheil' aic' ach an damh,
 'S e 's muime dhi feur is cremh,
 Mathair an laoigh mhenbh-bhric mhir,
 Ben an fhir mhall-roscich ghlain.

'S siubhlach a dh' fhalbhas e raon,
 Cadal cha dean e san smur,
 B' fhearr leis na plaide fo 'thaobh,
 Barr an fhraoich bhadanich uir.

Gur h-alin sceimh an daimh dhuinn,
 'Thearnas o shiredh nam beann,
 Mac-na-h-eilde 's ainm do 'n t-shonn
 Nach do chrom le spid a cheann.

Eilid bhinnech, mhergant', bhallach,
 Odhar, engach, uchd reidh, ard,
 Damh togalach, croic-chennach, sgiamhach,
 Cronanach, ceann-riabhach, derg.

Gur gasda a ruithedh tu suas,
 Ri lecuinn chruaidh is i cas ;
 Moladh gach aon nech an cu,
 Ach molim-s' an trup' tha' dol as.

Creg mo chridh-sa, 'chreg-mhor
 'S ionmhuin an lon 'tha fo 'ceann ;
 'S anns' an lag 'tha air a cul,
 Na machair is mur nan Gall.

M' annsachd beinn shescair nam fuaran,
 'N riascach o'n dean an damh ranan ;
 Chuiredh gadhair a's glan nuallan,
 Feidh 'nan ruaig gu Inbhir-mheoirain.

B' annsa lem na dnrda bodich,
 Os cionn lic ag eraradh sil,
 Buirain an daimh 'm bi gne dhuinnid,
 Air lecuinn beinne 's e ri sin.

'N uair 'bhuires damh Beinne-bige,
 'S a bheices damh Beinn-na-creige,
 Fregridh na daimh ud d 'a cheile ;
 'S thig feidh a' Coire-na-snaige.

Bha mi on rugadh mi riamh,
 Ann an caidribh fhiadh is earb',
 'S chan fhaca mi dath air am bian,
 Ach buidhe, riabhach, is derg.

Cha mhi-fhin a scaoil an comun,
 A bha etar mi 's Creg-guanach,
 Ach an aois ga'r toirt o cheile ;
 Gur grathun an fheill a fhuaras.

'S i creg mo chridhe-sa Creg-guanach,
 A chreg dhuillech, bhiolairech, bhraonach,
 Nan tulach ard, alin, fiarach,
 Gur cian a ghabh i o 'n mhaorach.

Cha mhinic a bha mi 'g eistechd
 Ri seitrich na muice-mara ;
 Ach 's tric a chuala mi moran,
 De chronanich an daimh allidh.

Cha do chuir mi duil san iascach,
 'Bhi ga iarridh leis a mhaghar ;
 'S mor gum b' annsa lem am fiadhach,
 'S a bhi 'falbh nan sliabh a's t-fhoghar.

'S eibhin an obair an t-selg,
 'S ait a cuairt an aird' gu bechd ;
 Gur binne a h-aidher 's a fonn
 Na long is i 'dol fo 'beirt.

Fhad 's a bhidhinn beo no mairenn
 'S deo dhe 'n anail ann am chorp,
 Dh' fhaninn am fochair an fheidh ;
 Sin an spreidh 'an robh mo thoirt.

Cait an cualas ceol 'bu bhinne,
 Na mothar gadhair mhoir a techd ;
 Daimh shenga 'nan ruith le gleann,
 Mìolchoin a dol annta 's ast.'

'Nuair a bha mi air an da chois,
 'S moch a shiubhlinn bhos is thall,
 Ach an nis on fhuair mi tri,
 Cha ghluis mi ach gu min, mall.

Tha blath mo bhogh' ann am uchd,
 Le agh moal odhar is ait,
 Ise genail 's mise gruamach,
 'S cruaidh an diu nach buan an t-slat.

'S truagh an diu nach beo an fhedhain,
 Gun ann ach an ceo de'n bhuidhin,
 Leis 'm bu mhiannach gloir nan gadhar,
 Gun mheoghail, gun ol, gun bhruidhin.

Bratach Alastair nan gleann,
 An srol faramach ri crann,
 Suaichentas soilleir Shìol-Chuinn,
 Nach d' chuir suim an clannabh Ghall.

'S ann an Cinn-ghiubhsich 'na laighe
 'Tha namhit na greighe deirge ;
 Lamh dhes a mharbhadh a bhradain,
 Bu mhath e 'n sabaid na feirge.

Dh' fhag mi 'san ruighe so shios,
 Am fer a b' olc dhomhs' a bhas ;
 Is tric 'chuir e 'thagradh an cruas,
 An cluais an daimh chabrich an sas.

Raonull Mac Dhomhnaill Ghlais
 Fer a fhuair foghlum gu des,
 Deagh Mhac-Dhomhnaill a chuil chais
 Ni'm beo nech a chomhraig leis.

Alastair cridhe nan gleann,
 Gun e bhi ann mor a chrech,
 'S tric a leg e air an tom,
 An damh donn leis a chu ghlas.

Alastair mac Ailain mhoir,
 'S tric a mharbh 'sa bheinn na feidh,
 'S a lenadh fad air an toir,
 Mo dhoigh gur Domhnallach treun.

Is Domhnallach thu gun mherachd,
 Gur tu buinne gel na cruadhach,
 Gur cairdech thu do Chlann-Chatain,
 Is gur dalt thu do Chreg-guanach.

Ma dh' fhagadh Domhnall am muigh,
 'Na aonar an taigh-nam-fledh,
 'S gearr a bhios gucag air bhuil,
 Luchd a chruidh bidh iat a staigh.

Bu mhath mo bhuachaille cruidh,
 B'e sid uasal nan fer ;
 Bu decair dhomh tarmus air t' fhuil,
 Cha bu dubh, ach aobharrach glan.

Bu mhath mo bharanta cogidh,
 Ged a thogair mi tigh'n uaithe ;
 Gur h-e Eoin a Taigh-na-creige,
 On a bhagair e mo bhualadh.

'S on a bhagair e mi gu teann,
 Cho fad 's a mhaireas crann no clach,
 Cha tog mi uige mo thriall,
 Ni mo dh' iarrinn dol 'na thech.

Soridh uam gu Coire-na-claich',
 Au coire 'm bu toigh lem 'bhi 'tamh ;
 'S gu Uisge-labhair nan faobh,
 Cuilidh nan agh maol 's nam mang.

Soridh eile gu Bac-nan-craobh,
 Gu da thaobh Belach-nan- scurr ;
 'S 'dh-fhios an Etar-bhelich mhoir,
 Far nach cluinner gloir nan Gall.

Mi 'm shuidh' air sith-bhruth nam beann,
 A coimhed aig ceann Loch-treig
 Creg-guanach 'm biodh an t-selg,
 Grianan ard 'am biodh na feidh.

Chi mi an Dubh-lochan uam,
 Chi mi Chruach is Beinne-brec,
 Chi mi Srath Oisain nam Fiann,
 Chi mi 'ghrian air Meall-nan-lec.

Chi mi Beinn-Nibhais gu h-ard,
 Agus an carn derg r 'a bun,
 Is coire beg eile r 'a taobh ;
 Chi mi monadh faoin is muir.

Gur riomhach an Coire-derg,
 Far 'm bu mhiannach leinn bhi selg,
 Coire nan tulachanan fraoich,
 Innis nan laogh 's nan damh garbh.

Chi mi braigh Bhidein nan dos,
 'N taobh so 'bhos de scurra-lith ;
 Scurra-choinich nan damh seng,
 'S ionmhuin lem an diu na chi.

Chi mi srath farsuinn a chruidh,
 Far an labhar guth nan sonn,
 Is coire cregach a Mhaim-bhain
 'Am minic an dug mo lamh toll.

Chi mi Garbh-bheinn nan damh donn,
 Agus Lap-bheinn nan tom sith,
 Mar sin agus an Leitir-dhubh,
 'S tric a rinn mi fuil 'na frith,

Soridh gu Beinn-eolair uam,
 On 's i 'fhuair urram nam beann ;
 'S gu slios Loch-eirechd an fheidh,
 Gum b' ionmhuin lem fein bhi ann.

Thoir soridh uam thun an Loch,
 Far am faicteadh bhos is thall,
 'S gu uisge Leamhna nan lach,
 Muime nan laogh brec 's nam meann.

'S e loch mo chridhe-sa an loch,
 An loch, air am biodh an lach,
 Agus iomad ela bhan ;
 'S bhiodh iat a snamh air mu sech.

Olidh mi a Treig mo theann-shath,
 'Na deidh cha bhi mi fo mhulad ;
 Uisce glan nam fuaran fallain,
 O'n seng am fiadh a ni 'n langan.

'S buan an comun gun bhristedh,
 'Bha etar mise 's an t-uisce,
 Sugh nam mor bheann gun mhisce,
 Mise ga ol gun trascadh.

'S ann a bha 'n comun bristech,
 Etar mise 's a Chreg-sheilich ;
 Mise gu brath cha dirich,
 'S ise gu dilinn cha teirin.

On labhair mi umibh gu leir,
 Gabhidh mi-fhein dibh mo ched ;
 Dermad cha dean mi 'san am,
 Air fiadhach ghleann nam Beann beg.

Ced a's truaighe 'ghabh mi riamh,
De n fhiadhach bu mhor mo thoil,
Cha 'n fhalbh mi le bogha fo m' sgeith,
'S gu la-bhrath cha leig mi coin.

Mise 's tusa, 'ghadhair bhain,
'S tursach ar turas do 'n eilain,
Chaill sinn an tathunn 's an dan,
Ged bha sinn grathun ri cenal.

Thug a choille dhiots' an erb',
'S thug an t-ard dhiomsa na feidh,
Chan fheil naire dhuinn a laoich,
On laigh an aois oirnn le cheil'.

'Aois chan fheil thu mechair,
Ge nach feudar leinn do shechnadh,
Cromidh tu an duine direch,
A dh' fhas gu milanta gasda.

Giorrichidh tu air' a shaoghal,
Is caolichidh tu a chasan,
Fagidh tu 'cheann gun deutach,
'S ni thu eutan a chasadh.

'Aois chas-aodnach, phellach,
A shrem-shuileeh, odhar, eitidh,
Cuim' an leiginn let a lobhair,
Mo bhogha 'thoirt dhiom air eigin'.

On 's mi-fhin a b' fhearr an airidh,
Air mo bhogha ro mhath iubhair
Na thusa, 'aois bhothar, sgallach,
'Bhios aig an tellach a' d' shuidhe.

Labhair an aois, a rithist,
'S mo 's righin 'tha thu 'lentuin
Ris a bhogha sin a ghiulan
'S gur mo 'bu chuibhe dhuit bata.

Gabh thusa uams' am bata,
 'Aois ghnada chairtidh na pleide,
 Cha leiginn mo bhogha letsa,
 De d' mhathas no air eigin.

'S iomad laoch a b' fhearr na thusa,
 'Dh fhag mise gu tuisleach an fhann,
 'N deidh fhaobhachadh as a shesamh,
 'Bha roimhe 'na fhlescach menmnach.

Faosit, confession. Tathunn or tathfan, the barking of a dog. Blaoghan, the cry of the fawn. Tearmun, a sanctuary. Cremh, wild garlic. Eraradh, a parching of corn preparatory to grinding it. Mothair, a loud noise. Laoghan, or laighan, a little calf. Tarmus, dislike. Galan, a noise. Cuilidh, a hollow. Faobhich, despoil, strip. Imnadh, tribulation, distress. Maghar, bait for catching fish. Duinned, degree of brownness. A's t-fhoghar, a violent and undesirable contraction for anns an fhoghar, or rather for an sant fhoghar, in the fall.

Alastair Carrach, the founder of the house of Keppoch. Aonghus na Feirte, the son and successor of Alastair Carrach. Raonall Mac Dhomhnaill Ghlais, Raonall Mor na Cepich, who was executed at Elgin in 1547. Alastair nan gleann, Alastair Bhoth-Fhloinn, who died at Kingussie. Eoin a Taigh-na-Creige, Macdonald of Glencoe.

CUMHA GHRIOGAIR MHIC-GRIOGAIR.

LE A MHNAOL.

Moch 'sa mhatuin air la Lunisd
 Bha mi 'sugradh mar-ri m' ghradh,
 Ach mun danic medhon latha
 Bha mo chridhe air a chradh.

*Ochain, ochain, ochain uiridh,
 'S goirt mo chridhe, dheth, a laoigh;
 Ochain, ochain, ochain uiridh,
 Cha chluinn t' athair ar cruaidh chaoidh.*

Mallachd aig maithibh 's aig cairdibh
 'Chuir an cradh mi air an doigh s',
 'Thanic gun fhios air mo ghradh-sa
 'S a thug fo smachd e le foill.

Nan robh da-fher-dheug de 'chinnedh ann,
 'S mo Ghriogair air an ceann,
 Cha bhiodh mo shuil a' siledh 'dheur,
 No mo lenabh fein gun daimh.

Chuir iat a cheann air ploc darich,
 Agus dhoirt iat 'fhuil mu 'n lar;
 Nan robh agam-s' an sin cupan,
 Dh' olinn de 'n fhuil sin mo shath.

'S truagh nach robh m' athair an galar,
 Agus Cailain ann am plaigh,
 Ged a bhiodh nighen an Ruadhainich
 A sior shuathadh bhas is lamh.

Chuirinn Cailain liath fo ghlasabh,
 Agus Donnachadh Dubh an laimh,
 'S gach Caimbeulach a ta 'm Belach
 Gu bhi 'giulan nan glas-lamh.

Ranic mise reidhlain Bhelich,
 Ach cha d' fhuair mi an sin tamh;
 Cha d' fhag mi roin de m' fhalt gun taruinn,
 No gel chraicenn air mo laimh.

'S truagh nach robh mi 'n riochd na h-uisaig,
 Spionnadh Ghriogair ann am laimh,
 'S i 'chlach a b' aird' ann sa chaistal
 A chlach a b' fhaisge do 'n bhlar.

'S truagh rach robh Fionnlairig 'na lasair,
 Agus Belach Mor 'na smal,
 'S Griogair ban nam basan gela
 A bhi etar mo dha laimh.

Tha mi 'n diugh gun ubhlan agam,
 Agus ubhlan uil' aig cach;
 'S ann tha m' ubhal cubhrigh grinn-sa
 Agus cul a chinn ri lar.

Ged bhios mnathan chaich aig baile,
 'Nan laighe 's 'nan cadal seimh,
 'S ann bhios mis' aig bruaich mo lepa,
 'S mi a bualadh mo dha laimh.

'S mor a b' annsa 'bhi aig Griogair
 Air fedh coille agus fraoich,
 Na aig Baran crion na Dalach
 An taigh claiche agus aoil.

'S mor a b' annsa 'bhi aig Griogair
 'Cur a chruidh a suas do 'n ghleann,
 Na aig Baran crion na Dalach,
 'S a bhi 'g ol air fion 's air leann.

'S mor a b' annsa 'bhi aig Griogair
 Fo bhrat ribach robach roin,'
 Na aig Baran crion na Dalach,
 'S mi a' giulan siod' is sroil.

Ged bhiodh cur ann agus cathadh,
 Agus latha nan sechd sion,
 Gheibhedh Griogair dhomhsa cragan
 Ann san caidleamid fo dhion,

*Ba hu ba ho, asrain bhig thu!
 Chan fheil thu fhathast ach tlath;
 'S egal leam nach dig an latha,
 'San diol thu t' athair, gu brath.*

Asran, a forlorn object, a destitute wanderer. Cragan or cregan, a little rock.

The wife of Gregor Macgregor was a Campbell. Her father desired to have her married to the Baron of Dall, on the south side of Loch Tay; but she loved Macgregor, ran away with him, and was married to him. Her husband and her herself were under the necessity of wandering from place to place to escape the vengeance of her father and his friends. They were at last captured by their pursuers, and carried off to Taymouth Castle, Caisteal Bhelaich. Gregor was beheaded, and his wife compelled to witness his execution.

Sir Colin Campbell became laird of Glenurchy in 1550. He was a bitter and relentless foe to all the Macgregors. He caused Gregor Macgregor of Glenstræ to be put to death at Kenmore in 1570. He is evidently the Cailain liath of the poem. He was married to a daughter of Lord Ruthven, "nighen an Ruadhainich." He died in 1583. He had four sons, and four daughters. He was succeeded by his eldest son, Duncan, Donnachadh Dubh a churric, or Black Duncan of the cowl. Duncan was married in 1574, and died in 1631.

It is probable that Gregor Macgregor of Glenstræ, executed in 1570, is the Gregor of the lament. But who was Gregor's wife? It is held by some that she was a daughter of Sir Colin Campbell of Glenurchy, and a sister of Donnachadh Dubh a' churric. It is held by others that she was a daughter of Duncan Campbell of Glenlyon, Donnachadh Ruadh na Feilachd. The traditions of Glenlyon favor the latter view.

CUMHA NEILL OIG.

LE MOIR NIC-FAIDAIN, A LENNAN.

Gur a mise 'th 'air mo churadh,
 Thug mi gelladh do 'n chuirtair,
 Is cha leig mi fo rum e na's mo.
 Gur a mis' etc.

Tha mi 'm muigh ann san fhescar,
 'S gun do chuspair ga chepadh,
 'S mheadich sugradh nam flescach dhomh bron.

Tha mi 'feithemh na faiche,
 'S fir an ordagh 'dol sehad
 Ach fer t' aogisc chan fhaic mi gan coir.

Bu duin' uasal treun, tapidh,
 Fiuran gasda ro bhechdal,
 Am fer fial dha 'n do bhaist iat Niall og.

Ach nam b' aithne dhomh t' airemh,
 B' ur a' choill as an d' fhas thu,
 'Shil nam faillainan ard' 'bu mhor stoirm.

Mac-Gilleain air thus let,
 Agus oighre na Cuile,
 'S let Mac-Fhionghain bho dhluth choille chno.

'S let Mac-Cuimilein uaibhrech,
 Is Iarl' Antrum mu 'n cualas,
 'S Lachainn 'thuit ann am bualadh nan sron.

Gur a math 'thigedh feiledh
 Air an ioscaid nach b' eitidh,
 'Nuair a scioblaichedh m' eudail gu falbh.

Cha bu mhes' 'thigedh boinaid
 Air chul fainnech nan donnag,
 Bu tu 'n gaisgech des foinnidh, gun gho.

Selgair feidh air an druchd thu,
 Bhiodh e lot-te le t' f hудар,
 'Call na fala 's do chu air a lorg.

Bu tu 'n cearrach mor, prisail,
 Air na cairtan 's na disnen,
 'S tu gum buidh' nedh a chis ann san toirm.

Agus cearrach air feirne,
 Air an tailesg 'gan steornadh ;
 'S tu nach h- iarradh 's nach soradh an t- or.

Bu tu ceann do luchd-muinntir,
Nach robh geur ann an cainnt orr'
Ann an eirechdas cunntais no moid'

An la 'thanic thu 'dh-Albain,
Bu lamh shonrichte airm thu ;
Tha sud firinech derbhte gun bhosd.

'Ruin, nam bidhedh tu mairenn,
Bu tu mo raghain de dh-fherabh,
Leiginn Eoghan is Ailain air falbh.

A mhic Neill 'bu mhor gaisge,
'Fhuair a stialadh mu 'n Chlachan,
'Se do bhas 'chuir am fadal mor s 'oirnn.

Chunna mi do cheann-cinnidh,
'S cach ga d' ghiulan gu innis ;
'S gun robh surd ann air tioma gu leoir.

Bha gruaim mhor air do dh-alta,
'Nam an uaigh bhi ga trechailt ;
Gun robh uair nach bu mhasladh sud dho.

Tha thu 'd chomhnaidh 'sa chaibal,
'S tu gun chomhradh, gun chaidremh,
Is gun chomhfhurtachd lepa ach bord.

Curadh, severe distress; not to be confounded with ciurradh, a hurt. Churadh, distressed. Cearrach, a gamester, a dexterous player of games.

Neil Maclean, known as Niall Mor Mac Mhic Iain, was tutor to Lachlan sixth Maclean of Coll, during the minority of the latter. He was a distinguished warrior, and an upright man. About 1590, Sir Lachlan Mor of Duart sent an armed force to Coll to compel the Macleans of that island to follow him in all his wars. Niall Mor marched

out in great haste to meet the invaders. On his way to the encounter he found that the flag had been forgotten. This caused him a good deal of annoyance. An old warrior, known as Domhnal Mugach, seeing the perplexity of his leader stepped forward, took off his bonnet, and pointing to his bald head, exclaimed, "This will do for a standard, and I promise that it will not go back a foot to-day." The two parties met at Sruthan nan Ceann in Totaranald. The invaders were defeated with great slaughter. Sir Lachlan Mor sent a more numerous force shortly afterwards. The result was that he became master of Coll. Niall Mor had to flee for his life. Sir Lachlan's men were constantly in pursuit of him. At last twenty-four of them came upon him by surprise at Clachan Duibh in the northern part of Mull and slew him. The spot at which he was killed is known as Torran Neill. Niall Og was a son of Niall Mor.

The twelfth, thirteenth and fourteenth verses are not in the MS. from which the poem has been copied. They are taken from a version published in the Gael for 1872, at page 179. If they really belong to the poem, Niall Og must have fled from Scotland, probably to Ireland, after his father had been murdered. An la 'thunic thu 'dh-Albain will then refer to his return.

The late lamented J. F. Campbell, of Islay, got hold of curious, but interesting account of Niall Mor. It shows the manner in which legends are formed from actual facts. It is published in the Gael for 1873, at page 138.



AM BARD MAC MHURCIDH MHIC IAIN RUAIDH.

The poet known as am Bard Mac Mhurchaidh Mhic Iain Ruaidh was a Macrae. His name was either John or Alexander, probably the latter. He resided at Mamag, in Glencilchaig, Kintail.

Murdoch Macrae, Murchadh Mac Alastair, was the seventh son of Alexander Macrae of Inverinatre, chief of Macraes. In the beginning of the winter of 1620, he went on a hunting excursion to the upper parts of Gleann-Lic. As he did not return when expected his friends became alarmed about him. After a search of fifteen days they found his lifeless body at the foot of a large rock. He may have been killed by falling over the rock; but the common belief was that he had been thrown over it, by a wicked wretch that he had found stealing his goats. The poet was a herdsman with Murdock Macrae's brother,

CUMHA.

*Do Mhurchadh Mac-Rath, a Chailledh an
Gleann-Lic 'sa bhliadhna 1620.*

LEIS A' BHARD MAC MHURCHIDH MHIC IAIN RUAIDH.

Och nan ochan 's mi scith,
'Falbh nan cnoc so ri sion ;
Gur neo-shocrach an scriob 'tha 's duthich.

Cha b' e t' fhasach gun ni,
No t' fherann-aitich 'chion sil,
Ach sceul ro chraitech a mhill ar sugradh ;

Thu bhi, 'Mhurchidh, air chall,
Gun aon chuimse cia 'm ball ;
Sud an urchair 'bha cailtech dhuinne.

'S beirt nach guidhinn de m' dheoin,
Ach 's ni 'lughraig Dia oirnn,
Do chul buidhe bhi 'choir na h-urach.

'S cruaidh an cas 'sa bheil sinn,
Is goirt craitech gach cridh',
'S cha chuir cairden an ire dhuinn e.

Och, mo chlisgedh 's mo chas,
Gun thu 'n ciste chaoil chlar,
Le derbh fhios aig do chairden ciurt' air.

Bu chall ceill' agus baigh'
'S gum bu mhisde mo chail,
Mur a tuigt' air mo dhan gum b' fhiu thu.

'Nuair a shuidhedh tu, 'sheoid,
Mar-ri buidhinn ag ol,
Mar bu chubhidh bhiodh ceol mu 'n turlach.

Slan le treubhantas seoid,
Slan le gleusdachd duin' oig,
'N uair nach d' fheud thu bhi beo gun churam.

Slan le gliocas 's le ceill,
 'S a bhi mesail ort fhein,
 'S nach h-'eil fios ciod e 'n t-eug a chiurr thu.

Slan le binnes nam bard,
 Slan le grinnes nan lamh,
 Co 'ni mire ri d' mhnaoi, no sugradh?

Slan le grinnes nam meur,
 Slan le binnes luchd-theud,
 'Nuair a sheinnedh tu 'm beul gun tuchan.

Slan le uaisle na 's leoir,
 'S tu bhi suairce gun bhron,
 Bho nach d' fhuaras tu, 'sheoid, gu h-urail.

Slan le fiadhach nam beann,
 Slan le iasgach nan allt ;
 Co chuir iarunn an crann cho cliutech?

Do luchd-fair' tha gun fhiamh,
 Bhon bha t'air' orra riamh ;
 'N nochd cha gherain am fiadh a churam.

'S ait le binnich nan allt,
 'Chor 's gun cinnich an clann,
 Gun do mhilledh na bh' ann de dh-fhudar.

Faodidh 'n erbag an nochd,
 Etar mhaoislech is bhoc,
 Cadal samhach air cnoc gun churam.

Faodidh ise bhi slan,
 'Siubhal iosal is aird
 Bhon a chailedh an t-armun cliutech.

In the line, Do luchd-faire tha gun fhiamh, the reference is to the red deer. Binnich nan allt, the roe deer. Turlach, a large fire.

CUMHA.

Do dh-Iain Ruadh Mac Dhughail.

LE A MHATHAIR.

'S daor a chennich mi 'm fiadhach
A rinn Iain Di-ciadain ;
Rinn an t-eilain dubh riabhach mo leon.
'S daor a chennich, etc.

Bu domhain an linne
'San robh fir ga do shiredh,
Ann san d' fhuair iat mo chion 's gun e beo.

'N uair a thug iat a stech thu
Bha do ghruaidhen air secadh ;
Och 's e m' eudail a bh' aca gun deo !

A Dhomhnaill Mhic Iain,
An nochd 's cruaidh let mo naidhechd ;
'S ann a tha iat gun aigher 'san Strom.

Gur h-e mis' 'th' air mo chrechadh,
'Dol a dh-ionnsidh do lepadh,
'S gun mo lamh air do chraicenn gel og.

Tha do phethrichen truagh dheth,
Air dhroch chengal tha'n gruagabh ;
On 's e 'n losgadh a fhuair iat 's an leon !

Is gur h-iomad duin' uasal
Leis 'm bu duilich mar chual iat,
Bho an Teist gun am buail iat an Strom.

Cas a shiubhal nam fuar bheann,
Ghabh thu raghain 'bha uasal,
'S tu gun trebhadh no buailten air doigh.

Gur a h-iomad bian beiste
'Chunnic mise mu d' reidhleoin
'S e mo chrech nach do dh-fheud thu 'bhi beo

Gum bu lionmhor dhuit carid
 Etar Leodhas 's na Herradh
 Fir nach treigedh am barail le 'n deoin.

Murdoch Macaulay, a grandson of the celebrated Donald Cam, lived at Valtos in the parish of Uig in Lewis. He married Elizabeth Macpherson from the Isle of Skye, by whom he had John, Zachary, and other children. John who was known as Iain Ruadh MacDhughail was only in his fifteenth year when his father died. He grew up to be an athletic and handsome man, and was celebrated as a hunter. He was drowned in Loch Langabhat whilst swimming to an island in the middle of that lake, an t-Eilain Dubh. A large stone marks the spot on which his body was laid after it was taken out of the water. His bereaved mother used to visit this spot on almost every Wednesday of the year. He was born about the year 1600.

— × —
 FEAR AICHALIDH.

Murchadh Mor mac mhic Mhurchidh was the fifth Mackenzie of Aichilty in Ross-shire. He lived a long time in Lewis. He was factor in that island for the Earl of Seaforth. He was a clear-headed and well informed man. He composed several poems.

AN LAIR DHONN :

Oran molidh do shoithech a bha aige.

LE FER AICHALIDH.

Tha mise fo ghruaim
 'S gun mi 'n caidremh a chuain,
 Cha chaidil mi uair air choir
 Tha mise fo ghruaim, etc.

Ge socrach mo ghleus
 Air capul 'na leum,
 Cha chaisger lem m' fheum le treoir.

Loth phellagach bhreun,
 Fo phillein 's fo shrein ;
 Aon ghille 'na deidh bu lod.

Cha dugadh i 'n cein
 Ach duine 's i-fein,
 'S gun cuireadh i feum air lon.

Nan eighedh i scios,
 'S e b' f heudar 'dhol sios
 'S a treigsin, ge b' fhiamh an toir.

Cha b' ionnan 's mo lair,
 Air linge nam barc,
 Ág imechd a ghnath le treoir.

Bu mhaisech a loinn,
 Ri grinnes na gaoith,
 Gun bhioran ri 'taobh, 's i 'falbh.

'S i 'b' f heraile ceum
 De 'm faca mi-fein,
 'S cha bu gheran d'i feum air lon.

Iubhrach shocrach a chuain
 Dha 'n cliu toisech dol 'suas,
 'S giuthas dosrach nam buadh fo sheol,

Air bharrabh nan stuadh
 'Cur darich 'na luaths,
 'S buill tharruinn nan dual 'san dorn.

'Reubadh mara gu dluth,
 Fo bheul sgar agus suigh,
 'N deidh a barradh gu h-ur bho 'n ord.

Ruith chuip air a clar,
 'S i druidte fo 'sail,
 Bu chruit leinn a gair fo sheol.

Chluinntedh faram nan ramh,
 Bho 'n charric a snamh,
 'S bhiodh barant an laimh gach seoid.

Chan iarradh i moll,
 No fodar no pronn,
 Ach sadadh nan tonn ri 'sroin,

B' e sud m' aigher 's mo mhiann
 Ged a ghlasich mo chiabh,
 'S cha bu shlat agus srian a' m' dhorn.

Ged thigedh an ruaig
 Le caithemh a chuain,
 Cha laighedh oirnn fuachd no leon.

'N uair a ghabhtedh gu tamh
 Ann an cala puirt sheimh,
 Cha b' fhallain bho m' laimh-s' an ron.

'S bhiodh eilid nam beann
 Ga h-imain le gleann,
 'S mo pheileir gu teann 'na lorg.

Ga fennadh air luib,
 Fo mhellabh na stuic,
 Gum b' fhallain mo shunnd 's gach doigh.

Ar scennan bhiodh geur
 Gu fennadh an fheidh,
 'S cha b' annas an gleus sin oirnn.

'Fhir a dh' imiches 'n iar,
 Bho nach cinntech mo thriall,
 Bi 'g innsedh gur bliadhn' gach lo.

Beir an t-soridh so 'null,
 Air fad chuan an fhuinn.
 Far am faightedh na suinn ag ol.

Gu eilain an fheidh,
 Gu eirthir an eisc,
 Far nach paighamid feich air lon.

Gu comunn mo ruin
 Nach cromadh an t-suil
 'N am tromachadh dhuinn am poit

Gun ardan, gun strith,
 Gun airemh air ni,
 Ach 'cur saridh am fion 's ga ol.

Bhiodh ceol fídhle ri 'r cluais.
 Bho 'n Eoin fhinalt' gun ghruaim,
 Fer bu rioghail cur dhuan air falbh.

The poet went to England with a drove of cattle. While waiting for an opportunity to sell the cattle, he hired a horse and gig and visited several places. It was whilst on this excursion that he composed the above song. He would rather be in Lewes than in England, and would prefer a sail in his own vessel to a ride in a gig.

— × —

DIORBHAIL NIC-A'-BHRIUTHAINN.

Dorothy Brown, Diorbhail Nic-A'-Bhriuthainn, lived in the Island of Luing in Argyleshire. It is evident that she possessed poetic talents of a high order. There is only one of her poems extant, "Alastair a laoigh mo Cheille." It was composed about the year 1647.

ALASTAIR A LAOIGH MO CHEILLE ;

Oran do dh-Alastair Mac Cholla.

LE DIORBHAIL NIC-A'-BHRIUTHAINN.

Alastair, a laoigh mo cheille,
 Co 'chunnig no 'dh' fhag thu 'n Eirinn?
 Dh' fhag thu na milten 's na ceutan,

'S cha d' fhag thu t-aon leithid fein ann ;—
 Calpa cruinn an t-siubhail eutruim,
 Cas 'chruinnechadh an t-sluaigh ri 'cheile ;
 Cha deanar cogadh as t' eugais,
 'S cha deanar sith gun do reite ;
 'S gar am bi na Duibhnich reidh riut ;
 Gun robh 'n righ mar tha mi fein dhuit.

E ho, hi u ho, ro ho eile,
 E ho, hi u ho, 's i ri ri u,
 Ho hi u o, ro ho eile,
 Mo dhiobhail dith nan ceann-feadhna.

Mo chruit, mo chlarsach, is m' fhiodhul,
 Mo theud chiuil 's gach ait am bidhinn ;
 'N uair a bha mi og a' m' nighin,
 'S e 'thogadh m' inntin thu 'thighin ;
 Gheibhedh tu mo phog gun bhruidhin,
 'S mar tha mi 'n diugh 's math do dhligh' oirr'.

'Mhoire 's e mo run am firionn ;
 Cha bhuachaille bho 'san innis,
 Ceann-feadhna greadhnach gun ghiorag,
 Marcich' nan steut a 's leoir mire,
 'Bhuidh' nedh na cruinten d'a ghillen,
 'S nach sechnadh an torachd iomairt :
 'Ghaolich nan deanadh tu tilledh,
 Gheibhedh tu na bhiodh tu 'siredh,
 Ge do chaillinn ris mo chinnech,
 Pog o ghruagich dhuinn an fhirich.

'S truagh nach h-'eil mi mar a b' ait lem,
 Ceann Mhic-Cailain ann am achlais,
 Cailain liath an deidh a chascart,
 'S an crunair an deidh a ghlacail ;
 Bu shunnach a gheibhinn cadal,
 Ged a b' i a 'chreg mo leba.

M' eudail thu 'dh-fherabh na dilin,
 'S math 's aithne dhomh do shloinnedh innsedh,

'S cha b' ann an cagar os 'n iosal ;
 Tha do dhrech mor dh' iarradh righ e,
 Falt am boinaid is e sintech,
 Is sar mhusc ort no cuilibhair ;
 Dh' eightedh geard an cuirt an righ let,
 Ceist nam ban o'n Chaistal Ilech,
 Dorn gel mu 'n dean an t-or sniamhan.

Domhnallach gasda mo ghaoil thu,
 'S cha b' e Mach Dhonnachidh Ghlinne-Faoch-
 ainn,
 No duine 'bha beo de 'dhaoine ;
 'Mhic an fhir o thur na faoilechd,
 Far an dig an long fo 'h-aodach,
 'S far an oiltedh fion gu greadhnach,

'Mhoire 's e mo run an t-oiger,
 Fiughantach, aigentach, sporsail,
 Cennard na cethairne moire ;
 'S mise nach diultadh do chomhradh
 Mar-ri cuidechd no a'm' onar,
 Mhic an fhir o 'n innis cheolmhoir,
 O'n tir 'am faightedh na geoidh-ghlas,
 'Sam faighedh fir fhalamh storas.

Bhuailtedh crech agus spech mhor let,
 'S cha bhiodh 'chridhe tigh'n ga t' fheorich,
 Aig a liuthad iarl is mor-fher
 'Thigedh 'thoirt am mach do chorach,
 Thig Mac-Shimi, thig Mac-Leoid ann,
 Thig Mac-Dhomhnaill-Duibh o Lochidh,
 Bidh Sir Seumas ann le mhor fhir,
 Bidh na b' annsa Aonghus og ann,
 'S t' fhuil ghreadhnach fein bhi' ga dortadh,
 'S des tarrauin nan geur lann gorma.

Is nan saoilidh cinnedh t' athar
 Gu 'n deanadh Granntich do ghleidhedh,
 'S iomad fer gunn' agus claidhibh,

Cotain uaine 's breacain dhathail,
 'Dh' eiredh let da thaobh na h-abhunn,
 Cho lionmhor ri it an dredhain.

Ged tha mis' a'm' phaisde suarach,
 Thall 's a bhos mu uisg' a chuain so,
 Nam biodh mo chrodh air na buailten,
 Mo ghreigh a tadhal nam fuaran,
 'S mo chaorich ghela gan cuartach',
 Ribainan a cengal mo ghruaige,
 Gur lionmhor fer 'bhiodht' a luaidh rium.

'Mhoire 's iat mo run an comunn,
 Luchd nan cul buidhe 's donna, .
 'Dheanadh an t- iubhar a chromadh,
 'Dh' oladh fion derg 'na thonnabh,
 'Thigedh 'steach air mointich Thollidh,
 'S a thogadh crech o mhuinnter Thomidh.

John Mor Tanaistear, fifth son of the first Lord of the Isles, received from his father 1,600 acres of land in Islay and 3,600 acres in Kintyre. He married Margery Bisset about the year 1399, and obtained the Glens of Antrim with her. He was succeeded by his son Donald Ballach. Donald Ballach married a daughter of Conn O'Neill. He defeated the royal army at Inverlochy in 1431. He died about the year 1480. John Mor, his son and successor, married Sabina, daughter of Felim O'Neill, and had by her John Cathanach, so called from having been fostered with the O'Caans. John Cathanach married Cecilia Savage. He was executed in Edinburgh in 1498. Alexander, his son and successor, married a daughter of John Macdonald of Ardnamurchan, by whom he had six sons, James, Angus, Coll, Alastair og, Donald Gorm, and Sorley Buy, Somhairle Buidhe. James married Agnes, daughter of Colin, then Earl of Argyle. He died in 1565, and was succeeded by his son Angus. Angus married Mary, daughter of Hector Og Maclean of Duart. He died about 1512, and was succeeded by his son James, who died in London without issue in 1626. James was the last of the Lords of Islay and Kintyre. Coll, the third son of Alastair Mac Iain Chath-analch resided at Kinbaan in Ireland. He married Eveleen,

daughter of Macquillan of Dunluce, by whom he had two sons, Gillespic and Randal. He died in May 1558. Gillespic married the daughter of a man named O'Quinn, by whom he had one son, Colla Ciotach. He was killed, shortly after his marriage, by an infuriated bull. Sorley Buy, the youngest of Alastair MacIain Chathanach's sons, was born about 1505. He was a man of very great ability. He succeeded in retaining possession of the Autrain estates. He married Mary, daughter of Conn O'Neill, first Earl of Tyrone, and had by her five sons, Donald, Alexander, James, Randal, and Angus. Randal was created Earl of Antrim in 1620.

Colla Ciotach was born at Loughlinch, Loch Leithinnis, in 1570. He was removed at a very early age to the island of Colonsay, where he resided until 1639. He had three sons, Gillespic, Alexander, and Angus. He was hanged near Dunstaffnage in 1647. Two of his sons, Gillespic and Angus were put to death at the same time.

Alexander, second son of Colla Ciotach was born in Colonsay. He left Ireland for Scotland at the head of 1500 men, June 27th, 1644. He distinguished himself as a warrior in battle after battle under Montrose. He returned to Ireland in May 1647. He was killed at the battle of Cnocnanos, in the county of Cork, November 13th, 1647. He was married, and left two sons, Coll'-a- Mhuilinn, and Gillespic.



IORRAM NA TRUAIGHE;

*Cumha do dh-Iain MacLeoid, a Chaochail
'sa bhliadhna 1649.*

LE POL CRUBACH.

Gur h-i iorram na truaighe
Tha ga h-cibhech aig sluagh san am s',
Is a liuthad glaodh tioma
Gun bhinnes r'a eistechd leinn.
Tha ar tigherna duthcha
Ann sa chiste chaoil dhuinte theann :
Gach cuis chruidh 'sam biodh cunnart
'S tu a b'urrainn a reitech' dhuinn.

Chunnic mise Sir Seumas
 Ga do threigsin 's cha b' ann de 'dheoin ;
 Bha a dher shuilen glana
 'S iat ri siledh nam milten 'dheoir
 Nam b' ann le nert lannan
 Bhiodh do cholun a caochladh neoil,
 Chitedh iomad laoch ferail
 'Bualadh faraim 's a reubadh feoil.

Gum bu lionmhor srol ballach
 Bhiodh ga nochdadh ri slinntibh chrann ;
 'S gum bu lionmhor treun ghaisgech,
 Ri faicin nam maoth shrol fann,
 'Bhiodh air ghluasad gun fhuirech
 Do na chumasg gu stroicedh cheann ;
 'S a chur lunnan air braighden,
 'S iat a' faighnechd, 'n e 'm bas a th' ann ?

'Siomad clogaide cruadhach
 'Bhiodh a falach nan gruag 's nan sron ;
 'Siomad cuilbhair a chitedh
 A toirt teine le cinnt ri ord
 'S iomad fiubhaidh chaol erra
 Bhiodh gam falach gu'n ceir am feoil ;
 'S gum bu lionmhor pic-mhellach
 Bhiodh ga taruinn bho chluais gu dorn.

Nam bu chiontainan dhaoine
 A bu bhaogh'l do bhetha Mhic-Leoid,
 Gur a lionmhor tuir shuairce
 A ghluaisedh gu h-allanta borb,
 Is a bheiredh ruaig mhadne
 Gun an oidhch' a chadal air choir,
 'S mnathan bruite ag eighech
 Mu bhi 'rusgadh nan geur lann gorm.

Gur a mor an tein'-adhair
 'Thug an spredhadh 'bha trom 'n ar mesg ;
 Thuit ar n-aignedh an islid,
 Is ar cridhe 'nar cliabh gu 'n do chlisg :

Gur a h-iomad ben bhreid-ghel
 Bha a h-enchainn a leum fo 'sic,
 Mu dheagh Iain Mac Ruari
 Bhi an eclais nan stuadh fo lic.

Gur a mor an sruth traghidh
 So a bharc air fir Innse-Gall ;
 Ri amharc a' cheile
 Gur a soilleir dhaibh fein an call.
 Fer do choimais cha leir dhomh,
 Bu tu 'n curidh an streup nan lann,
 Le do 'n chlaidhibh cruaidh beumnach
 Ann ad dh'es laimh gu speicedh cheann.

A ghnuis shoilleir ne feile,
 Nach breugichadh t'fhacal san uair
 Bu tu ceann-uidhe nan deoraidh
 Is nan airclach gun treoir 's nan truagh.
 Bu tu cearrach na tice
 Aig 'm bu tric a bhiodh airemh sluaigh
 'S fer na fialaidhachd dhubailt
 Nach do chlehd 'bhi ri cunntas cruaidh.

A dheagh Iain mh'hic Ruari,
 'Fhir nach gluaistedh le muiseg fiat,
 'Fhir nach gabhadh bonn egail,
 Ach a shesadh 's gach cuis gun fhiamh,
 Cha 'n fhacas do ghillen
 An tir eile ga spuinnedh riamh,
 'S cha robh feum air luchd-faire
 Ann ad bhaile 'san oidhch' mar dhion.

Aig ro fheodhas an achda
 So a chlehd thu 'nad thir mu 'n cuairt,
 Cha do dh-iarr thu riamh clachair
 Gu do chaistal a dhion roimh shluagh,
 Cha bhiodh droll air do chomhla
 Mu thrath noine gu teann le gruaim,
 Ach thu 'n cathair na feile,
 Is tu leughadh a cheirt dha d' shluagh.

Gum b'e m' aigher an t- Iain
 So 'chaochail air matuin Di-mairt;
 Ceann a reitech' gach facail
 Gus 'n uair an dech stad air do chainnt.
 Bha do chairden trom tursach,
 'S fath an curaim an aite teann,
 A sior choimhed a' t' aotan
 Is gun chomas do dhioghailt ann.

Tri bliadhn' agus fiched
 Bha thu 'n gliocas 'na t' aite fein,
 Gun bheud is gun mhulad,
 Gus 'n do thromich am bas 'bu treun.
 Mar gun digedh trom fhras oirnn
 A ghrad chaisgedh bhuaninn soills' nan speur,
 Thanic smal air do dhuthich,
 Dh' fhalbh ar surgradh gu brath 'nad dheidh.

According to some writers, Olave the Black, the Norwegian sub-king of Man had six sons, Harold, Reginald, Magnus, Leod, progenitor of the Macleods, Guin, progenitor of the Gunns and Leandruis, progenitor of the Gillanders. That he had Harold, Reginald, and Magnus is a historic fact; but that he also had Leod, Guin, and Leandruis is merely a supposition.

Leod possessed two-thirds of Glenelg, the district of Harris, and probably Lewis. He married the daughter of Mac-Raild, the most influential man in Skye, and obtained about two-thirds of that island with her. He had two sons, Tormod, progenitor of the Macleods of Glenelg, Harris and Dunvegan; and Torquil progenitor of the Macleods of Lewis, Watermish, Assynt, Coigach Gairloch and Raasay.

Roderick Macleod of Dunvegan, known as Ruari Mor, married Isabel, daughter of Donald Macdonald, eighth of Glengarry, and had five sons by her, John his successor, Sir Roderick of Talisker, Sir Norman of Bernera, William of Hamer, and Donald of Greshornish. He died in 1626. John Macleod of Dunvegan was a man of great size and strength, and was known as Iain Mor. He was an excellent chief. He exerted himself to the utmost to improve the morals of his people. He married Sibella, daughter of Kenneth, first Lord Mackenzie of Kintail, and had by her

the following issue: Roderick his successor; John Brec who succeeded Roderick; Mary, second wife of Sir James Macdonald of Sleat; Marion, wife of Donald Macdonald of Moidart; Julian, wife of Sir Allan Maclean of Duart; Sibella, wife of Thomas Fraser of Beaufort; and Margaret, wife of Sir James Campbell of Lawyers. He died in September, 1649. Ailain Muidartach, Sir John Maclean of Duart and Lord Lovat, were grandsons of John Mor.



MARI NIGHEN ALASTAIR RUAIDH.

 Fagidh muir air an traigh sinn
 Mar chulidh-bhaite gun dion.

'Bheil an stoc as an d' fhas sibh,
 'Cur bhur bais an neo-shuim,
 'S uir-luch riabhach na pairce
 'Gabhail saith fo fhal-fuinn ?

Ciamar 'dh' fhuilinges tu fein sud,
 Gun t' fhuil a dh' eirigh fò thuinn,
 'S gur tu 'thog iat 'nan oige,
 'Staigh mu d' bhòrd an Dun-tuilm ?

Ach a Mhorair Chloinn-Domhnaill
 'S fad' do chomhnidh 'mesc Ghall ;
 Dh' fhag thu sinn' ann am breislich
 Nach do fhresdail thu 'n t-am ;
 Cha mho ghleidh thu na gibhten
 'Chaidh gun fhios duit air chall ;
 Tha sinn corrach as t' aogis,
 Mar cholinn scaoilte gun cheann.

'S iomad oğanach treubhach
 'Shiubhledh reidh is glaic chrom,
 Etar ceann Drochaid Eirenn
 'S Rudha Shleite nan tonn,
 Leis 'm bu mhiann 'bhi 'diol t' eiric
 Nan robh do chreubhag lan tholl,
 'Sa ghrad dheanadh a eirigh,
 'Dheagh Shir Seumas nan long.

A Mhic Moire 's a Chrìosda
 'Dh' fhuiling pian nan coic creuchd,
 Faic mar thoill iat an ditedh
 Gach aon ti 'bha mu 'n eug ;
 Ma tha toradh 'san diogh'tas
 'Chur do rioghachd an leud,
 Gaoir na fala tha 'dhith orm
 Gu ruige sith fhathas De.

Strac, to fill to the brim. Flod, floating; air flod, or air phlod, a float. Erchall, loss, generally loss of cattle. Miol, originally mil, a general name for every animal. Miol-chu, a greyhound. Miol-buirn or miol-mhara, a whale. Louse means destroyer. In Gaelic this "crawlin' ferlie" is simply called miol, a beast. Brot or brat, a bed-covering. Toirt, value, respect. Ailedh, mark, impression. Taigh.

tabhairn, a house of entertainment. Nochd, naked, bare, exposed. Sgionadh or sgenadh, knifing. Rosad, mischief, misfortunate. Faladair, speal, a scythe. Uir-luch, a mole. Fal-fuinn, a hoe. Reidh, a plain, a level place. Glaic or glac, a hollow, a short narrow valley.



THE MACDONALDS OF KEPPOCH.

Alastair Carrach, sixth son of John, first Lord of the Isles, was the founder of the family of Keppoch. He was succeeded by his son, Aonghus na Feirte. Aonghus na Feirte had two sons, Donald, his successor, and Alexander, father of Domhnall Glas. Donald, Domhnall Mac Aonghus, was killed in battle in 1497. He was succeeded by his son, Iain Alinn. Iain Alinn was deposed by his clan, and his first cousin, Domhnall Glas, chosen chief in his place. Iain Alinn was the progenitor of the Macdonalds of Murlagan. Iain Lom was descended from him. Domhnall Glas was succeeded by his son, Raonall Mor. Raonall Mor had two sons by his wife, Alastair Bhoth-Fhloinn, and Raonall Og. He had also a son, Iain Dubh, by a daughter of Lachlan Cameron, Lachinn Mor Mac a Bhaird. Iain Dubh was the progenitor of the Macdonalds of Bohuntin. Raonall Mor was executed at Elgin in 1547. He was succeeded by his eldest son, Alastair Bhoth-Fhloinn, who died without issue, and was succeeded by his brother Raonall Og. Raonall Og, sometimes called Raonall Gorach, had three sons, Alastair nan Cles, his successor, Raonall Innse, and Domhnall na Feirte. Alastair nan Cles seized in a treacherous manner three of Iain Dubh's sons, and caused them to be put to death by drowning. He was a greedy man, and wanted to get possession of their lands. He had three sons, Raonall Og, Domhnall Glas, and Alastair Buidhe. He died some time after 1620. Raonall Og succeeded his father. He murdered his uncle, Raonall Innse at Glac-an-Domhnich in Achadh-an-Doire. It is said that he died in London. He was succeeded by his only son, Angus, Aonghus Mac Raonaill Oig. Angus was killed at the fight of Stron-a-Chlachain in 1640. He left a young family. His eldest son, Aonghus Og, was the progenitor of the Macdonalds of Achadhnancoichan. He was succeeded by his uncle, Domhnall Glas. Domhnall Glas married a daughter of Forrester of Kilbaggie in Clackmanan-Shire. He had two sons and two daughters. His sons were Alastair Mor, his successor, and Raonall Og. Alastair Mor was a good man, and was fully resolved to drive all thieves and plunderers out of Keppoch.

Alastair Buidhe, third son of Alastair nan Cles, was an ambitious and unscrupulous man. He acted for a number of years as tutor of Keppoch. He had five sons, Ailain Derg, Gillesbic na Cepich, Alexander, Domhnall Gorm Chlianaig, and Raonall na Dalach. The Siol Dugh-aill were Macdonalds. They came from Moidart to Lochaber about the year 1547. It is said that they had to leave Moidart owing to a murder they had committed. Alastair Ruadh Mac-Dhughail was the principal man among them in Alastair Buidhe's time. He lived at Ionar-laire, and had six sons. Alastair Buidhe, anxious to secure the chiefship of the Macdonalds of Keppoch for himself, resolved to get rid, by assassination, of his two nephews, Alastair Mor and Raonall Og. His horrible purpose was carried into effect, in September, 1663, by two of his own sons, Ailain Derg, and Domhnall Gorm Chlianaig, and by Alastair Ruadh Mac Dhughail and his six sons. Of this band Ailain Derg was the worst and Domhnall Gorm Chlianaig probably the best. But they were all villainous murderers. Alastair Buidhe was now chief of the Macdonalds of Keppoch. Alastair Derg, his heir, was killed accidentally about two months after the murder. He left a natural son, who settled in Badenoch. Alastair Buidhe was drowned in the river Spean about the year 1665. He was succeeded by his son, Archibald. Archibald, Gillesbic na Cepich, had four sons and four daughters, Coll, his successor, Raonall Mor Thir-na-Drise, Aonghus Odhar, Alastair Odhar, Mor, Seonaid, Catriona and Sile na Cepich, the poetess. He died in 1682. Coll defeated the Mackintoshes at the battle of Mulroy in 1688. He married Barbara, daughter of Sir Donald Macdonald, tenth of Sleat, by whom he had Alexander, his successor, and Donald. He died about 1723. Alexander had a natural son named Angus, Aonghus Ban Innse. He married Jessie, daughter of Robert Stewart of Appin, and had two sons by her, Raonall Og, and Alexander, am Maidsar Mor. He was killed at Culloden in 1746. His brother, Donald, who fell in the same disastrous battle, left no issue. Raonall Og succeeded his father as chief of the Macdonalds of Keppoch. He was a lieutenant in the 78th regiment, or Fraser's Highlanders. He fought under Wolfe at Quebec in 1759. His brother Alexander, am Maidsar Mor, came to Prince Edward Island, about the year 1803.

CUMHA

*Do Mhac-Mhic-Raonaill na Cepich agus a
bhrathair, a chaidh a mhort 'sa
bhliadhna, 1663.*

LE IAIN LOM.

'S mi am shuidh' air bruaich torrain
Mu 'n cuairt do Choire-na-cleithe ;

Ged nach h- 'eil mo chas crubach,
Tha lot na's mu orm fo m' leine ;

Ged nach h- 'eile mo bhian sracte,
Tha fo m' aisne mo chreuchdan ;

'S chan e curam na h-imrich,
No iomagain na spreidhe ;

No bhi gam chur do Cheann-taile,
'S gun fhios cia 'n t-aite do 'n deid mi ;

Ach bhi 'n nochd gun cheann-cinnidh ;
'S tric 's gur minic leam fein sin ;

Ceann-cinnidh nam Braighech
'Chuireadh scath air luchd-Beurla.

Tha mo choill air a maoladh,
Ni a shaoil leam nach eiredh.

Tha mo chnothan air faoisnedh,
'S cha bu chaoch iat ri 'm feuchinn.

Chan fheil ann diu ach tuailas,
Dh' fhan iat bhuam am barr gheugan.

Cha b'e fuaim do ghreigh lodain
'Gheibht' a sodrich gu feillten ;

No geum do bha tomair
'Dol an coinnimh a ceut laoigh ;

No uisce nan sluasid
 Bharr druablas na feithe.

'S e bu mhiann le d' luchd-taighe,
 'Bhi gan tathich le beusan ;

Mu dha thaobh Garbh-a-chonnidh,
 Far 'm biodh na sonnanich gle mhor.

Le am morgha geur, scaitech,
 Frith bhacach, garbh leumnach.

'S beg an t-ionghnadh leam t' uaisle
 Thigh'n an uachdar ort 'eudail ;

Is a liuthad sruth uaibhrech
 As 'n do bhuainedh thu'n ceut uair.

Ceist nam fer thu bho'n Fhersit
 Is bho Chepich nam peuran ;

Bho Loch-treig an fheoir dhosrich,
 'S bho Shrath-Oisain nan reidhlen,

'S bho cheann Daile-na-mine
 Gu Sron-na-h-iolaire leithe.

Sliochd an Alastair Charrich
 'Rachadh allail 'na eidedh ;

Sar mhac an Iarl Ilich
 Cennard mhilten is cheutan.

'S ro mhath shloinninn do shinnsredh,
 Fuil dhirech Chuinn Cheut-chathich ;

Bho mhac an righ Spaintich
 A rinn tamh ann an Eirinn.

Siol Mhilidh nan cathan
 A bha grathun 'san Eiphait.

B'e mo chrech is mo ghonadh
Nach d'fhuair thu cothram na Feinne.

Gun tigh'n ort 's tu 'nad chadal
Ann an leba gun eirigh,

'S ann air maduin Di-domhnaich
'Rinn na meirlich do reubadh ;

Da mhac brathair t' athar,
Gum bu scrathail leam fein sud.

Agus sechd de shiol Dughailh
Luchd a spuilledh nan ceutan.

Ach thig Sir Seumas nam bratach,
'S bheir e 'm mach dhuinn bhur n-eiric ;

Agus Aonghus bho Ghairidh,
Leoghan fathramach gleusta ;

'S gun a choimas air thalamh
An am tarruinn nan geur-lann.

Thig na cinn dibh a chonabh,
'S ann leam 'bu toilicht' an sceula.

— × —

IORRAM

Do Shir Seumas mor Mac-Dhomhnaill.

LE IAIN LOM.

Moch 's mi 'g eirigh 'sa mhaduin,
'S trom eisleinech m' aignedh,
'S nach eigher mi 'n caidremh nam braithren.

Leam is aithgherr a cheilidh
'Rinn mi mar-ris an t-Seumas
Ris 'n do dhelich mi 'n de roimh la caisce

Dia 'na stiuir air an darach
 'Dh' fhalbh air thus an t-siuil mhara
 Sel mun dug e 'cheut bhoinne de thraghadh.

A chrom chranntairnech riabhach,
 Luchdmhor, laidir, saidh-dhionach,
 Leam a b' ait 'bhi 'g ol fion' air a clarabh.

Cha bu mharcich' ech sreine
 A chumadh geall reis riut
 'N uair a thogtedh do bhreid os-cionn saile.

'N uair a chairtedh riut tonnag
 Air chuan iargalt nan dronnag,
 'S iomad gleann leis an cromadh i 'h-earrlinn.

'N uair a shuidhedh-fer stiuir ort
 An am fagail do dhuthcha,
 Bu mher-shruthach cuan dubh-ghlas fo d' shail-sa.

Cha b'iat na lus-chrubain mhenbha
 'Bhiodh mu d' chupil ag eiledh,
 'N uair a dh' eiredh mor shoirbhas le barcadh

Ach na fuirbinnen treuna,
 'S math a dh' iomradh 's a dh' eighedh,
 'S bheiredh tulg an tus cleith air ramh braghad.

'N uair a dh' fhalichtedh fo uisc' i,
 'S nach faictedh lan suidh dh' i,
 Bhiodh luchd-a-taighe 'sior-lubadh a h-alaich.

'S iat gun egal, gun eislein,
 A sior fhregairt d' a cheile
 'N uair a thigedh muir beucach, cas, ard orr ?

'Dol timchioll Rudha na Caillich.
 Bu mhath siubhal a darich
 'Gerradh astair gu caithrem Chaoil-acuinn ;

'Cascairt tuinn a chuain fhiadhich,
 Mar bu chuibhe dhuinn iarridh,
 'Mach gu Uibhist bhig,riabhich,nan cradh-gheadh.

Cha bu bhruchag air meirg' i,
 'Fhuair a trechailt le 'h-eirbheirt,
 'Nuair a thigedh oirr' doirbh shion le gabhadh.

Gum b' ard-shranntach air muir i,
 A siubhal ghleann gun bhi currtha,
 'S buill chainbe troimh 'dulagabh arda.

Sar Mhac-Dhomhnaill an Duin oirr',
 'S do mhac oighre 's mór curam,
 'S i do cheil' 'fhuair an cliu 'mesg nan Gaidhel.

Do mhac Uibhistech, Sleitech,
 D' am bu chubhidh bhi steudmhor
 'Mach o'n rugha d'an eightedh Dun-Sgathich.

An t-og misnechail, treubhach,
 'Sliochd nam Milidh a Eirinn,
 A bha gleust' air chul sceith' ann sna blarabh.

Gur a mor mo chion fein ort,
 Ged nach bi mi ga eighech,
 'Mhic an fhir leis an eiredh na Braighich.

Ceist nam ban o Loch-treig thu,
 'S o Shrath Oisain na Feinne ;—
 Gheibhtedh bruic agus feidh air a h-arinn.

Dh' eiredh buidhenn a Ruaidh let,
 'Lubadh iubhar mu 'n guaillibh,
 'Thig o bruthichen fuar' Charn-na-lairge.

Dream eile dhe d' chinnedh
 Clann-Iain o 'n Innain
 'S iat a rachadh 'san iomairt, neo-scathach.

'S iomad oganach treubhach,
Is glac chrom air chul sceith' air,
'Thig gu d' bratich, a threun laoich nan Gaidhel.

Is a fhregradh dha t' eighech,
Nan cuireadh tu feum orr',
'Nuair a chluinnedh iat fein do chrois-tara.

Ged b'e Mart cur a choirc' e,
'S mi nach tilledh o stoc bhuaith,
'S ann a bhidhinn an toisech a bhata.

'N uair 'bhiodh cach deanamh gnìomha
Bhiodh mo chuid-sa dheth diomhain,
'G ol mo ghuscaig 's mi 'm shinedh air faradh.

Earrlin, keel, stern-post. Lus-chrubair, weak fellows like a drooping weed. Alach, a set or bank of oars. Bruchag, a leaky boat. Eirbheirt, moving, stirring. Currtha, fatigued. Arinn, a deer forest. Glac, the hollow of the hand. Guscag, a bumper.

— x —

TUAINAL A CHNATAIN ;

Oran do Shir Eoghan Loch-iall.

IA IAIN LOM.

Cha b' e tuainal a chnatain
A chuir mi 'm dhusgadh 'sa mhaduinn,
Ach an tuchan 's 'tha 'marcachd air m' fheithibh.

Fer do cheille bhi 'n Sasunn,
Gun fhios nach b'eighech a bheirt e
Ma thig eug ort an taice rìgh Seurlas,

A chraobh stailinn chruaidh, chuilinn,
 'Chaidh bhuainn air saile do Lunnainn ;
 'S terc mo ghair' gus an cluinnim deagh sceul ort.

Do thigh'n fallain, slan, bhuaithe,
 Mar ruaig falisc bharr cruadhlich,
 No bho gharadh a ghual 's nam balg-seididh.

Dh' fhalbh Mac-Cailain, fer- buairidh,
 Le sac gearrain de thuailas,
 'Chur a' gherain an cluasabh Rìgh Seurlas.

Ged a scriobtedh let Muile,
 Bhiodh tu 'g iarraidh gu tuilledh,
 Cha robh 'm bliadhna 's an uiridh cho reidh dhuit.

'S iomad taighedas orail,
 Muirnech, aigherach, ceolmhor,
 A ghres t' athair gu foirinn na deirce ;

Dh 'an robh bethachadh boidhach,
 'Tha 'n diugh ga chaithemh mu d' bhord sa ;
 Cles na fatha 'cur fo a chert eigin.

Cles a bhaigair mhoir laidir
 'Rinn a shaidsech a charadh,
 Leis gach baidreig a thathadh ri cheile.

Ach b'ait leam Duibhnich 'san dranndail,
 'Bhi fo dhruim an Tuir Fhrangich,
 Agus cuibhrech ro theann air am feithibh.

A mhaighden dubh-riabhach smachdail,
 Dh 'fhag i 'n t-Iarla gun mhersuinn,
 Thug i 'm fiabhras a Marcus Err'-ghaidhel.

Caipin caol Loch-nan-ela,
 Thug le foill as a bhail' e
 Ged a chaochail e talla 'nam eirigh,

'S mairg a dhuigedh a chadal
 'N laoch nach muchadh le bagradh
 'S e borb, ardanach acuinnech, gleusta,

Ghabh thu 'bhraid air do mhuinal,
 Nach gabhadh cach orra 'chunnart,
 'Thoirt do chairden a tonnabh na feithe.

'Eoghin oig Thorr- a- chaistail,
 Rinn thu choir mar mo bhechd-sa,
 Thog thu cro agus geta nach leum iat.

Thog thu bard ann an Dubhairt,
 Strep thu 'm barr croinne giubhis,
 Let bu mhiann a bhi 'n cruithechd an dreugain.

Thog thu 'n t-srol-bhratach bhuidhe
 Os-cionn stol nam pic iubhair ;
 Caol chorcach an siubhal gach te dhiubh.

Nam biodh a chuis mar a theirinn,
 Bhiodh tu d' Dhiuc thar nan Eilain,
 Let bu mhiann a bhi d' speiraig 'sna speurabh.

Is ann latha Sron-nimhais,
 Bu droch cocaire gill' thu ;
 Chuir thu spogan air bhiorabh, 's dhroch-ghreidh
 thu.

Thug thu fairigedh fairge
 Do luchd nam falluinnen derga ;
 Bha ruith fala agus tarra-dherg mu'n sleisdibh.

Fhuair thu garbh-bhata cuilinn,
 'Cheut la dherbh thu bhi 'd dhuine,
 Mun d' fhas calg ort de dh-fhionnadh no 'dh-
 fheusaig.

Cha bu shugradh do shena-choin
 An cnaimh smuais 'thoirt a d' dhrem-chraos,
 Nuair a thennadh tu tenchair do dheudich.

Cha bu shugradh do sgoilair
 Dol a dhranndan ri d' choilair,
 Nuair a thionndadh tu chorr-fhiacail gheur ris.

Le luchd nam fedanan dubh-ghorm,
 D' am bu fhregarrach fudar,
 'Nuair a spreigedh na h-uird ri spuir gheura ;

'Bheiredh dusgadh le an-iochd
 Air udliche 'n langain,
 Garbh, stucach, mor, engach, an t-sleibhe.

Bhiodh an t-suil, air neo 'n t-enchinn,
 Mu dheiredh drughadh bhur n-enrich :
 Cha bhi mise ga shenchas na's leir dhomh.

Falag, a moor-burning. Foirinn, aid, help. Fath, a mole. A mhaighden, the maiden, an instrument for beheading. Mersuin, strength. Braid, a collar. Bard, a dyke, or fence, a garrison. Saidsech, a beggar's mantle.

RAON-RUARI.

LE IAIN LOM.

An ainm an aigh ni mi tus,
 Air a mhenm so 'tha 'm run,
 Chan i so 'n aimsir mu'n duin an ceitein oirnn.

Nach fhaic sibh loinges an righ
 Cur an spionnidh gu tir,
 Chan e'n t-Uillam 'tha mi cho deidhail air.

Ach Righ Seumas 's a shiol
 A dh'ordich Dia gus ar dion ;
 Cha righ iasid d'am fiach dhuinn geillechdinn.

Ach mar dig thu air ball
 'S do leinten criosa gan call,
 Is ceut misde leam thall 'san Eiphait thu.

An comunn ciogailtech, tlath,
 'Shuidh an ionad nan stait
 Mar cho-mheta chuir Satan seula riu.

Paca sliogach nan celg
 D'am bu dlighech a mheirg,
 Dhubh am fithech le salchar eucoir sibh.

Cha b'e 'm brathadair coir
 'Bha cur gabhail fo'n fhoid,
 Ach fer an taigh' nach bu choir 'bu pheucan daibh.

Ann sa bheithe bheg og
 'Bha fo bhaile Mhic-Dheors',
 Gur a h-iomad fer sroil 'bha reubte ann.

'S iomad biorraid is gruag
 'Bha gan speltadh mu'n cnuac,
 Bha fuil dhathte'na stuaidh air feur am muigh.

Fhuair sibh dennal 'sa choill
 Bho chruaidh lannabh Shiol-Chuinn,
 'Chuir 'nur dennabh thar tuim trom-chreuchdach
 sibh.

An Raon-Ruari nam bad
 'S lionmhor uaigh is corp rag,
 Mile sluasid is caib' gan leidgedh.

A shar Chleibhirs nan ech,
 Bu cheann-feadhn' thu air fechd,
 Mo chrech leir an tus glechd mar dh'eirich dhuit.

Bu lasair theine dhaibh t' fherg,
 Gus an d'eirich mi-shelbh ;
 Bhuaile am peileir fo errbal It' eididh thu.

Bu mhor cosgradh do lamh
 Fo aon chlogide ban,
 'S do chorp nochdidh, gel, dan, gun eidedh air.

Cha robh escarid suas
 Etar Arcamh is Tuaid,
 Mur bhi 'n tacaid a bhuail san eudun thu.

'Nuair bhruchd t' uaislen am mach,
 Cha scaoth bhuachailen mhart,
 Ach luchd-bualadh nan cnap gu speiredail ;

Air a bhruthach a stad
 Os-cionn dubhar nam bad,
 Luchd cur 'nan siubhal gu grad nan eucorach.

Clann-Domhnaill an aigh,
 Luchd a chonnsach' gach blair ;
 Cha do ghabh iat riamh scath roimh reubaltich.

Is lionmhor spalpaire dian
 'Bha fo d' bhratich 'dol sios,
 Cha b' ascard ach lion do reisamaid.

Is iomad furan des og
 Gun lan duirn air de dh-fheoil,
 'Gherradh claignen is smois, is feithannan.

Mo ghaol an Domhnall Gorm og
 Bho'n tur Shleitech 's bho'n Ord ;
 Fhuair thu deuchain 's bu mhor an sceula sin.

Mo ghaol an Tainistair ur,
 B' og am planntas mo run,
 'S cha b'e 'n campair air chul na sceithe e.

Mo ghradh an t-Alastair Dubh,
 Bho Ard-Gharidh nan sruth,
 'Chuir 'nan siubhal gu tiugh an reubaltich.

'S bha 'bhrathair eil' ann, Iain Og,
 'S dh' aomich peilair troimh 'fheoil,
 'S caol a therinn e beo bho 'n speileirechd.

Tha an cogadh so serbh,
 Air a thogail gu garg ;
 Ge ceann nathrach bidh earrball peucaic air.

'Se Prionns' Uillam 's a shluagh
 'Dh' fhag an duthich so truagh,
 'Nuair a chuir iatthar cuan rìgh Seumas bhuainn.

Guidhem scrios orra 's plaigh,
 'S gort is mioscuin is bas
 Air an sliochd mar bh 'air al na h-Eiphaite ;

Gach aon latha do! sios,
 Caignedh claidhibh tromh 'm bian,
 'S coin a caithemh an diol air sleibhtichibh.

Thig am Frangach a stech
 Le treun champa 'chuid ech,
 'S bidh do bhangaid 's do bhrec-staoig greidhte
 dhuit.

Theid thu 'Hanobher air ais,
 Thig an cot dhiot an cais',
 'S i sean choir a choin ghlais a b 'fheumaile.

Brathadair, a match, kindling. Peucan a beacon.
 Leideigedh, leading, convoying. Coscradh, slaughtering.
 Speiredail, energetic. Campair, a camp-master. Speileirechd,
 sliding, skating. Sliogach, sly. Ciogailtech, unsteady,
 ticklish.

GILLESBIC NA CEPICH.

Archibald Macdonald, Gillesbic na Cepich, was the second son of Alastair Buidhe of Keppoch. He was educated at Forres. He was a poet of fair ability. He succeeded his father about 1665. In September, 1675, he joined Glengarry and Lochiel in a voyage to Mull to assist the Macleans against the earl of Argyll. He married Mary, daughter of Macmartin of Letterfinlay, by whom he had four sons and four daughters, Coll his successor, Raonall Mor Thir-na-Drise, Aonghus Odhar, Alastair Odhar, Mor. Jennet, Catherine and Cecilia. He died in 1682. Iain Lom composed an elegy about him, in which he speaks very highly of him.

— × —

MOLADH NA PIOBA.

LE GILLESBIC NA CEPICH.

'S mairg do dhimol ceol is caismechd,
Brosnadh sloigh gu gaisgechd threun ;
Mor phìob leis an duisger gach misnech,
A torman moid is misde beum.

Mo ghaol clarsach, ro ghaol piob ;
Mithlachd leam an ti do chain ;
Olc an duais d'a ceol droch comain
'M bonnabh chluas aig ollamh ri dan.

Cha bhi mi diomoladh an dain ;
Ach 's ann bu mhath an dan 'san 't-sith ;
Air an namhit cha dechidh 'n dan
Riamh cho dana 's a chaidh i.

Nam faicedh tu fir air leirg
Fo mheirghe 'm bi derg is ban,
B 'f harr leam speltadh dh' i re uair
Na na bheil gu tuaim de dhain.

Bu bhinn leam torman a dos,
'S i 'cruinnechadh airm fo sciort.
'N dan nan digedh fo 'brat
Gu cert b' f harr leth' e 'bhi 'n Irt.

A bhen bhinn-fhaclach nach breun stuir,
 Chiuin, chiuin-fhaclach, 's nior bhreug sin ;
 A labhras gu seimh air gach modh,
 'S a breid air slinnainibh fir.

Brosnadh, brosnachadh, encouragement, a spurring on.
 Lerg, a plain, a little eminence. Meirghe, a banner.

— x —

NIGHEN MHIC-GILLECHALUIM
 RAARSAIDH.

Alexander, fourth Macleod of Raasay, had two sons, Alexander his successor, and John. Alexander, fifth of Raasay, succeeded his father in 1643. He had three sons and two daughters. He was succeeded by John Garbh his eldest son, in 1648. John Garbh was distinguished for his handsome person, and extraordinary strength, and was exceedingly popular. He married Janet, daughter of Sir Roderick Macleod of Dunvegan. He was drowned on the north coast of Skye during a severe storm. He was only twenty-one years of age at the time of his death. He left no issue. In 1688 his sisters, Janet and Julia, were served heirs to their father. In 1692 they made over the estate to their cousin Alexander, son of John, second son of Alexander, fourth of Raasay. Janet was married to Duncan Macrae of Inverinate, Donnachadh nam Pios. Julia died unmarried. Which of the two sisters composed John Garbh's elegy we do not know. We are inclined, however, to think that it was Julia.

CUMHA.

Do dh-Iain Garbh Mac Ghille-chaluim.

LE A PHIUTHIR.

'S mi 'nam shuidh' air an fhaoilinn,
 Gun fhaoilte, gun f'hran,
 Cha tog mi fonn aotrom,
 O Dhi-h-aoine mo dhunach.

Hi-il o, ho bha ho,
 Hi-il o, ho bha ho,
 Hi il o, ho bha ho,
 Hi-il o, ro ho bha eile.

Cha tog mi fonn aotrom,
 O Dhi-h-aoine mo dhunach ;

On a chailedh am bata,
 Air 'n do bhathadh an curidh.

Gille-Calum a b' oige,
 'S Iain mor, mo sceul duilich !

'Si do ghuala 'bha laidir,
 Ged a sharich a mhuir thu.

Chan fheil aon ann an Albinn
 Nach doir ainm air do spionnadh.

'S ann an clachan na traghad
 Tha mo ghradh-sa bhon uridh ;

Gun siod air do chluasaic,
 Fo lic uaine na tuinne.

'S tu gun bhoinn air do leine ;
 Chan fheil feum air a cumadh.

Chan iarr thu gu 'fuaghal
 Ben-usal no cruinnac.

Tha do chlaidhibh 'na dhunadh
 Fo dhruhdadh nan uinnac.

Co is urrin g'a fhuascladh,
 'S nach gluais thu e tuilledh.

Do chuid chon air an iallabh,
'S cha triall iat do 'n mhunadh ;

Do fhrith nam beann arda,
No gu ard bheinn a chuilinn.

'S mi 'nam shuidh' air an fhoilinn
Gun fhaoilte, gun fhuran.

Faoilenn, an exposed place beside the shore covered with small white stones ; a sea-gull.

There is a tradition among the people of Raasay that John Garbh was a natural son. According to the tales of superstition, the storm which occasioned his death was raised by a witch. His step-mother was anxious to get rid of John Garbh and make room for her own son ; so she hired the witch to set the winds and waves in motion. The witch raised the storm by boiling water in a pot over the fire. She had a small dish of some kind in the pot. When she saw that this dish upset, she knew that Iain Garbh and his men were drowned. All at once she repented and exclaimed, *Tha mo chrech deante.*

DONNACHADH MAC-AN-DUBHSHUILICH.

The Dubhshuilich, or men of the dark eyes, were Stewarts. They came to Lochaber from Appin about the year 1560. They were the hereditary standard-bearers of the Macdonalds of Keppoch. Duncan Stewart, the author of the following historical poem, was one of them. He was like his clansman, John Roy Stewart, a warrior as well as a poet. He fought at the battle of Mulroy.

LATHA NA MAOILE-RUAIDHE.

*Le Donnachadh Mac-an-Dubhshuilich, fer-bratich
Cholla na Cepich.*

FONN,—“Gur h-e Latha Raon-Ruari.”

Ho fairegan o ho,
Ho ro no co letha,
Gur h-e Colla 'n ceann-feadhna
'Ghlechd mu 'n tom a bh' aig athair.
'S iomad spailp de dhuin'-uasal
'Bha mu 'n cuairt dhuit an la ud
'B' f harr na clogaide cruadhach
'Bhi mu d' ghuailibh 's mu t' amhich.

Chaidh na Tuathich gu proisail
Ann an ordagh a chatha ;
Ach bha Colla ro sheolta,
Dh' fhan e stolta gu latha.
'S iomad cumha le storas
'Gheibhedh Toisech na Maighe ;
Ach le uabhar is gloir-mhiann,
Chaidh e 'chordadh le 'chlaidhibh.

Sud an cordadh gun ghliocas
'Rinn thu 'n nis ann ad an-toil ;
Fhuair Colla fo chis thu
Chert cho min ris an lamhinn.
'S iomad cradh-leba 's litir
'Chaidh 'dh-Inbhirnis le do chairdibh.
'S bochd nach d' fhuair thu diseursadh
'Bhliadhn' a phaighedh am mal dhuit.

'S iomad muscaid 's pic iubhair
A bha 'n cuidechd a mhirath ;
'S iat a tilgedh cho fada
Ri cairtal a mhile.

Cha do shanntich sibh teichedh,
 A luchd nam fedanan cinntech,
 Ach 'bhi sathadh 'nam broillech,
 Sud an cothrom a mhill iat.

Bha thus', a Cholla, ro thapidh,
 'Mhic Ghillesbic na morchuis ;
 Leig thu uc' na coin scaitech,
 'S cha robh cadal air doigh dhaibh.
 Ged a b' inghnech na ait cait,
 Cha robh 'chridh' aca scrobadh ;
 'N uair a scaoil thu do lion riu
 Thug thu 'mhiagail a 'n sronabh.

Cha b' e scobadh an t-sengain,
 No mar gum benadh dhuit dergann,
 A bha 'm buillen nan gaisgech
 'Chlehd na glas lainn mar armachd.
 'S ann a leigtedh an smer ris
 Far am benadh cruaidh dherg dha,
 Is bhiodh enchinn nam mullach
 'Tigh'n mu mhuineil gan salachadh.

Dh' innsinn cuid de bhur beusan,
 Bha sibh treun ann san torachd ;
 Is bha 'bhuil air Clann-Chatain
 Gum b'e fasan Chloinn-Domhnaill
 A bhi cruaidh air chul claidhibh
 'N uair a chaithedh sibh lod orr,
 'S etar f hearabh is ghillen
 'Bhi le scinnibh 'nan scornain.

'Nuair a ranic thu 'n larach
 An robh abhaist do shenar
 Bha Clann-Chatain 'sa ghairich
 'G iarridh fabhair da 'n anam.
 An sin gheibhedh tu t' ailghas
 'Chur am paipeir an cengal ;

'S ged tha Chepach 'na fasach
Tha i paighte le cennabh.

Ged a ghlaodh iat ruibh'n anaghlas
Mu anmoch an fhescair,
Chuir sibh scapadh a mhenbh-chruidh
An luchd mamadh a pheice,
Gan ruith 'fedh nam bruachan
Is gan cuartachadh dhachidh,
Is gam paighedh 'nam fiachan,—
Ach dh-ionndrinn iat Lachinn.

Bha Mac-Coinnich ceann airm leo,
'S bu mhor earbsa a mhathas,
Le a shaighdairibh faoghluimte
Fo 'n aodichibh dathar.
'Nuair 'bha 'dhag air a seursadh
Sheall e geur ann san amharc ;
Sin n' uair 'phaighedh an t-eudach
'Bha mu earball na mnatha.

Gur h-e Aonghus bho 'n Tulich,
An sar churidh nach diobradh,
'Bha air aodan an duin ud,
Is bu chunnart e cinntech.
An am cruadail no gaisce,
Chan ann tais a bhiodh t' inntinn ;
'Nuair a chaidh thu ga bhualadh
Gun d' fhuair thu fo chis e.

Bha Mac-Coinnich 'na laighe,
'S rinn e 'chladhebh a shinedh ;
Bha buaidh aig an Tulach
Mar a bhuinedh dha shinnsredh.
Cha robh 'n Lochidh no 'n Spiathain
Fer a dh' iarradh gu strith riut ;
A laoich ghleusta gun ghiorag,
'S tu nach tilledh fo mhichliu.

'S tu nach tilledh fo thamailt,
 Bha thu dana 'san iomairt ;
 'S tu a choisinn buaidh-larach,
 'S nach d' rinn parladh a shiredh,
 Ach ceum air adhart le cruadal,
 Mar bu dual dhuit o d' chinnedh ;
 Chair thu maoim air na Tuathich,
 'S ann let fhuair iat am milledh.

Thoir mo shoridh le duthrachd
 'Dh-fhios na triuir 'tha 'sa Bhraighe ;
 Gu Colla, an lamh threubhach,
 Ef hein 's a dha bhrathair ;
 Na fir chalm' 'fhuair an toisech
 Ann an toital nan claidhen ;
 Gun robh agabh mar sceith dhuibh
 Ainglen De anns gach aite.

Nam bu mhis' a b' fher seolidh
 Air na seoid ud an drasta,
 Bhiodh fer air gach uilinn
 'Chor 's nach legt' an aon bhlar iat.
 Cha robh egal no giorag
 Air sar ghillen na tabhachd ;
 'S ann a bha iat 'sa chumasc
 Mar sceith chunnairt roimh 'n cairden.

'S e, a Cholla mo dhuthrachd,
 'S tha mo dhuil ri e 'thachairt,
 Thu bhì 't uachdaran duthcha
 Etar Dunan 's a Chepach,
 Etar Ruthain is Spiathain
 'S Cill-mo-niobhaig a chladich,
 Ann am paighnechas scriobhte,
 'S lamh an rìgh ris a chairt ud.

Cuim' nach cuirinn-sa cuairt
 Air Gleann-ruaidh 'san robh 'm baital,

Etar monadh Dhrulm-uachdair,
 Cnoc-a-chuaille 's an Tegail,
 Gun aon mhir a bhi bhuaith dheth
 Ach cnuac Choir-an-esa,—
 Ferann duthchis Mhic-Mhartuin,
 'S bu neonadara 'bhegadh.

Lion, flax, a linen cloth, but in the poem a flag. Gloir-
 mhiann, ambition. Painechas, security, insurance.

Lachlan Mackintosh, chief of the Clan-Chattan, had a legal claim to the lands of the Macdonalds of Keppoch. Coll of Keppoch refused to acknowledge this claim, and would not pay the rents demanded of him. Mackintosh resolved to enforce his claim with the sword. In 1688, and about the month of August, he entered Lochaber with a strong force, consisting of his own immediate followers, and a company of government troops under the command of captain Kenneth Mackenzie of Suddie. He had at least a thousand men with him. On arriving at Keppoch House he found it deserted. In the course of a day or two he learned that Coll was posted on the heights of Mulroy, having with him his own followers, the Macmartins of Letterfinlay, and a body of the Macdonells of Glengarry, in all about four hundred men. At daybreak, on the morning after receiving this intelligence, he marched against his opponent. As his force was so numerous he felt confident of obtaining an easy victory, even though the Macdonalds and the Macmartins had the advantage of being on higher ground. The result, however, was that he was defeated and taken prisoner. About forty of the Macdonalds of Glencoe, commanded by Aonghus Mac Alastair Ruaidh, were on their way to assist their kinsmen. They were too late for the battle, but took an active part in the pursuit. As captain Mackenzie, a brave but rash man, was rushing with his pike against Angus Macdonald of Tulloch, the latter hurled his empty pistol against his head with such force that his skull was fractured. Mackenzie died whilst being carried by his soldiers to Inverness. The battle of Mulroy lasted a little over an hour. It was happily the last clan fight that took place in Scotland.

RAONALL NA SCEITHE.

Ranald Macdonald, Raonall na Sceithe, was a son of Allan Macdonald of Achatriochadan in Glencoe. He distinguished himself as a soldier under Montrose and Dundee. He was killed in the horrible massacre of Glencoe, February 13th, 1692. He was at the time of his death an old man. He left two sons, Donald and Alexander.—*Campbells' Language, Poetry, and Music of the Highland Clans, page 226.*

LATHA RAON-RUARI.

LE RAONALL NA SCEITHE.

'Se do la, a Raon-Ruari
 A dh' fhag luaineach mo dhuscadh,
 Mu na thuit de Chlann- Domhnaill,
 'S cha bu leon o'n taobh cuil daibh,
 'Toirt am mach an ra-treuta
 'Choisin ceutadh le diubhail ;
 'S ged bu thearnadh gu leir dhaibh
 Bha bas Chleibhers r 'a chunntadh.

Leoghan fulangach, rioghail,
 Nach d' rinn fhirin a mhuthadh ;
 Cha robh failinn a'd' chruadal
 'N aite cruaidh-chas no curim ;
 Cha dug or ort no egal
 Gun sesamh le duthrachd,
 'S ged a thuit thu le onair
 B' ann de dhonas na cuis' e.

Seobhag firinnech suairc thu,
 'S bu shar bhuachaill' air treud thu,
 Gu'n cumail o ghabhadh
 'S a thoirt ait dhaibh is reidhleinn.
 'S tu nach cuireadh ri ball' iat
 'Thoirt an dainginn air eigin ;
 Dh' innis latha Dhun- Chaillinn
 Nach robh 'n t-anam a' d' chreubhaig.

'N am 'bhi taruinn nan Gaidhel
 Gu h-ard air a bhruthach,
 'Dhol an coinnimh an namhit,
 Bu neo-scathach a bhuidhen.
 'Mheud 's a bha aig Mac-Aidh
 B' iat luchd a chail is a bhrudhaist ;
 'N uair a nochd sibh 'ur claidhen,
 Sud am prabar 'nan siubhal.

Bha gach inntin lan shoerichte
 Air cosnadh 's air cruadal,
 A dol air bhur n-adhart
 Ann an aghidh an fhuathais.
 Cha do shanntich sibh tilleadh,
 Bho nach slinnain bu dual dhuibh :—
 Bha an cluiche sin cailtech,
 'S iat ag radh gum bu bhuaidh e

Gum bu lionmhor ad shracte
 'Bha mu ghlacabh Raon-Ruari,
 Agus Gaidhel gun bhreacan
 'Ruith fir casaige ruaidhe.
 'S iat nach dugadh droch bhuille
 'Dh' fhagadh nech 'na dhiol truaighe,
 Ach 'toirt nan ceann dhiu gu sciobalt',
 No gan scath gu 'n cnaimh-tuaighe.

Gur h-e 'mheudich mo champar
 'Liuthad banntrach 'tha 'm dhuthich,
 Agus oganach treubhach
 Nach do dh-eighedh am pusadh,
 'Thuit le luaidhe 'san am ud
 'Bualadh lann, 's cha bu shugradh,
 'Toirt am mach an adbhannsa,
 'S cha do shanntich iat cubadh.

A Dhomhnaill nan Domhnall,
 'S og a fhuair thu do dheuchin,

'S iomad ben a bha bronach
 Etar Trotairnis 's Sleite,
 Mu chinnedh mor t' athar
 'Bhi nan laighe gun eirigh,
 Luchd a bhualadh nam buillean
 'Bhi air fuirech 'san teughbail.

'B ann diu Raonall is Seumas
 Nach d' rinn eirigh o'n chumasc ;
 B'e mo chrech iat le cheile,
 Fir na feile 's an fhurain.
 Dhaibh 'bu dual a bhi treun
 O'n athair fhein thar gach duine ;
 Sceul bu dona 'na dheidh sud,
 Ri leighes leigh cha d' rinn fuirech.

A thighern' oig Ghlinne-Garadh
 Laigh smal air do shugradh ;
 'S mor do chall ri righ Seumas
 Ged a dh-eighedh e 'd dhiuc thu ;
 Bha Domhnall Gorm gaolach
 Is fhuil chraobhach a bruchdadh.
 'S eigin fhulang na thanic
 Dh' fhalbh do bhrathair na ur-f has.

Bu duin' urranta, seolta,
 Bu chraobh chomhraig roimh cheut e,
 De dh-fher mor 'bu mhat cumadh
 'Bh aig gach duine mar speclair :
 Gur h-e ro mheud do nadair,
 Braise 's ardan le cheile,
 Dh' fhag gun athadh dha d' phers' thu,
 Oig-f hir ghasda na feile.

Cha robh fuascladh 'san tim ud
 Dhuit aig dillsibh no cairdibh ;
 Ged bha bron air gach duine
 Ni gun chumadh, gun airemh.

'S ann roimh d' fhraoch a bha 'n curam,
 Ged bha diubhail is call ann ;
 Fhuair thu 'n t-eralas cliutech,
 Ort do dhubladh na rancan.

'S truagh nach robh let 'san uair sin
 Na bha bhuaite dhe do chairdibh,
 Air an tarruinn mu'n comhair,
 Fir Ghlinn-Comhunn 's a Bhraighe.
 'N tus an latha ghil sholuis
 Chit' am follais gach failinn ;
 'S na bheil beo de shliochd Cholla
 'Dhioladh pronnadh ar cairden.

Caipitín mesail Chloinn-Raonuill,
 Ge nach h-'eil ach 'na lenabh,
 'S glan a gheibht' an aois oig' e
 Aig fir dhuthchis a sheanar.
 Sud na Domhnallich threubhach
 Do nach d' eirich riamh bremas ;
 Bhon ghin Somhairl' air tus iat
 Cha d' fhuaras daibh scainnel.

Thuit mac Dhomhnaill mhic Dhomhnaill,
 'S bu mhor 'n ionndrain a thir e ;
 Flescach uasal, caomh, cenail,
 Is b' fhior fherail 'na thim e.
 'S mi 'tha 'g iargain nan daoine
 'Thuit 'san aobhar 'dol sios duinn ;
 Bha triuir iar-ogh' Mhic-Raonuill
 Air an taobh 's gum b' e 'n dibhail.

Mo chrech mhor nan tri truaighen,
 Caradh uaislen Chinntire ;
 'Thighern oig sin na Lerginn,
 Is gur serbh a bhi 'g innsedh,
 Mu do Thaoitair math ciallach,—
 Is cuis iargain a chaoidh e,

Gun do thuit e 'san doruin,
'S bu duin 'og 'san dol sios e.

Gun do mhac bhi 'na t' aite,
'S gun ad brathair ach lenabh,
'S gun aon duine 'bhi 'n lathair
De na thanic o 'd shenair.
Sud an taigh a bha uasal,
Do nach 'd fhuaradh riamh merachd,
'Sa bha fiughantach, rioghail,
Air dol 'sios mar an rainech.

A Shir Eoghinn o 'n Chorpich
'S e do dhochun nach iarrinn ;
'Si chneidh fein thar gach duine ;
'Bhios sinn uile ag iargain,
'Mheud 's a bhuilich an righ ort
Cha bu ni e gun fhiachan,
Is ged fhaighedh tu barr air,
'S daor a phaigh thu e 'm bliadhna.

Chaill thu ragha do dhaoine
Ann an aobhar a bhrathar.
Bho t' oige gu d' shine
Chum thu 'n iomairt gun fhailinn.
'S iomad sonn de dhuin' uasal,
'San robh cruadal is tabhachd,
A chaidh sios let de d' chinnedh
Bho 'n la ghinedh gu ait thu.

O 'n la 'ghlac thu 'n ceut chlaidhibh,
Gun aon athadh do d' namhit,
Bu mhath do chuis thionnscail
'N aghidh Chromwel is Lambeirt.
Nan sesadh Alb' uile
Mar rinn thusa gun fhailinn,
'S derbh gun cailledh righ Uillam,
'S cha bhuidh'nedh Mac-Aidh air.

Ach fhir Airde-Seile,
 'S mor do dheiras le 'm fecabh ;
 Chaill thu brathair math ciatach
 Is diol Iarla de mhacabh.
 Sibh fein 's fir a Bhraighe
 Bha 'g ur sarach 'ri caistal,
 Sibh a dhibhail comanndair,
 'S gun ur naimhden r'am faicin.

Tha Taoitair na h-Apunn
 Fo airsna an combnuidh ;
 Tha leann-dubh air a drughadh
 Fo dhunadh a chota,
 'S e ag iargain mu 'bhraithribh,
 'S b' iat na h-aillagain bhoidhach,
 Ged thug lughad an athidh
 Orra 'n la ud 'bhi gorach.

Chaill thu Tanaistair ferainn,
 'S gum b'e 'n t-Alastair suaic e ;
 'S mor a bhearn thu a d' dhuthich,
 'S iat ga t' ionndraichinn bhuatha.
 Cha b' aithne dhomh cuis
 A bheiredh cliu do dhuin' uasal,
 Nach robh fuaighte riut daingen,
 Aig a bhail' agus uaithe.

Bha thu urranta, dana,
 Bha thu aillidh, des, treubhach ;
 Bha thu cinnedail, cairdail,
 Bha thu garbh ri am feuma.
 Nan d' fhuirich an luaidhe
 Gun do bhualadh 'san leum ud,
 'S mairg fer do mhi-ruine
 Air am bruchdadh lann t' fheirge.

Cha b' ann leis na claidhen,
 'Fhuair ar n-armuin an leonadh,

Aig Dunchaillinn a chascridh,
 No le gaise' an luchd-comhstrith :
 'S mairg a chunnic na saoidhen,
 Ann an iorghuil na doruinn,
 Gan sior leigedh le luaidhe,
 'S gun tilg buachaillen bho i.

'S truagh nach sinne 'bh' air talamh
 Gun aon bhalla, gun bhruachan,
 Sinn fhin 's luchd ar mi-ruin',
 Bhiomaid cinnt de ar cruadal.
 Chit' an sin co 'bu chliùtich,
 Ann an imairt nan cruaidh lann,
 Fìor bhodich na machrach
 Na fir ghaisgail nam fuar bheann.

Cait a bheil de dh-fhuil dhiles
 Ann san rioghachd an cert uair,
 An taobh so 'Chlann-Domhnaill,
 Da 'm bu nos a bhi tapidh,
 Ach Clann-Chamshroin o Lochidh,
 Clann-Ghilleoin is Clann-Nechdain,
 Fir Atholl 's Clann-Fhiunnlaidh,
 'S Mac-Iain-Stiubhart na h-Apunn'.

The battle of Killiecrankie was fought on Saturday, July 27th, 1689. On Wednesday, August 21st, the Highlanders attacked Dunkeld, but were repulsed with the loss of 300 men. Their opponents being well protected by stone walls lost only a few. The repulse at Dunkeld was a sore disappointment to them. As Cannon, their new commander, was responsible for the attack, and for the loss sustained in consequence of it, they lost all confidence in him.

MAC IAIN LUIM.

John Lom's son fought under Dundee at the battle of Killiecrankie in 1689. It is said that he was a captain. He was killed in a duel, by Domhnall Donn, Mac Fhir Bhoth-fhiunntain about the year 1690. The duel was fought at High Bridge, eight miles from Fort William.

LATHA RAON-RUARI.

LE MAC IAIN LUIM.

An Raon-Ruari so 'bh' ann
 B' lionmhor ceann is column gu lar ;
 Moran Ghaidhel is Ghall
 Bh' air chall 's an uilenn ri blar.
 'N uair thanic a Chlann
 'Nan deann an deiredh an la,
 Cha b' e tilledh gun chall
 A shanntich gillen mo ghraidh.

Bha an t-Alastair Ciar
 Gu dian le bhratichen fhein ;
 Ann an am dol a sios
 Cha b' mhiann leis fuirech nan deidh.
 Cha bu chladhebh no sciath
 Bu dion do 'n churidh 'bha treun ;
 Co a chumadh ris strith,
 'S an Righ mar spionnadh d'a sceith ?

Is bha Domhnall nan Dun
 Gu dluth air uilinn a bhlaire ;
 Bha chuid ghillen ri 'chul,
 'S cha sechnadh iat cuis le dail.
 Bha rir ghasda mo ruin
 'G 'ur lenailt gu dluth mu'r sail,
 Is mar bhuinedh da'n cliu,
 Ri cascairt le luths nan lamh.

Bha na Lethanich ann,
 An dream 'bha fuilechdach riamh ;
 Leam is duilich an call,
 'S gum b' ainmeil 's gach am an gnìomh.
 Ach ged tha iat gun cheann
 Bidh e ann 'n uair 's toilech le Dia,
 Is thig Muile 'na dheann
 An nall o luchd nam beul fiar'.

A Chlann-Raonuill o'n chuan
 Ged fhuair sibh bristedh gu leoir,
 Gun ath-eirich sibh 'suas
 Le 'r sluagh gun laigse, gun leon.
 Ged a tha sibh fo ghruain,
 'S bhur naimhden ri uaille gach lo,
 'N uair thig Ailain bho 'chuart
 Bidh 'fherann gu buan fo 'scod.

Gu bheil fer an Gleann-ruaidh
 Nach d' fhuair air 'fherann de choir,
 Ach ro chalmachd a shluaigh
 'Theid suas le fed chinn a mheoir,
 Thanic fehd o 'n taobh tuath
 'Chur gerasdain fhuair mu 'r sroin,
 Ach s' e 'fhuair iat mar dhuais
 'N cur dhachidh gu luath fo leoin.

Thug thu latha 'sa Mhaoil,
 A Cholla, 's tu aotrom, og,
 Le do bhratichen fraoich
 A thairnedh na laoich 'nan lorg.
 Tha mi 'guidhe nach aom
 An t-aog le 'ghath ann ad choir,
 Gus am faigh thu de dh-aois
 A Chepach 'bhi saor fo d' scod.

At the battle of Killiecrankie, Dundee's men were ranged in one line, and in the following order from right to left: the Macleans, Colonel Cannon's Irish regiment, the Macdonalds of Moydart, the Macdonells of Glengarry, the cavalry, the Camerons, a battalion under Sir Alexander Maclean, and the Macdonalds of Skye. The Grants of Glenmoriston were with the Macdonells of Glengarry. Dundee had about 2,500 men, and Mackay about 4000. The battle began about seven o'clock in the evening, or half an hour before sunset. The Highlanders, whilst moving down the hill, received three successive volleys from Mackay's line. When they got to close quarters, and drew their broad swords, the battle lasted only a few minutes. They gained as complete a victory as could be won. Still it was a very dear victory to them; about eight hundred of them were slain. Besides, they lost their commander, the only man who could keep them together and lead them to another victory. Of Mackay's men two thousand were either killed or taken prisoners. Well might the poet say, *Bu lionmhor ceann is colunn gu lar.*



ALASTAIR BHOTH-FHIUNNTAIN.

John Dubh, natural son of Raonall Mor na Cepich, was the first Macdonald of Bohuntin. His descendants are known as Shliocd-an-taighe, and also as Sliocd-nabánfhighiche. He married a daughter of Donald Glas Mackintosh, with issue five sons, Alexander, his successor, Donald, John, Ranald and Angus. He had also a natural son, Gillecalum Mor. Donald, John, and Ranald were put to death by the unprincipled Alastair nan Cles of Keppoch. Alexander, second of Bohuntin, married a daughter of Macdonald of Glencoe, by whom he had one son, Aonghus Mor. Aonghus Mor, third of Bohuntin, married a daughter of Cameron of Strone, and had three sons, John, his successor, Aonghus a Bhocain, and Alastair na Rianich. John, fourth of Bohuntin, married a daughter of Cameron of Glenmalie, by whom he had Alexander, his successor, Domhnall Donn, and Domhnall Gruamach, all men of good poetic talents. Alexander, fifth of Bohuntin, had five sons, Angus, Alexander, Ranald, Iain Og, his successor, and Domhnall Glas. Angus, Alexander, and Ranald died of pleurisy within a few days of one another, about the year 1720. Angus and Alexander were married. John Og, sixth of Bohuntin and Domhnall Glas, his brother, were transported to North Carolina for taking part in the unfor-

tunate rebellion of 1745. They were both married and left issue. Probably some of their descendants are still in the United States.

Alexander of Bohuntin was the author of several short poems. But they have nearly all perished.



CUMHA NAM MAC.

LE ALASTAIR BHOTh-FHIUNNTAIN.

Bhon lughaigedh 'thug Dia dhomh,
'S m'ò mhath a bhi ga iarridh,
Gum faic gach duine liath mi ;
'S ann tha mi trom, trom.

Cha dirich mi ri fuar bheinn
An fhirich 'sam bi 'n ruadh bhoc ;
Tha m' anail goirid luath dhomh ;
'S ann 'tha mi trom, trom.

Gum faca cach an uair sin
A mharbhtedh brec air Ruaidh leam ;
An diugh cha doir mi luaidh dhaibh ;
'S ann tha mi trom, trom.

Na fiurain 'san robh 'n uaisle,
'S a b' abhaist bhi mu m' ghuaillen,
Bhon chairich mi 'san uaigh iat,
'S ann thu mi trom, trom.

Na gaisgich 'san robh chailechd
'S a chlechd mi fhaicinn lamh ruim,
Bu taice sibh d' ur cairden ;—
'S ann tha mi trom, trom.

Ach Aonghuis thug mi gaol dhuit
Thar uile chlann nan daoine,
'S bhon tha mi nis as t' aonais,
'S ann tha mi trom, trom.

Do ghnuis bha fiallidh, faoilidh ;
 'S tric t' iomhigh 'tigh'n 'nam smaointinn,
 Is dh' fhag sud neul an aoig orm ;
 'S ann tha mi trom, trom.

'Alastair 's tu m' abhachd ;
 B 'e sud an gaisgech stathail
 Bhon chuir mi ann sna clair thu,
 'S ann tha mi trom, trom.

Rao'll am fer a 'b oige,
 B'e sud am flescach stolta ;
 Bho 'n chairich mi fo 'n fhoid thu,
 'S ann tha mi trom, trom.

Scuiridh mi 's mi craitech,
 Ach tha mi 'n dochas laidir,
 Gum faic mi sibh am Paras,
 Ged tha mi trom, trom.

Mo dhuil gu bheil sibh sabhailt
 Troimh fhulangas bhur Slanighair ;
 Cha dean ni eile stath dhuinn
 'N uair 'bhios sinn trom, trom.

Lughaigedh, luighigedh, or lughasachadh, allowance,
 permission, decree.

— x —

CUMHA EILE D'A MHIC.

LE ALASTAIR BHOOTH-FHIUNNTAIN.

Sechdain dalach bho Fheill Patric,
 Sceula craitech, dh' fhalbh na braithren,
 'Thug scuab-larach air na cairden
 'Bhios gu brath 'n ar cuimhne,
 Bhios gu brath, etc.

Dh' fhalbh na h-armuin 'dheanadh stath dhuinn,
 'Bu mhor tabhachd ri uchd gabhidh ;
 Och, mo chradh-lot 's goirt a tha mi,
 Dh 'fhag sid m' airnean bruite.

Cha sceul solais dhuit e, 'Dhomhnaill,
 'Th 'ann an Cnoidart, chaill thu comhlain
 'Shesadh comhl'-riut ann an ordagh
 Nam biodh foirnert cuis ort.

Fiuirain ghasta na gruaidh dhathte,
 Nan deut snasta 's nan cul clechdte,
 'Bha gun gheltachd, 's bu des faicinn
 Ann am fehd na duthcha.

'S goirt an sceula 'fhuair 'ur ceile
 'N tus a cheitein 'n uair bu bheus dhuibh
 'Bhi 'n 'ur n-eidedh, 's gu moch eirigh,
 'S dol a dh' eistechd durdain.

'N am tigh'n dachaidh dhuibh le 'r tacar
 B' ann de 'r clechdadh muirn is macnus,
 'S comhradh tlachdmhor gun spad-fhacal ;
 Sud mar chlehd sibh 'n uine.

Cha b' ann de 'r beusan cles nan eiscen
 'Bhi 'toirt beum' do chach a cheile ;
 Ach modh is reusan 's egal De oirbh
 Anns gach ceum de 'r giulan.

— x —

DOMHNALL DONN MAC FHIR BHO TH
 FHIUNNTAIN.

Domhnall Donn was the second son of John Macdonald, fourth of Bohuntin. His mother was a daughter of Cameron of Glenmalie. He was, like several of his contemporaries, a crechadair or raider. He was in love with a daughter of the chief of the Grants. Grant, who at the time to which we refer, was living at his seat in Glenurquhart, was

 'S mor gun b' fheairrd e srian oir 'na laimh.
 Fichet gini chan fhiach
 Gun deid sud a chur sios an geall ;

Cha dig peighinn dha fhein
'S bonn cha ghleidher an deidh a chall.

Theid luach mairt no na's mo
An da stocain de 'n t-seors' a's fearr ;
Sud na gartain a suas
'S paidhir thasdan de luach 'nam barr ;
Ducait diuca no 'n corr
Theid a chur an da bhroig bhonn ard,
'S clachan criostail 's math snuadh
Ann am bucail mu'n cuairt le straic.

Is coic coicen de 'n or
Gun deid sud airson cord do 'n aid ;
'S urad eil' oirre fhein ;—
'S math gun tegamh a feum gu spaid.
'S a ghrabhat a's glan li
Theid punnd Sasunnach innt' gun stad ;
Ach 's beg sud as a mhal,
Theid a chunntadh air clar gu grad,

Thig e 'm mach as a bhuth
Leis an fhasan a's uir' 'san Fhraing,
'S an t-aodach gasta bha 'n de
Mu a phersa le speis nach gann,
Theid a thilgedh an cuil,
Fasan don' air 's cha 'n fhiu e plang ;
Air mal baile no dha
Glacar peann 's cuirean lamh ri boinn.

Cha bhi pheids' ann am mes
Mur bi eidedh am fasan chaich ;
Ged bhiodh e gini an t- slat
Gheibher sud air son mart no dha.
Casag riomhach gun scod
Theid a chennach do dh-og an aigh ;
'S briogais bhelbheit bhuig mhin
'Bhios a ruighechd a sios gu 'shail.

'N uair a thig e air scriob
 A dh' amharc a thire fein,
 'N deidh na milten 'chur suas
 Gum bi gaoir aig an t-sluagh mu 'n spreidh,
 Ach ged thogar na mairt,
 'S ged a niter an reic aig feill,
 Bidh na fiachan ag at,
 'S theid am faighnechd de 'mhac 'na dheidh

Theid Uillam Martuinn am mach
 'S e gu sraideil air ech a triall,
 Is cha lughid a bhechd
 Na na h-armuinn a chlechd sud riamh.
 Chan fheil cuimhn' air a' chrann,
 Cas chaibe 'na laimh cha b' fhiach,
 'S e chert cho spaideil ri diuc,
 Ged bha 'athair ri burach riamh.

Thoir-sa techdairechd bhuan
 Le detam gu Ruari og,
 Agus innis dha fein
 Cuid de 'chunnart ged 's e Mac-Leoid ;
 Biodh e 'g amharc 'na dheidh
 Air an Iain 'b' fhearr beus 's gach doigh ;
 Ged bu shaibhir a chliu
 Riamh chan fhagadh e 'n Dun gun cheol.

A Mhic-talla so bha
 Ann sa bhaile 'n robh gradh nan cliar,
 An triath tighernal teann,
 Is an cridhe guu fheall na chliabh,
 Ghabh e tlachd de 'thir fhein,
 'S cha do chlechd e Duneidenn riamh ;
 Dh' fhag e 'm bonnach gun bhearn,
 'S b' fhearr gun aithrisedh cach a chiall.

Treothit a stitch in one's side. Brosluim, excitement. Cluth or cloth, noble, brave, generous. Modhar, the sound of a bag pipe, or any other musical instrument.

Probably Uillam Martuinn represents the factor that grows rich whilst his master is squandering his money away from home. The poem was composed about 1694.

— x —

AONGHUS DUBH MAC-GILLE-MHOIRE.

The Rev. Angus Morison, son of John Morison of Bragar in Lewis, was born in 1660. He was a brother of Roderick Morison, an Clarsair Dall. We copy the following account of him from Scott's *Fasti Ecclesiae Scoticanæ*, Part V., page 293:—"Angus Morison, A. M., a native of Lewis, entered as a student at King's College, Aberdeen, in 1679, and graduated at the university of Edinburgh, March 28th, 1683; he was admitted minister of Contin in the Presbytery of Dingwall previous to 1689, and deposed June 12th, 1716, for taking part in the late rebellion. He is last mentioned, August 22nd, 1739, as officiating minister within a mile or so of his former charge. He was a person of great wit and benevolence, joined to piety and simplicity, who suffered severely for the maintenance of his Jacobite principles, being reduced to extreme poverty. He died at Castle Leod. A daughter, Mrs. Saint Clair, was generous enough to bequeath a legacy of £80, for the support of the poor, to the parish of Fodderty, where her father took shelter."

Mr. Morison, Maighstir Aonghus as the Highlanders would say, was commonly spoken of as Aonghus Dubh. He was a man of unquestionable ability. As a poet he was at least equal to his brother, An Clarsair Dall. He died in 1740.

It is somewhat strange to find a man deposed from the ministry for taking an active part in the rebellion of 1715,—a very ridiculous rebellion we admit. Mr. Morison had unquestionably as much right to be in favor of the Stewarts as others had to be in favor of the Georges. The truth is that neither the Stewarts, descended from Mary Queen of Scots, nor the Georges were worth fighting for. There was not a man among them all fit to rule over a nation. Indeed the world could get along very well without any hereditary rulers.

GED A THA MO CHOIRC AN CUNNART.

LEIS AN URRAMACH AONGHUS MAC GILLEMHOIRR.

Thachair air foghar araidh gun robh an coirce aig Mr Aonghus cho abich 's gun do ghabhe e gal nan digedh stoirm gum froisedh e. Uime sin chaidh e-fein air maduinn Di-sathairne a thional a luchd-eistechd gus a bhuaibh. Ghairm e aig taigh brebadair, duine cruaidh, feineil do 'm b' ainm Daibhidh, 's dh' fheorich e dheth an rachadh e ga chuidechadh. Thubhirt am bodach, agus farum aig air a bheirt, nach rachadh. 'N uair a chuala Mr Aonghus so, shes e ri taobh, na beirte, phaisc e a dha laimh ri 'chelle, agus sheinn e na rannan a lenas :—

Ged a tha mo choirce 'n cunnart
'Bhi air a fhroisedh gu builech,
Tha Daibhidh ag radh e dh' f hulang,
Nash dig e dhe 'n bheirt an diugh dhomh.

Daibhidh greosgach, crom, ciar,
'S gile 'n rocas na bhian ;
Bha mi eolach air riamh
Fer bu ghreoiliche fiamh.

A Dhaibhidh an deid thu 'bhuaibh,
'S sheibh thu paidhedh Di-luain ?
"Cha deid," arsa Daibhidh.
'Nuair thogadh tu ridhe h-aotach,
'S a lionadh tu balg na gaoithe,
Cha bhiodh crann gun ropan caol ris,
'Toirt abhsaidh o thaobh gu taobh dh' i,
Gur h-e 'm buamasdair blar,
'Bheiredh ruaig air an spal,
Fer bu luaininche lamh
Timchioll chuach am biodh snath.

A Dhaibhidh an deid thu bhuaìn,
 'S gheibh thu paighedh di-luain?
 "Cha deid," arsa Daibhidh 's e toirt cnag air
 an spal.

Thuir Mr Aonghus—

Cha do chuimhnich mi do bhoinaid,
 Air 'n do charaich thu 'm breid soilleir,
 Air a' chul a tha neo-loinneil,
 'Dh' fhas 'na ghadmuin gartach, goirid.
 O ! brogan ard mo ghaol !
 Da chois stabhach 's iat caol,
 'B e sud meirlech nam faobh,
 Ceann nan cnamh a dh' fhas faoin.
 A Dhaibhidh 'n deid thu bhuaìn,
 'S gheibh thu paighedh di luain?
 Bha Daibhidh a caochladh datha an nis, ach
 ghlaodh e "Cha deid"—

Chan iarradh tu solus gu d' shuipeir,
 Ach sathadh crom mar a mhuc innt !
 Bu leathan do lorg ann sa *bhutar* :
 Bhiodh *forc* nan cuic miar ga phutadh.
 O ! fhir nach iarradh an scian,
 Gu dh' ol siobhalt 'san im,
 Gum b' e 'n ordag do mhiann,
 'Cur greim geocach gu d' bhial.

A Dhaibhidh 'n deid thu bhuaìn,
 'S gheibh thu paighedh di-luain?

M' feadh a bha 'n rann so ga sheinn, scuir
 Daibhidh dhe na bheirt, 's thoisich e air scriobadh
 a chinn, gidhedh dh' eigh e cho cruaidh 's a
 b'urruin e— "Cha deid"—

An fheusag a b' fhaide gun bherradh,
 Chan fhagadh an siabun glan i,
 Chan fheil duine beo air thalamh,
 A dh' fhaodadh sesamh ri t' anail

Leis an tochd bha de 'n bheisd,
 Fuil is feoil agus creis,
 'Fhir bu chailtich' air spreidh,
 'Tuitem sìos air a chleith.

A Dhaibhidh an teid thu bhuaìn,
 'S gheibh thu paighedh di-luain?

Cha robh e'n comas do Dhaibhidh cumail air fein na b' fhaide 's leum a dhe 'n bheirt, 's ghlaodh e, "Theid! theid! 's mi theid", a bhen cait a bheil mo chorrán. 'S truagh nach mi chaidh ann air a cheut fhocal; ach tha mi 'n dochas nach cluinn duine 'm fèsd smid dhe sud, a Mhaighstir Aonghuis."

Raníc Daibhidh an raon comhla ri cach, 's cha robh aon an sin a's mo chuir e-fein uige na e; oir bha e'n nis ro dheidheil gun dugadh e barrachd orr' uile, chum 's nam bu chomasach e, gum fuadichedh e air falbh gach droch bharail a bha Maighstir Aonghus ag eiridnechadh 'na aghidh 'thaobh a resgachd 'sa mhaduinn.' Nuair a chrìochnaichedh a bhuaìn, gle anmoch, chaidh na bh' aice gu taigh a mhinistir gu biadh, 's air dhaibh biadh is deoch am pailtes a ghabhail ghlac Daibhidh misnech, 's thuirt e, "'Nis a Mhaighstir Aonghuis on dh' oibrich mi cho math an diugh, cha chreid mi nach fhiach mi oran molidh a dheanamh dhomh." "'S fhiach, 's fhiach, arsa Mhaighstir Aonghus, 's tu 's fhiach, agus so agad e."—

Di-domhnich 's tu 'siubhal leargan,
 'Nuair a bha cach ann san t-serman,
 Chaidh muc is torc riut a sheanachas;
 Creididh clann gur sceula dearbht' e.

A leoghain euchdich mo ghaoil,
 'Chuir na beisden ud aog,
 Leis a' *bheigeileid* chaoil,

Cluinner sceul ort 's gach taobh!
 A Dhaibhidh o n chaidh thu bhuaìn,
 Gheibh thu dan agus duais.

A 'bhliadhna' chaidh an crodh an bheinn ort,
 'S a chaill na gobhair na minn ort,
 Lionadh tu 'phoit chum a chuibhbrig,
 De chal is de dh' uisce 'n uillte
 Chaite 'n fheisd air an lar,
 Cha bhiodh speis ac de chlar,
 H-uile fer aig nach biodh spain
 Bheiredh e slig' as an traigh.
 A Dhaibhidh on chaidh thu bhuain,
 Gheibh thu dan agus duais.

Chan fhac mi riamh do cho-ionnan,
 Gu biadh a chur air bialthaobh duine,
 Cha b'e cuag de bhonnach tioram,
 Ach truinsar crom is sconn im' air,
 An eigh an sin air a chais'
 An te bu tighe 's a b' fhearr ;
 Cha b'e scian dubh an droch fhaobhir,
 'Bheiredh caob aiste gun bhlaths.
 A Dhaibhidh on chaidh thu bhuain,
 Gheibh thu dan agus duais.

Cha robh ceaird 'san d' fhuair thu t' fhoghlum,
 'San tugadh duin' eile corr ort ;
 Bu mhath thu gu sniomh na cloimhe,
 Ga h-armadh le im 's le eolan,
 'S bu mhin bog oigheil do lamb,
 'N am a sinedh do chach,
 Am boinne falluis le do mhala,
 'S an lec-thellich fo do shail ;
 A Dhaibhidh on chaidh thu bhuain,
 Gheibh thu dan agus duais.

Cha b' urrainn do Dhaibhidh cumail air fein na
 b' fhaide, 's leig e 'n eigh — "Stad, stad, a Mhai-
 ghstir Aonghuis, chan fheil mi 'n duil nach co
 math an di-moladh fein ris a sin ; is thar e
 dhachidh.

MR AONGHUS AIR LEBIDH
A BH AIS.

N uair a bha Mr Aonghus Mac-Gillemhóire air lebidh a bhais, bha a bhen aige fhein agus fer de na h-eildeiren ri 'thaobh. Bha a bhen a sior thuramanich 's ag osnich, 's ag radh gun stad, "Ochadan mar tha mi 'n diugh." Mu dheireadh thuirt Mr Aonghus agus e ann 'san lebidh :—

Ochadan mar tha thu 'n diugh,
'S Aonghus Dubh a dol gu bas ;
Cha dean e posadh no baistedh,
Is chan fhaigh thu dad bho chach.

Labhair an t-eildeir an sin agus thubhirt e, A Mhaighstir Aonghuis, a Mhaighstir Aonghuis, nach h-'eil an tim dhuibhse scur de 'leithid sin, agus e ro choltach gu bheil sibh gu delachadh ris an t-saoghal an uine gle ghearr. Fhregair am fer a bha 'san leib air ball e :—

Delichidh sinn ris an t-saoghal,
'S delichidh an saoghal ruinn ;
'S ged bheir thu 'n t-aodach dhe na ghar-
man,
Lenidh armadh ris an t-slinn.

— x —

LACHINN MAC THEARLICH OIG.

Lachinn Dubh was chief of the Clan Fingan, or Mackinnons, from 1570 to 1580. He had two sons, Lachinn Og and Ewen. Lachinn Og had four sons, Sir Lachlan, Tearlach Scithenach, John Og, and Neil. He died about 1600. Sir Lachlan had a son, John Balbhan, who had a son, Lachinn Mor. He died in 1634.

Tearlach Scithenach had a son named Lachlan. He was known as Lachinn Ruadh, and lived at Gambell. We meet with him as tutor or guardian of Lachinn Mor in 1634. He had two sons, Lachinn Og of Gambell, and Tearlach Og of Kenuachdrach. Lachinn Og married a daughter of Mackenzie of Applecross, by whom he had Lachlan, first Mackinnon of Coire-Chatachain.

Donald Glas Macleod, first of Drynoch, was a distinguished warrior in his day. He was killed in a skirmish at Carinish. John, his son and successor, married Catherine Campbell, by whom he had one son and five daughters. John died in 1688. One of his daughters was married to Alexander Macleod, 4th of Raasay; one to Ranald, 10th of Glengarry, by whom she had Alastair Dubh; one to William Macleod, 2nd of Hamer; one to Roderick Macdonald of Camuscross; and one to Charles Og Mackinnon of Kenuachdrach.

Lachlan Mackinnon, the poet, was a son of Charles Og Mackinnon of Kenuachdrach, Isle of Skye, and Mary, daughter of John Macleod of Drynoch. He was born in the year 1665. He began to compose verses when quite young. At the age of eight he possessed a vigor of mind, and a vivacity of imagination rarely to be met with in boys of double his age. He received the rudiments of his education, under a tutor in his father's family. At the age of sixteen he was sent to the Academy or high school of Nairn. He was a diligent student, and made rapid progress. He was by far the best Latin and Greek scholar at the Academy. Whilst in Nairn he composed several short poems in English, which possessed a good deal of merit.

When in his twenty-third year the poet married Flora, daughter of Campbell of Stroud in Harris. He rented from his chief the farm of Breakish, with the grazing island of Pabbay, at £24 sterling annually. His wife died in the prime of life, leaving several young children. He now felt so unhappy that he left Skye and went to live in Kintail. After an absence of four years he returned to Skye, and received his former farm at Breakish. About twelve years after the death of his wife he paid a visit to Inverness. Whilst there he was persuaded by some of his old acquaintances to marry a widow of the name of Mackintosh. This marriage was a source of grief and misery to him. His wife was proud, peevish and cross, and very unkind to his children.

Lachinn Mac Thearlich Oig was tall, handsome, and fascinating in his manner. He was an excellent performer on the violin, and also on the harp. He was one of the best deer-stalkers of his day. He was not a Jacobite. Contrary to the wishes of his chief he went to Inverness in 1717 to sign a congratulatory address to George I. on his

accession to the British throne. He died universally regretted in 1734, at the age of sixty-nine. His funeral was the largest ever seen in the Isle of Skye. Macdonell of Glengarry, Macdonald of Sleat, Macleod of Dunvegan, Mackinnon of Strath, Mackenzie of Applecross, together with their principal tacksmen were present. Seven pipers preceded the bier, playing the usual melancholy laments. The poet was buried in the old churchyard of Gillchrist.

CUMHA MHC-LEOID THALASCAIR.

LE LACHINN MAC THEARLICH OIG.

Tha mulad mor, tha mi-ghen orm,
 'S neo bhinn na tha mi 'claistinn,
 Mu 'n sceul 'tha daoine 'g innse dhomh,
 'S a thug orm claoidh mu m' shlainte.
 Tha mulad mor gun tegamh orm
 Mu 'n ti a chlaoidh 's a ledair mi ;
 Gur lionmhor nech da 'n letrom e,
 Dunbhegain bhi 'na fhasach.

Cha deid mi 'm bliadhn' air cheilidh ann,
 'S neo-eibhinn leam a ta e,
 Gun tuitair ann, gun tigherna
 Ris 'n dean mo chridhe gaire.
 Cha d' fhuair mi ach na onrachd e,
 Fuar, falamh, fas 'na sheomrichen,
 An t-ait 'sna chlechd a mhorchuis 'bhi,
 Far 'n tric an d' ol mi slainte.

Gur diombach ann san uair so mi
 De 'n chuairt a thug am bas oirn ;
 Gun dug e 'm furan suairce bhuainn
 Cho uasal 's 'bha sa chearn so.
 'Dheagh mhic sin Ruari Thalascair,
 Mu d' bhas bha daoine galanach ;
 Do cheile bha 'n deidh scaridh dheth,
 'S bha 'n t-Alastair dheth craitech.

Nam b' esbhidh stoir no feudalach
 A b' aobhar dha do thursa,
 Gum bu lughad a bhiodh m' acain
 Ri t' fhaicinn lan de churam.
 B'e fath mo bhroin 's bu dlighech e,
 'S e dh' aognich iomad cridhe fir,
 Etar Aoinard agus Snithosard,
 Do nighen 'bhi fo churam.

Bha iomad tir a thuilledh sud
 'San robh iat dubhach, tursach ;
 Bha daoine am bron gu caitlicech
 Mu 'n mhac sin 'dh' fhag an crunair ;
 Bha sean Mhac-Mhic Alastair ann,
 Bha 'n caiptin 'bh 'air siol Ailain ann,
 Do chairden uile maille riu,
 'S an Garach dubh o 'n Ghiubhsich.

Bha d' nabidh math Sir Domhnall ann,
 'S an cinnedh mor, siol Uisdain ;
 Gun d' dherbhadh gun robh mulad ann
 Nuair chuir iat ann san uir thu.
 Clann Fhionghinn sceul bu duilich leo,
 'S Clann-Choinnich 'mheud 's a chunnic mi ;
 Do bhas bu chall gun bhuinnig
 Do gach duine riamh 'chuir iul ort.

Nam b' ann le foirnert naimhden e
 Air mo laimh gun dugtedh dhiu e ;
 Mun leigt' am mach an nascidh iat
 Bhiodh cuibhren mhath dhiu ciuirte.
 Ged nach biodh ach na thubhirt mi,
 Nan tarladh dhaibh bhi uidhemail,
 Ged dh-eiredh barr 's na h-uarrad riu
 Bhiodh pudhar air luchd mi-ruin.

Ged nach saighder treubhach mi,
 No nech da 'm beus bhi fergach,

Nan tarlainn ann san araich ud,
 Ge gna leam 'bhi leith cherbach,
 Ni tha, 's nach h-eil mi cruadalach,
 Nan tarlainn ann san f huathas ud,
 Gun sesinn ri do ghualinn
 Ann san tuasaid ge bu sherbh i.

Mo chrech, mo bron, 's mo dhiubhail !
 'S truagh an duthich as an d' fhalbh thu,
 'S a lugh'd 's a dh' fhag thu 'd' leithid innt'
 Ri 'fhaighinn ann an nadar.
 Gum b' ionndrinn do dhaoin' uaisle thu,
 Do d' chairden is do thuath chethairn',
 Do bhantraichen 'n am cruadail orr',
 'S do thruaghanan gun aird orr'.

Gum b' ionndrinn do luchd-theudan thu
 Do dh-fheumnich is do bhardabh,
 Gum b' ionndrinn do na h-uile dhaoin' thu
 Bhuinedh a bhi 'm pairt riut
 Gum b' ionndrinn mhor do Ruari thu,
 Ged 's aoighidh math aig uaislen e ;
 Call carid an am cruadail thu
 Do dh-uaislen Erraghaidhel.

Gun robh thu ciuin is macanta,
 Gun sraing, gun chais, gun chrine,
 Gun tnu, gun f heall, gun seacharan,
 'S tu scapach, pailt, is crionnta.
 Bha t' aignedh iochdmhor, moralach,
 Gun bhreig, gun cheilg, gun bhosd sam bith ;
 'S ann bu choltach thu ri Osam
 Da 'm bu nos a bhi 'n *Saint Pritan*.

Bu tiotal cert duin' uasail sin
 Gun robh thu suaire ad ghiulan,
 Gu sunntach, suilbhir, failtechail,
 'S do chridhe blath gun lub ann.

O d' chairdibh bha e dlighech dhuit
 Bhi baighail ris na h-ingenan
 An am dhaibh bhi gan suidhechadh ;
 'Fhir chridhe b' fhiach thu t' ionadrinn.

Bidh mi scur 's mo bhennachd dhuit,
 'S neo-thoilichte de 'n bhas mi,
 A luaithed is a scar e thu
 Bho t' fhearann is bho d' chairden.
 Ge bu chruaidh 's bu duilich e,
 Bu bheirt a b' eigin fhulang e,
 'S air 'mheud 's gan can a h-uile nech
 Bu duine anns gach cas thu.

Sir Roderick Macleod, 1st of Talisker, married Mary, eldest daughter of Sir Lachlan Mackinnon of Strath, by whom he had John, his successor, Magnus, and Isabel. John, 2nd of Talisker, married Janet, only child of Alexander Macleod of Grishornish, by whom he had Donald, and two daughters. He is the subject of the lament. The first two verses refer to the loss sustained by the death of John Brec of Dunvegan in 1693, and the accession of his son Roderick, to the chiefship. The poem was composed sometime between 1693 and 1699, the year in which Roderick of Dunvegan died.

— x —

AONGHUS ODHAR.

Angus Macdonald, commonly called Aonghus Odhar, was a son of Gillesbic na Cepich. He was fully equal to his father as a poet. He seems indeed to have been superior to him.

THUGAS CEIST DO MHNAOI GHASTA ;

LE AONGHUS ODHAR.

Thugas ceist do mhnaoi ghasta
 A's glan lechd is a cul mar an t-oi ;
 Cul cam-lubach, barr-bhachlach,
 Gruaidh dherg dhathte, s' deut snaighte mar nos ;

Suil chorrach mar chriostal,
 'S binnes theud ann am briotal a beoil ;
 Aghidh shoilleir an co-strith
 Co a's allidh' an neoinein no 'n ros.

Tha do mhuinal mar chanach,
 Chit' ag iathadh ann glaine de 'n fhion ;
 Tha t' uchd mar an ela,
 Tuir mhin ghela 's am barannan 'sios ;
 Tha do shlios mar thuinn mara,
 'Nuair a dh-eiredh mor ghaillen nan sion ;
 Ged is dan e ri 'labhirt,
 B'e, air 'n aille, bhi mar-riut mo mhiann.

Chan fheil ort cron cumidh
 Ri t' amharc bho d' mhullach gu d' bhonn ;
 Dh 'fhas thu 'd scaile roimh 'n chruinne
 A reir nadair 'chum urram thoirt oirnn.
 A gheug aithneil, chiuin, thaitnech,
 Ghrinn, ghasta, 's binn bhlasta guth beoil,
 Air scath 'ghaoil 'tha 'nam phersa
 Na smaointich cur as dhomb na's mo.

Cait am facas dhuit coimes,
 A gheug sholuis a's grinne na ghrian ;
 Cha robh Diana ri faicinn
 Ann an coltas ri d' phersa mar thrìan ;
 A thaobh geinmnechd chan fheudtedh
 A coimas ri geig nan glan chiabh ;
 Air 'm fhacal 's tu 's ceutich'
 A chunnacas le m' leirsinn-sa riamh.

Tha do choltas ri venus,
 Philomela cha choimes ri m' run ;
 Fabhradh ghas't' mu do leirsinn,
 'S a cho-aithris ri feirrein fo'n druchd.
 'S nearachd fer a bheir geill dhuit,
 Aig feobhas do bheusabh 's do chliu ;

Thug thu dhachidh le d' theomachd
Gach aon chlechdadh a b' eol dhaibh 'sa chuir.

Sliasid ghlan a's math cumadh,
Des chalba 's troigh chuimir am broig ;
Thugas gaol dhuit bho 'n uiridh
'Dh' fhag mi 'm scaile mar dhuine gun treoir,
Ni a bheil i 'shiol Adhamh
Te a chumas aon raidhe mi beo,
Gun an ti 's 'tha mi 'g airemh
Fhresdal orm 's a thoirt slaint dhomh le 'gloir.

Ach ma ni thu mo dhiobairt,
A dhes ribhinn le 'n d' rinnedh mo chron,
An deidh dhomh dhuit striochdadh
Fo chis is mi sinte 'nam ghoin,
Bheirinn mionnan a Bhiobil,
Ge bu leam le coir scriobhte 'n tir shoir,
Chum 's gun glaisedh tu 'n sith rium
Gun deaninn a h-iobradh dha d' thoil.

Ma's a beg let mar phecadh
Meud dubh-bhroin mo phersa an tus,
'S farasd' mise a thaladh let
'S mo chreubhac a charadh 'san uir.
Ach 's olc an ciall do mhnaoi ghasa
D' am feudar dol dachidh an null,
Nach h-'eil fer a bheir gradh dhi
Nach ludhig i 'm bas da ga chionn.

Air bruaich reidh mo lepa
Chunnacas spailp de mhnaoi ghasa 'na suidh',
Nach tuig doruinn mo phersa
Ged a dh-fhaninn le pramh ann am laigh',
'S a cuid shaighden geur, scaitech,
Gu dian a dol trasta 'nam chridh' ;
Dhomhs' cha bhag e mar phecadh
Ma niter mo chascairt le mnaoi.

Dh' f hagh thu mise fo mhulad,
 'S tric mo shuilen a' cruinnechadh dheoir ;
 Lagich solus mo leirsin,
 Chlaoidh mo phersa le eigentas mor.
 B' annsa spailp de mhnaoi mhin-deirg
 A chumadh le 'briodal mi beo ;
 'Bheiredh cail agus luths dhomh,
 Ged a bhithedh mo shuilen fo scleo.

Cait an d' amhirc i 'n scathan,
 Boinne fala 'thug barr ort fo 'n speur,
 A thaobh gilid is aillechd
 Chitedh t' fhailas mar dhealradh de'n ghrein.
 'Cheist a thugas os 'n aird dhuit
 Bidh i 'm aire gach la gus an eug ;
 Is ma leiges tu bas mi,
 'S maireg fer eile 'bheir gradh dhuit a' m' dheidh.

— × —

SILE NA CEPICH.

Juliet Macdonald, Sile na Cepich was a daughter of Archibald Macdonald of Keppoch, Giliesbic na Cepich. She was married to a Fraser. Her husband fought at the battles of Killiecrankie and Sheriffmuir. She composed several hymns in her old age. The date of her death is uncertain. We know that she was living in 1724, the year in which Alastair Dubh of Glengarry died. We know also that she survived Lachinn Mac Thearlaich Oig, the poet, who is said to have died in 1734. Her husband died several years before her.

— × —

ORAN DO DH-FHECHD MHORAIR MAR 'SA BHLIADHNA 1715.

LE SILE NIGHEN MHIC-'IC-RAONILL.

Tha mulad, tha gruaim orm, tha bron,
 On dh' imich mo chairden air falbh ;
 On chaidh iat air astar,

Gun chinnt' mu 'n techd dhachidh,
Tha m' inntinn fo airtnal gu leoir.

Mo ghuidhe gun cluinner sceul binn
Mu'n bhuidhinn a dh' imich o'n tir,
Gun crun sibh an Sasunn
'N righ dlighech le 'r gaisce,
'S gum piller leibh dhachidh gun dith.

Beir soridh gu Domhnall o'n Dun,
Gu Seumas 's gu Uillam 'nan triuir ;
'Nuair a chruinniches uaislen
Do chinnidh mu 'n cuairt duit
Ghlac an t-urram a fhuair thu le cliu.

Beir soridh gu Alastair liath,
A d' chruadal gun erbinn deagh ghnìomh ;
Nuair a theid thu gu buillen,
'S do naimhden a dh' fhuirech,
Gu cinntech bidh fuil air am bian.

Beir soridh gu Ailain o'n chuan,
'Bha greis ann san Fhraing bhuainn air chuairt ;
'S e ro mheud do ghaisce
'Chum gun oighre do phersa,
Craobh chascart air fehd nan arm cruaidh.

Beir soridh an deoghidh nan laoch
A dh' imich bho Chepich mo ghaoil ;
Gu cennard a Bhraighe
'S 'chuid eile de m' chairden,
Buaidh shithe 's buaidh larich leibh 'chaoidh.

Tha urachadh buidhinn tigh'nn ornn,
Mac-Coinnich, Mac-Shimi, 's Mac-Leoid,
Mac-Fhionghinn Strath-Chuailte,
'S an Siosalach suairce,—
'S e mo bharrail gum buailer leo stroic.

Gig-gig thuir an coilech 's e 'n sas,
 Tha mo scoileiren ullamh gu blar,
 Am fuidse nach coisinn
 Cuiribh 'cheann ann sa phoca,
 'S chan fhiu dhuinn bhi 'g osnich mu 'bhas.

Crath do chirein, do choileir, 's do chluas,
 Cuir scairt ort ri fehd an taoibh tuath,
 Cuir spuir ort 's bi gleusta
 Gu d' naimhden a reubadh,
 'S cuir mac-Cailain fo gheill mar bu dual.

'Thigherna Shruthain o Ghiubhsich nan beann,
 Thug thu tamull a feithemh 'san Fhraing ;
 So an t-am dhuit bhi scairtail,
 Tog do phiob is do bratach,
 'S cuir na Caimbalich dhachidh 'nan deann.

'Righ, 's buidhech mi 'Mhorair sin Mhar,
 Leis a dh-eiredh a bhuidhenn gun fheall ;
 'S iomad Foirbeisech gasta
 'Tha 'g iathadh mu 'bhratich,
 'S b' fhiach do Sheumas an glacadh air laimh.

Tha mo ghruaim ris a bhuidhinn ud thall,
 A luaithed 's a mhuth iat an t-sreing ;
 Tha mi cinntech a' m' aignedh
 Gum bu mhiann leo 'bhi aginn
 Mur bhi Chuigse bhi aca mar cheann.

A Dhonnachidh ma dh' imich thu 'null,
 Tha do chiabhan air glasadh fo chliu ;
 Gun cluinnim 's gum faicim
 Do thilledh-sa dhachidh,
 'S do chinnedh cha stad air do chul.

'Nuair ruiges sibh cuide-ri cach,
 Ciamar Chumas a Chuigse ruibh blar ?

Cia 'n t-ait 'bheil fir aca,
 An Albinn no 'n Sasunn,
 Nach gerradh sibh as mar an cal?

'Nuair a ruiges sibh Lunninn nan cleoc,
 'S a bheir sibh an f haistinnechd beo,
 Bidh sibh 'tomhas an t-sioda,
 Le 'r boghachan riomhach,
 Air an drochaid is milten fo 'r scod.

Domhnall o'n Dun: Domhnall a chogidh, eleventh of Sleat. Seumas and Uillam were his brothers. Alastair liath: Alastair Dubh of Glengarry. Ailain o'n chuan: Allan Macdonald of Moydart. Fhuair an curidh calma so leon ann am blar, a dh' aobharich nach biodh sliochd aige. Chaidh a mharbhadh an Sliabh-an-t-siorra. An Coilech: the Duke of Gordon, the Cock of the North. A bhuidhenn ud thall: the Frasers. Lord Lovat, though a Jacobite at heart, supported the government party in 1715. Donnachadh: Duncan Macpherson of Cluny.

— x —

IAIN MAC AILAIN.

John Maclean, commonly called Iain Mac Ailain, and sometimes Iain Mac Ailain Mhic Iain Mhic Eoghin, belonged to the Ardgour branch of the Macleans. Ewen, 6th Maclean of Ardgour, Eoghan na h-Itaige, married a daughter of Stewart of Appin, and had two sons by her, Allan, his successor, and John. He was living in 1587. John, his second son, had a son named Allan. This Allan was the poet's father. Iain Mac Ailain was thus a great-grandson of Eoghan na h-Itaige.

Iain Mac Ailain lived in Mull. His place of residence seems to have been near Aros. He was a full-grown man in 1689, the year in which the battle of Killiecrankie was fought. We may assume then that he was born at least as early as 1665. He was married, and lived to be an old man. Dr. Johnson, who visited the Western Islands in 1773, speaks of him as a famous Mull bard, who had died only a few years before that date. He also says that he could neither read or write. We are inclined to think that

the poet must have died before the stirring events of 1745. At any rate there is no reference in any of his poems to those events. Besides, he would be at least eighty years of age in 1745. The latest event to which he refers in his poems occurred in 1738. All that we can confidently assert then regarding the time of his death is that it took place some time after 1738.

Iain Mac Ailain was evidently an intelligent, good-natured, and well-informed man. He was intimately acquainted with the history of his own clan, and possessed a good knowledge of the history of the Highland clans in general. He was an ardent Jacobite, and was thoroughly familiar with the political events of his own day. He was well versed in the Bible. He seems to have been a man of genuine piety. He was a true poet, a man who described in poetic language men and things just as he saw them. He is fairly entitled to a high rank among the bards of the Highlands and Islands of Scotland.

ORAN GAOIL.

LE IAIN MAC AILAIN.

Bha dithisd nighen a labhirt mu 'n Bhard.
 Bha te dhiu ga dhi-moladh 's ag radh nach robh
 ard-fhoghlum aige. Bha 'n te eile ga mholadh,
 's ag radh gun robh ni a b' fhearr aige, moran de
 thuigse nadair.

LUINNEG.

*Faill il o ro, failil il o,
 Faill il o ro, failil il o,
 Faill il o ro, hul il o ro,
 Faill il o ro, failil il o.*

Is ged nach d' fhaodadh mo thogail suas,
 Ach tegasc nadair 'thoirt dhomh le buaidh ;
 An te 'tha 'gratinn gu bheil mi traillail
 Chan fheil mi 'g aichedh nach faigh i m' fhuath.

Is mor an caochladh a rinn a cridh'
 Mur h-e 's gun d' thoill mise bhuaip' an gnìomh ;

An cailin daonta d' an robh mo shaor-ghradh
Gum faic an saoghal mar toil leam i.

Och, och, a dhaoine nach creid sibh bhuam,
'S mi 'toirt mar fhaosit dhuibh anns gach uair,
Nach mo mo ghaol air a chailin shaor so
Na gaol an fhaol-choin air fuil an uain.

Ged theiredh cach gum bu toil leam thu,
Is fada tha sud o bhi 'nam run :
Tha mi cho sechantach air thus' fhaicinn
'S a tha 'm bradan air linge bhuirn.

'N uair a bhios cach ann an cadal seimh
Gur tric le m' aignedh 'bhi rium ag radh
Nach mo mo thlachd air a dhol na fascadh
Na th' aig an lach air a dhol air snamh.

A chailin mhodhar a's moitail delbh,
Ged tha do ghruaidh mar an corcur derg,
Tha mi cho suarach mu d' ghaol 's cho fuathach
'S tha cat na luatha air luch a shelg.

A chailin bhaintidh a labhradh ciuin
Ge fada cam-bhuidhe reidh do chul,
Chan fheil mo gheall-sa air t' uaignes cainnte
Ach mar tha n dall air a leirsinn shul.

Ma their mi 'n fhirinn am brigh mo sceoil,
'Thaobh t' eol is t' uaisle 's do shuairces beoil,
Chan fheil mi 'n trom-chion, a ghruagach dhonn
ort,
Ach mar tha 'n drongair air bhi ag ol.

'S ann 'bha mo chairden am barail diom
Gum b' e do ghradh-sa mo namhit chlaoidh :
Do phog le failte cha dean i stath dhomb
Ach mar ni 'n t-slainte do 'n duine thinn.

MOLADH.

Do Ghillesbic na Cepich's do 'n Phiob.

LE IAIN MAC AILAIN.

'Ghillesbic, mo bhennachd ri m' bheo,
Do dh-fher aithris do ghniomh',
'Bhrigh os cionn na chual' thu de cheol
Gun dug thu 'n t-urram do 'n phiob.
Cha chuala luchd-teud scainnal do bheoil,
'S tu bu ro mhath gu 'n diol,
Ach b' fhearr let culidh a bhrosnicedh toir
Na sochair gach sith'.

'S iomad iarl ann an Albinn an nochd,
'S derbhte leam sud,
Ri am togail armait air chois,
'Na oirches, tha fios,
A chionn a cluinntinn anmoch is moch,
Bean chaidrech am mes,
'Bheiredh mar dhuais do dhararich a dos
Airgiod gun fhios.

Is derbh gun robh stuider gu trom,
Is subsainte ghiar,
'San fhear a rinn piob nan dos lom
Gus fhortan do dhean,
'S gach lanphort gan cumail fo fhonn,
Gun smid as a bhial,
Ach gan gerradh, gach siolladh is pong,
Le buillibh a mhiar.

A cliu airson abuchadh gleois
Is fada do chuaidh ;
Sar ionnsramaid mhaiden nach mor,
Is coitchionta buaidh !
Cuiridh i smaointinnen gaisce gu leoir
An gealtair 'ga thruas ;
Thogadh a crenluath le bras bhuillibh mheoir.
Aignedh gach sluaignh.

Gur h-e 's beus d' i eirigh le cert,
 Is eibhinn a stuirt,
 An tus teughbail eighidh i scairt,
 Nach breugich a puirt,
 Le seideig de dh-anail a stech
 An earrach a cuirp,
 Cuirer ceol binn, iorallach, ait,
 An ribheid a stuic.

'S fada bhon fhuair sinn taisbanadh shul
 Nach geltach a gnaths ;
 Gu bheil mi derbh nach rachadh i 'n cuil
 Ga fallach gu brath.
 'N tus gach cath' bidh fer brath' air a cul,
 'Deanamh fabhir do chach ;
 Laoch borb agus gaisce 'na run,
 Is bratach 'na laimh.

'N t-urram de na chunnic mo shuil
 Tha 'm Muile dhiu 'n drast ;
 Ach airson Mhic-Cruimein on bhuidhinn e cliu,
 Leig do 'n duinne sin tamh ;
 De 'n airemh Conndulli air thus,
 Iain Mac Uillaim a dha,
 Agus Patric an tres duin' an triuir
 Nach uiresach lamh.

Niall Mor Mac-Mhuirich composed a poem against the bag-pipe. Gillesbic na Cepich composed a poem in praise of it, which is given on page ninety-four. Iain Mac Ailain composed the above poem in praise of Gillesbic na Cepich and the pipe. Lachinn Mac Mhic-Iain composed a poem in reply, which will be found on page 126. It is not to be supposed that he had any unpleasant recollection of Gillesbic na Cepich or any unkind feelings towards Iain Mac Ailain ; he was merely exercising his powers of satirizing. Iain Mac Ailain and himself seem to have been on very friendly terms.

ORAN.

Do dh-Fher Thalascair.

LE IAIN MAC AILAIN.

FONN.—“*Cabar feidh.*”

Air sceith na madne 's luaithe
 Gu tuath thoir mo bhennachd bhuam
 A dh-ionnsidh 'n fhir nach fuath leam
 Gu uaisle, Fer Thalascair.
 'S e mheudich dhomh mo ghradh ort
 Do ghnaths 'dhol ri t' athairelachd ;
 'S gum faic do mhuinntir fein,
 Ann am dheidh-s', thu bhi mairennach.
 Gheibht' at fhardich muirn is manran
 'S piob da laimh ga callanach ;
 Flath is feusda 's ol d'a reir sin
 Aig luchd feum is aithnichen.
 Bhiodh gleodhrich stop ri lionadh chorn
 Is fion ga ol a serragabh ;
 Re sel dhuinn air a ghleus sin
 Bhiodh dith ceill air ferigainn.
 Bhiodhmid mar sud, bhiodhmid mar sud,
 Bhiodhmid mar sud is deimhinn leam ;
 Ag ol gu tric, ag ol gu tric
 Gun ol, gun mhisc, gun mherichinn
 Gun scainnel bhreug ga chur an ceill,
 Gun chomradh breun no ballachail ;
 'S bu tric a' liubhirt phog iat
 Le ro ghradh 's le carthannachd.

Fhuair thu ragha ceile
 Do d' reir fein 's gur math leam sin
 Ann sa bheil bechd is geire
 Le ceill is le banalachd
 Cha dean mi facal breige
 B' e m' eudach is m' anart i
 Is fhad 's a rinn mi cuairt let

A gruaman cha d' fhairich mi.
 Gu bheil thu glie air iomad bechd,
 Chan fhaod mi mhes gur h-amid thu ;
 Tha thu baighail, caoimhnail, cairdail,
 Tlusmhor, daimhail, carthannach.
 Beud no lochd chan airim ort,
 'S gur airidh bhochd is bhennachd thu ;
 'S gur cridhail ri am feum' thu
 Gu feusd' 'thoirt do dh-aithnichen.
 Bhiodhmid mar sud, etc.

Tha mulad mor no dha orm
 Tha fath dhomh 'bhi geranach ;
 Tha mi gun long, gun bhata,
 Gun ardrich bheir thairis mi.
 Nam biodh a chuis mar b' fhearr leam
 'S mo chur 'san ait 'bu mhath leam 'bhi,
 Gum faicinn bho thrath noine
 An Domhnall sin 's lennan dhomh.
 Is ann san am 's an ruiginn thall
 Gun cuirinn geall 's cha chaillinn e,
 'N uair rachinn suas do 'n t-seombar uachdrach
 An deidh fuachd is allabain,
 Gun doirteadh lamh air botull lan
 A dh' fhagadh blath gu h-elamh mi ;
 Chan fhaicteadh nech fo mhuig
 An taigh muirnech Fer Thalascair.
 Bhiodhmid mar sud, etc.

Dh' fhag mi ann san aite sin
 Plannta de lenabh beg ;
 'S gur tric a's smaointinn broin dhomh
 A ghloir an am delachadh.
 Mur h-eil breug 'nam fhaistnechd
 Bidh pairten a shenar ann ;
 'S ma 's a duine beo e
 Ni 'n seol sin fer ainnimh dheth.
 Tha uaisle 'bheus a cur an ceill

Gar cruinnechd deise ro mhath e
 Gun robh a sheors' fo mhes ro mhor
 'S gach aite coir 'am fanadh iat.
 'N uair 'bha iat thall an cuirt na Frainge
 Ann an am na carraide ;
 'S dherbh iat do righ Tearlach
 An gradh 'n uair a len iat e.
 Bhiodhmid mar sud, etc.

Sir Roderick Macleod, first of Talisker, fought in behalf of Charles II., at the battle of Worcester in 1651. He was succeeded by his son John, and John by his son Donald. Donald, third of Talisker, married Christina, second daughter of John Macleod, second of Bernera and first of Contullich. He is the Fer Thalascair of the poem. John, his eldest son and successor, was born in 1718, and is probably the lenabh beg referred to.

— × —

FREGIRT EOIN GHAIRNELAIR DO DH-EOIN BALBHAN.

LE IAIN MAC AILAIN.

Mu 'n sceul so a chualas
 Ga luaidh air Eoin Manntach,
 'S mu 'n fhregirt a fhuair e
 Ann am brудар a bhalbhain.
 Ged nach digedh le m' gheire-sa
 'N tuigse threun sin a lenmhuinn.
 'S feairde sceula ga threised
 Moran teistis is derbhidh.

Chi mi 'n saoghal air chuibhlibh
 'S gun e aig aon chor a fuirech ;
 Ach a diredh 's a ternadh
 Mar roth amhuiltech muilinn.

Am fer a thachir 'na airde
 'S e 's mo abhar gu mulad ;
 'S gum faod mise 'th' air tearnadh
 'Bhi 'na aite mun scuir e.

Gu de 'n gliocas no 'n tabhachd
 'Th' ann do ghairnelair eolach
 Craobh thorach a gharridh
 'Dhol le ailghes ga 'fogradh,
 Gu craobh ur 'chur 'na h-aite
 'S gun e mu 'nadar leth-eolach,
 'S a mheud 's a gheibh e ga h-arach
 Sel mun tar e deagh phor dhi ?

Ach an crann s' bho chionn tamuill
 'Bha fo thoradh gun esbhuidh,
 'S cian bhon chraobh-scaoil a chomain
 Air gach comunn am Bretunn.
 Ged a rachadh cail dhuathair
 Air a chnuasachd re treise
 'S maireg a loiscedh a thiomban
 Ris a mhuinntir a chreic e.

Is beg m' ionghnadh an dream sin
 'Bha gun daimh ris ga threigsinn ;
 'S gum b' e 'n abhar thun fhogradh
 'Thaobh nach b'ann de 'm por fein e ;
 Ach Alba bheg dhona
 'Bha gun onair fo 'n ghrein aic,'
 'N uair a chaidh i ga 'fhagail,
 'S gum b'e arach a geig e.

B'e bhur gliocas 'san abhar s'
 Ann 'sna casanabh ceutna,
 A bhi carthannach, cairdail,
 Is mar brath'ren d'a cheile ;
 An righ sin 'bh' air mhairenn
 'Chumail slan mar a dh' fheudtedh,

'S gun do dh-ordich ar Slanaigher
Dhuinn a chain 'thoirt do Cheusar.

Ach 's e 'n ni 'tha mi 'raghinn
Gun dol air m' aghidh na 's daine,
Bhon tha 'n t-ath so cho domhin
Is nach tombhis cas ghearr e.
Ach an Righ dha bheil fertan,
* 'S a ni gach beirt mar a's aill leis,
'Chur na corach 'na suidhe
Mar a's cubhidh 's gach aite.

This poem is a reply to the one on page 144. The poet himself is Eoin Gairnelair, or John the Gardener, and Mr. Beaton, Eoin Balbhan, or John the Dumb. Mr. Beaton is called by this name owing to the fact that he had been silenced or deposed. A chraobh thorach is King James, and a chraobh ur, King William.

— x —

ORAN

A rinn am Bard air dha a chluinntinn gun robh
Sir Iain Mac-Gilleain ri fuirech ann san Fhraing.

LE IAIN MAC AILAIN.

FONN.—'Fhir a bhata no ho ro eile.

Tha mi am chadal 's gur tim dhomh duscadh
Mu Shir Iain nan lann 's nan luirech ;
Gu bheil do chairden fo mhoran curim
Nach faic iat sabhailt air lar do dhuthch' thu.

*Faill ill o ro, tha sinn fo mhulad,
Tha ar cridhe mar luaidh air truimed ;
Fath ar call is ar campir uile
An stad s' tha thall bhuainn air ceann nam Muilech.*

'S truagh an sceul so tha daoine 'g raitinn,
 'S a bhruchd an nall oirnn le peann is paipair,—
 Gun danic finid air gnìomh ro araid,
 Air cinnedh rioghail, fìor-ghlic statail.

A Chlann-Chilleain gun robh sibh ainmail ;
 Fìne fiachail nam piosan airgid :
 Gur h- iomadh Dubh-Ghall nach b' fhiu a shen-
 achas
 A chaidh gu uir leibh le luths 'ur gela-ghlac.

Craobh ur sinnsribh cha chrìon a thanic ;
 Bha fìos an sceil sin aig geur luchd-senachais ;—
 Gum b' fholachd rìgh sibh bho chrìch na Spaine,
 De sliochd Ghateluis nan euchdan dana.

Ghin de 'san uaislen 'bha buadhach, ainmail ;
 B' ann diu mic Mhìli nan gnìomh ro chalma ;
 Chog iad ri Eirinn le treine 'n laimhe,
 'S do thug iad puic de thriuir mhac Earmuin.

Chan fhognadh baothachd no draoidhechd shena
 chles
 Gun cur air chul bhuath', cha b' fhiu leo 'n delbh
 sin ;
 Ach cogadh dian, cruaidh, gun sith, gun tearmad,
 Gu onair gnìomha, no dìth an anama.

Air sliochd Eremhain euchdich, ainmail,
 Bha uaislen gleusta, fìr threuna, chalma ;
 B' ionnan duibh-se 's do 'n linn 'tha 'n senachas
 'S len ruibh de 'n dualchas 'bhi cruaidh air armibh.

Air tehd an deidh sin dhuibh 'n iar do dh-Albinn
 Bu mhor 'ur foirnert le 'r doidibh garbha,
 Gus 'n duc Mac-Dhomhnill dhuibh coir bu daingne
 Air rioghachd na Dreallinn 's air mor ni 'dh-anbharr.

Bu chennard buadhach uasal ainmail,
 Echann ruatharach ruadh nan garbh chath :
 Airson a ghluasid bha fuath nan Gall ris,
 'S gun duc e ar orra 'm blar Chath Ghairbhich.

Am mac a dh' fhag e bha 'ghnaths mar leoghann,
 Aig Iarla Mar bha freumh an sceoil sin ;
 Thuc e comhdhail dha-san air lar Strath-Lochidh,
 'S rinn e sith bhreugach gun eudach comhdich.

Len ruibh deagh bheusan, 's gur h-e 'chuir sios sibh
 'Bhi leis a chrùn, is gach cuis 'g ar diobradh.
 Thuit Echann Ruadh ann an Inbhir-Chiteinn
 Agus sechd ceut fer de threun fhuil dhirich.

Ged bha 'n sceula sin trom le doruinn,
 Chan e an drasta is abhar broin duinn ;
 Ach 'n ti a dh' fhag sinn 's a chaidh air fogradh,
 'S a leth rìgh Seumas a threig an Dreallinn.

Rug froisedh garbh oirnn le gailbheinn shiontan ;
 Aig meud a chall duinn cha b' arbhar shiol e ;
 Bu chruinnechd poir e gun fhotus sciamhachd,
 Ar cuirm, ar sogh e, ar ceol 's ar fion e.

Tha sinn mar threud 'bhiodh fo thearmunn mi-
 ghleidht',
 Gun neach fo 'n ghrein dhuinn mar sceith 'gar
 didenn ;
 Mar elta sleibh sinn gan teum le liontabh
 'S nach fan aon te dhiu air ceut fer-spionidh.

Is truagh gach la dheth ar cas r'a innse ;
 Mar bhall de dh-arcan air traigh ga shior-ruith,
 Gun neach 'toirt baigh dha bho ard gu iosal,
 Ach buille bharach o laimh gach aon fhir.

A Rìgh nan dul 'tha gun tus, gun fhinid,
 A ni 'reir t' aillais neach ard no iosal ;

Ge clann gun umhlachd bho thus ar linn' sinn
Na leg do lamh oirnn le strac na's dine.

Mar choill ged tha sinn 's a barr air crionadh,
Gun mhes, gun bhath oirnn, ach tair is diobradh,
Thoir caochladh bheus duinn fo sheul do shio-
chaint,
'S na scath dhìot fein sinn mar gheugan criona.

Le tuigse mhathrail da'n gnath 'bhi fìor lag,
Cha du do Ghall airde bheann a dhiredh :—
Ach, och, ma ranic sinn ceann ar criche,
Gur h-abhar broin agus doruinn cridh' e.

— × —

ORAN.

*A rinnadh 'n uair a dh' fhalbh Sir Iain Mac
Gilleain a Muile mu dheiredh.*

LE IAIN MAC AILAIN.

'S an Dreallinn tha air iomad fath
N fir 's na mnai fo thursa,
Mu'n ti so chuaidh do Shasunn bhuainn
D'a bheil an uaisle ghiulain.
Tha sinn ad dheidh mar ian air gheig,
Air cridh' am pein fo churam ;
'S chan fhaicer deut le gair air beul
'S an dig do sceul as ur oirnn.

Gur truagh 'nad dheidh 'tha gruaim nan speur,
Gun tes 's a ghrein bu du dhi ;
Gun samhradh fein no curs' a bheus'
Ach mar aimsir gheir na dulachd ;
Gun mhes air crann, gun fheur ach gann,
Gun chubhac ann, gun smudan ;
Gun selg nam beann ri 'faotuinn ann,
Gun damh 's a ghleann ri buirein.

Gur moch Di-mairt a chaidh thu t' ardrich
 'Falbh bharr lair do dhuthcha ;
 Bu truagh a bha gach tonn 's gach traigh
 Is coslas craidh is turs' orr'.
 Chaidh 'ghaoth air ghleus an sin gu d' theum
 Gu h-elamh, eutrom, sunndach,
 Gun fheum air nert nan laoch bhi let,
 Ach aon fher-beirt gu stiuredh.

Ged chaidh air thuras fir Alb' uile
 'S ged dh' fhag iad Lunninn dumbil,
 'S e fath ar mulaid ceann nam Muilech
 Dha'n robh a chulidh dhiobhail.
 Gum facas uair thu, ri Raon-Ruairidh,
 Nach d' fhuair luchd t' fhuatha puic dhiot ;
 Bu treun do gheard a dol 's a bhlar
 Ged dh' fhalbh thu 'n drast le aon fher.

Cha b' dual do d' bhanruinn air aon abhar
 'Bhi 'na namhit diomb' dhuit,
 'S gun senachas dhaoine riamh r'a fhaotuinn
 Gur dream 'chlaon air cruin sibh :
 Gun aon aobhar dhuit r'a fhaotuinn
 Aig luchd-gaoil no diomba,
 Ach falbh le h-athir do'n Fhraing air bhadhal,
 'S b' e sud an athis shughail.

Bu mhor an luighechd thug thu bhuait
 Airson na fhuair thu chuir oirr',
 Cinnedh greodhnach, fechdail, daonnach,
 Ferann saor is duthich :
 An t-anam fein 'bha staigh ad chre
 Chaidh sud 's na ceutan cunnart ;
 D'a shliochd 'bhi' 'm fuath cha 'n fhaigher bhuait,
 Cha robh e 'n dual no du dhuit.

Rinn coill' is machir caoimh ri Echann
 'Chionn gum bu ghas' am flur e,

Mar umhlachd dho fo bhonn a bhrog
 Bha feur na foid a lubadh ;
 'S 'n ar fianais fein gu grad ag eirigh
 'Suas gu h-eutrom, driuchdmhor,
 'S b' i barail threun gach duine gheir
 Gur falbh 'na dheidh 'bu run leis.

An talla chomhnidh 'n robh do sheorsa
 Riamh gu ceolmhor, sunntach,
 Tha 'n eidedh broin gun aoibhnes dho
 Fo fhuaim nan stop aig Dubh-Ghail :
 'Nuair fhuair e stech e leum e 'dh-aites
 Alr leis gum b' chaistal ur e ;
 Bha chlachan snaight' air caochladh snais,
 Cho ban ri caile ri aon trath.

An Ti 'rinn ceann duibh air bhur rann,
 'S sibh tric fo ainnert spuinnidh,
 'N uair chi e 'n t-am g' ur cur a nall
 Gun bheud, gun chall, gun chunnart !
 Bu sibh ar sogh, ar cuirm, ar ceol,
 Ar blaths, ar n-ol 's ar n-ur ros ;
 Bu sibh gu deimhinn ar miann 's ar lennan
 'S ar dion 's gach aindheoin cuise.

Nan abradh nech nach 'eil so cert
 Chan iarrinn dad bu mhu dha
 Na tigh'nn fo chall mar tha sinn ann
 Gun righ, gun cheann, gun duthich.
 Ach chi mi 'ghnath gur fìor ri radh,
 Ge bristedh aithn' bho thus e,
 Gur beg a's cradh le nech tha slan
 Mar chneidh d'a nabidh 'mhuire.

MARBHRANN.

Do Shir Iain Mac-Gilleain, a chaochail 's a bhliadhna 1716.

LE IAIN MAC AILAIN.

Iomchir mo bhennachd
 Gu baintighern Hamara,
 Ben 's a bheil barrachd
 De charantachd nadair.
 Chunnic mise gu dlighech
 A suilen ri snighe,
 S i 'g airemh mar mhi-adh,
 Sir Iain 'gar fagail.
 Bha doruinn a cridhe
 Cho mora ga 'ruighinn,
 'S mar gum biodh e air tighinn
 Bho dherbh nighinn a mhathar.
 Gu cuimhnechan sceula
 'Bhi tamull 'na dheidh air
 Thug Mairerad na feile
 Spor gheur do 'n fher-dhana.

Nach ionghnadh ri chlaistinn
 Gu hheil mise o cheann fada
 Ri turracairnich cadil
 Is m' aicaid ro chraitech.
 Tha cneidh air mo ghiulan,
 Tha mi leisg air a dusgadh,
 Air egal le 'burach
 Gun uirich i 'm bas dhomh.
 Gidhedh cha sceul ruin e,
 Ach sceul a 's mor curam,
 Sir Iain gun duscadh
 An dluth chiste chlaran.
 B'e sin ar fras dhumhil
 'Mhill ar n-abhall 's ar n-ubhlan ;
 Rinn e doscinn 'bu mhu dhuinn,
 Chuir e 'm flur bharr a gharidh.

B' e-fhein ar crann dosrach
 A chomhdich le 'choslas
 Gur coilltichen solta
 'N d' fhas toisech a fhreumhachd ;
 Gun dredhunn, gun chrionach,
 Gun chrithenn, gun chrion-fhas,
 Ach geugan ro phrisail
 De fhion-fhuil na Spaine.
 Bha fios aig luchd-leughidh
 'S aig senachaidhen geur'
 Air bhur techd o Ghatelus
 As an Eiphait a thanic ;
 Sliochdh mhilidhen treuna
 'Fhuair cennas na h-Eirinn
 Mar bha Eber na feile
 Agus Eremon dana.

Bhon ghin sibh o Scota
 Bha buadhan bhur cordis
 A derbhadh 's a comhdach
 Am por as an d' fhas sibh.
 Far an gabhadh sibh comhnidh
 Bu leibh cennas na foird sin
 Le iouracin eorach
 'S le moralachd stata,
 Air bhur techd air an t-seol sin
 A crìochibh na Fola
 Fhuair sibh cennas na Dreallinn
 Is moran a bharr air ;
 Ciat nighen Mhic-Dhomhnill
 Aig Lachinn bha posda,
 'S b'e a shenailair comhraic,
 Chiat thoisech is 'armunn.

Bhon shuidhich sibh luchirt,
 Bha dh' aillechd 'n ur n-ur-fhras
 'S gur h-iomadach duthich
 'Bh' air a cuinnedh le pairt dheth.

Bha dh' airde 'n ur giubhsich
 'S nach d'ugadh each puic dhibh,
 'S nach bu tric le luchd-diumba
 A lubadh le taire.
 'S e 'n rud a thug sciurs oirbh
 Gum bu diles do 'n chrun sibh,
 'S gum b'e dlighe bhur duthchis
 Bhi 'san iul dhe 'm biodh iatsan.
 Ged bha sin ann san tim sin
 'Na mhios 's na mhor mhislan
 Tha e 'nis gu truagh lionte
 Daor tri-fillte paighte.

Tha sen-fhacal eile ann
 'Tha cho fìor 's mar a their iat,
 Ge b'e nech air am beir i
 Tha chrech dheirennach craitech.
 Ged tha sinne 'geur-achdain
 Na dh' fhalbh o chionn fad oirnn,
 Bhiodh ar duil ri bhi beirtech
 Nam biodh aginn na dh' fhag sinn.
 Ach tha ar nadar cho truagh
 Is nach faic sinn ar buannachd,
 'S nach leir math an fhuarain
 Gus an uair sin an traigh e.
 Tha e 'nis na ni soillair
 D'ar nabuidhnen comuinn,
 Gun d' bhristedh mar phronnaig
 Garadh-droma nan Gaidhel.

'Fhir ghasta gun chrine
 'Bha ainmail 's gach rioghachd,
 'S cha bu tric do luchd-mioruin
 Ann an innsedh no 'n airemh ;
 Bu chompanach rìgh thu,
 Fer menmnach mor prisail,
 'S cha bhiodh tu fo dhiobradh,
 Ach am prisalachd stata

An cogdh luchd-strithe
 Cha robh masl' ort r' a innsedh,
 Ghleidh thu onair do shinnsridh,
 'S ann a mhiadich thu 'n aird i ;
 Cha robh thu, cha b' fhiach let,
 A falbh fo bhrat fillte,
 Etar am bhi 'nad *mhinor*
 Is finid do laithen.

Bu mhor air gach achd thu,
 Bu mhor thu ri t' fhaicinn,
 Bu mhor thu 'nad phersa,
 'Nad ghastachd 's na t' aillechd ;
 Bha thu mor anns gach miadachd,
 Bha thu mor gu bhi rioghail,
 Bha thu mor airson ionracis
 Firinn is cairdis.
 Bha thu mor airson diulnais,
 'S bha thu mor gu bhi sugach,
 Bha thu mor an deagh ghiulan
 An cuirtenabh arda ;
 Bha thu mor ann am misnich,
 Bha thu mor ann an gliocas,
 'S bha thu mor gun cheist idir
 'N sar ghibhten do nadair

Nam b' aithne dhomh innse,
 Bha e mor ann san rioghachd,
 Ann am folachd gun isled
 'S an lionmhorachd chairden.
 Le senachas na firinn
 Bho thoisech a linne
 B'e-fhein 's Iarla Seaforth
 Sliochd direch 'n da bhrathar ;
 Is triath Ghlinne-Garadh
 An dluth-chengal fala,
 'S e cho dian air a chengal
 'S nach scaradh a b' aill leo ;

Air lentuinn o 'n tim sin,
 Gun mhioscuinn, gun mhiorun,
 Mar gun deanadh fer-innlechd
 A scriobhadh air paipair.

Nam biodh e r 'a fhuascladh
 O'n bhas a thug buaidh air,
 Gur h-iomad fer cruadail
 A ghluaisedh 'na abhar ;
 'N t-ainm coitcheanta mor
 Ris an abrar Clann-Domhnill,
 Bho thoisech an cordis
 'S iat bu phor d'a cheut mhathair ;
 Agus uaislean nan Leodach,
 'Thaobh fala agus feola,
 Mar lanain ur phosda
 Leis 'm bu deonach bhi gradhach ;
 Chunna mise, mo phuthar,
 An gruaidhen air dubhadh,
 Mar gun deanadh sar phiuthar
 Geur chumha m' a brathair.

Cuim am faginn an di-chuimhn'
 Dream eile de dhislibh ?
 Bha na cinn 'bu mho phris dhiu
 Ro dhiles am pairt dha ;
 Fir ghasta gun chrine
 'Bha mesail 'san rioghachd,
 Mar bha 'n cinneth mor lionmhor sin
 'Shiolich o Bhancho.
 O thoisech an dualchis
 Cha robh smal air an cruadal
 Ach 'm began beg suarach
 So 'fhuaradh an drast dhaibh ;
 'S e 'n t-abhar a's olc leam
 Nach e 'n gnìomh-san 'bha lochdach,
 Ach an derbhadh mi-fhortain
 'Bha o thoisech 'san abhar,

Bu chert shenachas 's cha tagradh
 'Thaobh falachd is caidrimh,
 Gun innsinn gun mherachd
 Dhuit Caiptin Chlann-Ra'ill ;
 Do chois-nabidh taitnech,
 'S do chompanach lepa,
 'N am marcachd is astir,
 'S 'nuair 'stadadh am mearsal ;
 Bha thu 't f hianis air siledh
 A chreuchdan cho mire
 Ri bras esrich pinne,
 'S a spiorad ga 'fhagail ;
 Is uaislen a dhuthcha
 Ri caoidheran tursach,
 'S an cridh' air a chiurradh
 Mu mhuirnain nan Gaidhel.

'Thaobh dlighe agus dualchis
 Bu diles mu d' ghuaillibh
 Mac-Neill o na cuantabh
 'S dhaoin' uaisle gun taire.
 'Nuair 'dh' eiredh bhur trioblaid
 'S ann gu t' ionnsidh-sa thigedh e
 Le iartas cho bige
 Ri litir do laimhe.
 Chunnic mise gu soillair,
 Gun tarcuis air comunn,
 Iat le 'n cabhlichibh troma
 Techd 'nad choinnimh a dh-Aros.
 'Nuair a tharladh tu riubha,
 Mar thriath 's mar cheann-uibhe,
 Dheanadh frontan iat subhach,
 'S bhiodh iat buidhech ga t' fhagail.

Mar fhridem d'a fhlaithes
 B' ann de 'ranntanabh matha
 Mac-Fhionghainn an t-Sratha,
 Cha ghabhadh e fath air.

Ann an aimsir na ruagil
 'Nuair a thigedh luchd fuatha,
 B' e chompanach sluaigh e
 'Nuair a ghlaistedh leis armlinn.
 Bha iatsan 'san tim sin
 Gun mhasla, gun mhi-chliu,
 Ann am fochair a shinnsridh
 Le gnìomharan dana.
 Ach on chaochail iat clechdadh
 As an aite bu chert daibh
 Chluinn sibh fein mar a thachir
 Dhaibh am batailte Mhara.

Ach 's e raghinn a ni mi,
 Bheir mi 'ghloir so gu finid,
 'S nach gliocas no crìonachd
 Dhomh 'mhiad 's 'tha mi 'g raitinn ;
 Gur a fionn-fhechd 'san tim s' sibh
 Ann an airemh, nan innsinn
 'Nuair a bha sibh gun diobradh
 'N ur miad is 'n ur n'airde.
 Etar Scalpa 's Caol Ile,
 Ged a b' f harsinn na crìochan,
 Bha roinn de gach tìr dhiu
 Fo chis dhuibh a paighadh.
 'Nis on thuit na stuic fhion-fhuil,
 Ris an abairtedh rìghren,
 Tha na geugan 'bu dillse dhaibh
 Air crìonadh nan abhar.

Spor, excitement, stirring up. Solta, sultmhor, fat, fertile, comely. Cordas, agreement. Fodhla, an ancient name of Ireland. Drealluinn, a name applied by the poets to the island of Mull. Toisech, a leader. Giusach, a pine forest, a flag-pole. Puic, advantage, bribe. Minor, the English word minor, a youth under twenty-one. Folachd, extraction, origin by blood. Mioscuinn, malice, grudge. Esrich or esarich, the boiling of a pool where a cascade falls ; the

rushing of liquid through a hole made in a cask or churn. Muirnain, a dearly beloved person. Fridem, support. Flaithes, chiefship, rule, dominion. Milsan, anything sweet.

Margaret, eldest daughter of John Macleod, second of Bernera and first of Contullich, was married to William Macleod, third of Hamer. She is the Baintigherna Hamara and Merarad na feile of the poem. She had strongly urged the poet to compose the elegy: thug i "spor gheur do'n f'her-dhana." Gathelus, Gathelus the fabulous ancestor of the Gaidel. Milidh, Milesius, a descendant of Gathelus. Eber and Eremon, sons of Milesius, who conquered Ireland and divided the country between them. The Macleans, Macdonalds, and other western clans were looked upon as descendants of these imaginary heroes. Lachlan first Maclean of Duart, married Margaret, daughter of John Macdonald, first Lord of the Isles, in the year 1366. The Lord of the Isles gave him the next place to himself in point of honor and appointed him his lieutenant-general in time of war. Margaret Macdonald is the person referred to in the expression: 'S iat bu phor d'a chiat mhathair. Sir John's mother was daughter of Macleod of Dunvegan. Bancho, the Banquo of Shakspeare's Macbeth. It was held at one time that the Stewarts were descended from him through his son Fleance. As a matter of fact they are descended from a Norman named Alan who came over to England with William the Conquerer in 1066, and settled in Shropshire, England. Walter, Alan's second son, settled in Renfrew, Scotland, and was appointed Stewart of Scotland, an office which became hereditary in his family. The correct form of the name is Stewart, not Steuart or Stuart. It was firmly believed in Iain Mac Ailain's day that the Macleans and the Mackenzies are descended from two brothers, Giileain and Cailain. It is now well known that they are not. Ailain Muidertach, "murnain nan Gaidhel," was killed at Sheriffmuir. Sir John Maclean and himself were first cousins and intimate companions. The Macneils of Barra and the Mackinnons generally followed Maclean of Duart. At Sheriffmuir the Mackinnons were with the Macdonalds of Sleat. The poet complains of the change they had made. He tells them that they were "gun mhasladh gun mhichliu" whilst they followed the ancestors of Sir John.

AIR FOGRADH NAN COCUPS.

LE IAIN MAC AILAIN.

Beir an t-soridh so bhuaamsa
 Gu bard ruadh Thota-Raonill ;
 'Nuair bha 'n aimsir an tus aig
 'S ro mhath dhuisgedh e aoiredh.
 'N rud each taitnedh ri 'shuilen
 Dheantedh burdan beg faoin deth ;
 'S 'nuair a chreichdt' e ri uaislibh
 Bhiodh a dhuais na 's leoir daorid.

Ach mu'n rud s' 'chuir ort miotlachd,
 Mar tha 'n cirain s' 'th' air mnathabh,
 B' fhearr e thall an Duneidenn,
 'S ro bheg 'fheum 'Chlann-Ghilleain.
 'S ann air leamsa 'bu choir dhaibh
 Aodach broin bhi ga chaitemh,
 'S gur a minic tha foirnert
 Aig an seorsa ga fhaighinn.

'S ann tha ferg air na duilibh
 Ris 'n fhasan ur ud gu derbha ;
 Tha na siontan air caochladh
 Ri linn daoine ga lenmhuinn.
 Chan fheil mes air na crannabh,
 'S chan fheil toradh 'san arbhar,
 Cha d' fhan iasc air a chladach,
 'S chan fheil tacar 'san fhaire.

Chan ionghnadh leam sroilten
 Air mnathabh coir' agus pearlinn,
 Agus musalin riomhach,
 Ge daor r'a dhiol sin air feiltan ;
 Ach na broileinen anirt
 'Bhi air cailinn na spreidhe,
 'Dol do bhuaile no mhainnir,
 'S culidh fhanaid gu leir e.

'Nuair bha aimsir an aigh ann
 Chan e 'n riombadh bu bheus daibh,
 Ach mnai uaisle nan Gaidhel
 A plaide bhan is a breidibh,
 'Scapadh arain is caise
 Air ceann ard uirigh-seise,
 'S cupa rosach math laidir
 Ga thoirt d' an cairdibh mar fheusda.

'Rìgh, bu taitneach bhi lamh riu
 Mu thim taimh agus eirigh !
 Bhiodh ac' meodhil is manran
 Agus canran air theudabh.
 Ghabh iad toghidh dhe 'n naire,
 Chuir iat gnaths ann san fheile ;
 'S bhiodh am bonn aig luchd-siubhil,
 Egal gutha no beuma.

'S e a chi mi an aite sin
 An drast aca currachd,
 Agus *semincleit* gorach
 'N delbh cleoc' air a chumadh.
 Cha bhi chridh' aig an oglach
 Eidedh cloth' 'chur mu 'mhuinal,
 No a bhoinaid a phaigh e
 'Chur 'nan lathir mu 'mhullach.

Bidh iat-fhein ann an seombar,
 Gun fhacal comhraidh ach Beurla,
 Gun aon duile fo 'n chruinne
 Aig an duin' ach a cheile ;
 Bidh an seipein beg lenna
 'N cois an aingil air eibhlibh ;
 'S iat gun chomunn, gun choisir,
 Ach ga ol air a cheile.

Beiridh ise air an scathan,
 'S theid i lamh-ris an uinneig,

'S a cocup air a charadh
 'Chert cho ard 's a tha 'n Lunninn.
 Beiridh e-san air leobhar,
 'S beg a thoghidh d'a ghunna ;
 'S 'n uair a thic air a namhit
 'S soirbh dha 'lamh 'chur 'na mhuinal.

'N uair a bhios a luchd-fuatha
 A tigh'nn cruaidh air le eucoir,
 'S e gun duine r'a ghuallinn
 Ach aon bhuachaille spreidhe,
 Their e, 's dorran ga 'chaithemh,
 "Bu ghlic m'athair 's mo mhathair,
 Chuir iat uigh 'san luchd-taighe
 Sel mun faighedh nech fath orr'.

Ach a bhaintigherman ura,
 Bu mhath 'n cliu dhuibh sar ghliocas ;
 'S gun 'chur air earball bhur cota
 'N rud bu choir dhuibh 'bhi 'g ithedh ;
 Gun 'chur an satin, no 'n *tahi*,
 No 'm faine, no 'n ribin
 'N rud a chuireadh bhur ferann
 Ann am barrachd de thrioblaid.

Na gabhabh iomadidh sannta
 Air 'bhi Gallta bhon dh' fheudas,
 'S na biodh bhur duil ris gach seorsa
 'Bhios air bhordabh Dhuneidenn.
 Ma bhios blas mel, air gach aon mhir,
 'S gach aon deoch d'a reir sin,
 'S gann nach faicer gun toghidh
 Gum bi 'n t-ogha air on deiric.

It is almost certain that the poet meant by Bard Ruadh Thota-Raonill is Lachinn Mac-Mhic-Iain. This makes it probable that Lachinn Mac-Mhic-Iain was a son of John Roy of Totaranald, second son of John Garbh, seventh of Coll.

EALLAIN AN EICH BHAIN.

LE IAIN MAC AILAIN.

AM BARD.

Gu de ùrtheir dhuit 'bhi 'falbh gagach,
 Eich bhain, 'nuair bhios sinn air choisichd?
 C' arson nach cum thu mi samhach
 'S gun dean began spairn mo dhòchann?
 'S mise gad bhethachadh sasta,
 'Cumail a lom-lan ad chorpan,
 Nam foghnadh feur fada fasich,
 'S gun aon duine 'chach ga 'dhoichell.

AN T-ECH.

'S ann ort fhein 'bu choir dhuit arach,
 Aon sarachadh 'rinn mi ort-sa.
 Cha chum thu mar echabh chaich mi,
 'S gur sar-mhath 'tha mi ga 'chosnadh;
 Cha chum thu rud fo m' dha spagaig
 Gu m' shabhaladh bho na clachabh,
 'S gum foghnadh dhaibh leud a bhraisde,
 'Chithedh tu aig paid' a bhrochain.

AM BARD.

Ma 's e sin do ghearan air m' f hailinn
 Chaill thu do naire 'san droch-uair;
 Nach faic thu mo phoc' gun fhairdinn
 Ghleidedh dhomh m' fhardich gun choicheid!
 'Se 'n ni 'tha mo thuath ag raitinn
 'Tha 'toirt lathail dhomh mo *phortion*,
 Nach bu diochd leo mi-f hin arach,
 Gun dragh an eich bhain mar ghocan.

AN T-EACH.

Cha bhi sin aca ri raitinn,
 Air egal naire 'chuir ort-sa;

Dell' aidh mise riut am mairech,
 'S chan fhag sin do chas-sa socrach.
 Ma gheibh thu ech geltach scathach
 Nach tuig an fhailinn a tha ort-sa,
 'S ro bheg a bhuille de spagabh
 Le 'm faod e t' fhagail ad thoitain.

AM BARD.

'Fhir chridhe, cha dell' inn gu brath riut,
 Mur bhi cach bhi 'cur orm coicheid,
 'Graitinn gu bheil thusa dana
 'S nach ball sar-mhath dhuine bhochd thu,
 Gum brist thu cuith agus garradh
 'G iarridh gach ni 's fearr dha d' chorpan,
 'S air an rathad am mesc nabidh
 Nach h-aill let gun bhi air thoisech.

AN T-ECH.

'S maireg mis' 'tha fuirech 'san aite
 An deantar orm tair le fochaid,
 B' olc an urrinn fer mo chnamhan
 'Dhol roimh echabh chaich air thoisech ;
 Ach air egal thus' bhi traillail,
 'S gun iatsan a gabhail toirt dhiot,
 Dheaninn dhuit mo dhichioll daonnan
 Dh' fheuch am faodinn bhi 'nam fochair.

Tha 'm ministir 'na dhuine sar mhath
 'Gu la brath' chan iarr gu droch-bheirt ;
 'S tric a thug e erail laidir
 Air pein a bhais gun mo dhochann.
 'Nuair chuir' do 'n mhuilenn le gran mi
 Mur falbhinn gu sar mhath 'm throtan,
 Gheibhtedh do shlat air mo mhasabh
 Le deanadas Iain Bhain na poit.

AM BARD.

'Mhic chridhe, fuirich mar tha thu
 Dhe mhiad 's gan dean cach de d' dhoichioll ;

Cha dirich mis' uhd no ardan
 Aig an fhailinn a tha 'm chaisain.
 Rinn sinn an so chena 'dhanachd
 Na chuir ar naire fo 'r casan ;
 Chaidh dhuinn mar a chaidh do 'n sceul sin,
 Mar a du'irt an te mu 'n t-sopan.

— x —

AN SEAN DUINE.

LE IAIN MAC AILAIN.

Air leam fein gur truagh do dhaoine
 'Bhi 'g iarridh gu aois an-mhoir,
 'S a liughad car agus caochladh
 A thig ri aois 's ri anmhuinn.
 'N nech a bhiodh ri nert a threine
 Iomad te ga 'lenmhuinn
 'S eig'nach a bheir a bhen-phosd' d'a
 Blas a poig 'na shean duin'.

Nach faic thu 'chlann mhac is nighen,
 Ge dlighail an dream iat,
 Dha 'n dugadh e 'chrodh 's a chapill
 'S na bhiodh age 'dh-airgiod,
 'N uair a chaoliches a chasan,
 Is casadich ga 'lenmhuinn,
 Cuiridh iat le casadh fiacill
 Mìothlachd air an t-sean duin ?

'N uair 'bhios a mhac an deidh posadh
 Ri cailinn bhoidhich, bhaindidh,
 A bhios fresdalach 'na fheum dha
 'S anam fein an geall oirr',
 Their e rithe, 'ghaoil mo ghraidh thu,
 Tha aiceid a bhais teann air,
 Is bidh sinne subhach, samhach,
 'N uair is bas do 'n t-sean duin'.

'N uair 'bhios e treis an deidh posadh
 Is nos da gum bi clann aig';
 Bidh moran soin agus gaoil aige
 Do dh-aobhachd an cainnte,
 'S their e b' fhearr leam eistechd tacan
 Ri acain mo lenabain
 Na na chluinninn etar dha Dhomhnach
 De ghloir bosd on t-sean duin'.

'Nuair 'theid e 'bhaile 'chinn-chinnidh
 'S iomad fer 'bheir dreang air,
 'S iat ag radh le gaire lachainn
 Gur h-e bata 's arm dha.
 Deir an tigherna, mo thruaighe!
 Bha uair a bha e greannar,
 Ordichidh mi 'chur do 'n chitsin,
 Ni mi iochd ri sean duin'.

'Nuair 'chluinneas an sean duin' 'ghloir sin.
 'S nos da a bhi fergach;
 Gun deid moran 'sios de 'ghibhten
 De 'mhisnich 's de 'mhenmna.—
 'Nuair a bha mise mar-ri t' athir
 A cur catha le m' armabh,
 Theiredh e nach ann 's a chitsin
 Gheibhinn mes am shean duin'.

Fasidh an tigerna fiata
 Ri briathrabh an t-sean duin';
 'S deir e ris, "a dhuine thruaigh
 'S ro bheg mo luaidh de d' shenachas;
 Airson mar a bha sibhse 'gluasad
 Le uabhar 's le anameinn,
 'S iomad fer *caption* 's an uair so
 Gam ruagadh-s' mu 'n ainbhfhiach."

Fregridh an sean duin 'le misnich,
 'S tric leo 'bhi neo-thaingeil,

Gur h-e 'chuir an t-ainbhfhiach ur-s' ort
 Meud do dhuil de 'n Ghalltachd,
 A phoit bheg 'bhi 'n cois an tellich
 'S blas mela air a h-enrich,
 A cosc an ni le 'n cumadh t' athir.
 Luchd-taighe le'n armabh."

'S e 'ghloir sin a thuitem bhuaithe
 Car tuathal an t-sean duin',
 Cuirar maor air fedh na duthcha
 Ga cur fo umhladh caillte,
 Gun nech a thoirt bidh, no lepa,
 No caidrimh, no cainnte,
 No sion a dh' fhaodas a bhi aca
 Do chlaigenn an t-sean duin.'

'N uair a theid e do 'n taigh-osda
 'Thoisechadh ri dram ol,
 'H-uile flescach, barrail, boidhach
 Le 'sporan oir is airgid,
 De dherbh chairden diles, delidh,
 'Bha anam an geall orr',
 Cuiridh iat gu ceann na h-uiridh
 Uilenn ann san t-sean duin'.

'N uair a theid e 'thaigh-na-curtach
 'N deidh a spuinnedh le anacert,—
 'S mar tha gach donas dha 'g eirigh,
 Chan i 'Bheurla 's cainnt da,—
 Thig scoilair a's domhin munadh
 Mac umbidh no lamhraig,
 'S bheir e le feobhas a ghiulain
 Cert na cuis' bho 'n t-sean duin."

An sin 'n uair 'chi e le 'shuilibh
 Gach cuis air na crampaig,
 'S nach h-'eil nech fo ghath na greine
 'Ni dha feum ri aimcheist,

Fasidh e toilech air gluasad
 Le buaidh do 'n taigh ghemhridh,
 Far am faigh e Maighstir pailt
 A bheir dha cert gun airgiod.

—————
 Lamhrag, a slovenly woman.

— x —

LAOIDH.

LE IAIN MAC AILAIN.

'Thi chumbachdich nan cumhdachdan,
 'S a Chruathadair 'tha shuas,
 Tha do shuilen mion-eolach
 Mu fhinechan nan sluagh,
 An nech ris am bi t' esontas
 Cha bhi e fada buan,
 S gu bheil t' armailt agus t' fhechdan
 Air an nertachadh le 'buaidh.

Is nearachd nech air secharan
 A thachradh riut 'sa chluain,
 'S a chithedh meud na maiselachd
 'Tha air do chert 's do bhuidh.
 'S e sin 'bu daingenn taitnech dha,
 'Nuair 'bhiodh e 'n airc no 'n cruas,
 Do ghairdain-sa 'bhi faisce dha,
 'S fer-taic Thu anns gach guais.

Tha cian nan cian on bhechdichedh,
 Air stapuinnen do bhuidh,
 Nach h-'eil ann cruithair fertach
 Ach 'n triuir phersa 'tha r'a luaidh,
 'Rinn beinn is coill' is machrichen,
 'Rinn cuan is clach is cruas,
 'S a dhioghail mort nam macanabh
 'S an Eiphait fad o 'n uair.

'Na aodhir treud' mar dh' innsedh dhuinn
 Bha 'n ti 'fhuair ordagh bhuit,
 Gu bhi 'na cheanntart smachdalach
 Air uibhir pailt de shluagh.
 Thug Thu Aron mar dheagh shagirt da
 Gun lapachas, gun luas,
 'S chuir Thu brigh 's an t-slataic sin
 'Bhiodh 'na nathir iomad uair.

Dh' fhoghnadh do ghnìomh mìorbhuiltech
 A dh-innse miad do bhuaidh,
 'N uair' thug thu pobull Israel
 Bho chisibh troimh 'n Mhuir Ruaidh.
 A bhuidhenn 'bu luchd-strithe dhaibh
 Le mìorun is le fuath,
 Cha d' fhan a h-aon an lathir diu
 Gun bhathadh ann sa chuan.

'Nuair 'bha Maois 's an f hasach
 Is e 'cumail t' abhair suas,
 'S iat cumhachdan do ghairdain-s'.
 'Bha ga 'shabhaladh gach uair.
 Thuc Thu burn thun feumalachd
 A eudann creige cruaidh,
 'S chuir Thu brigh 'san nathir phraisich
 Gu slanachadh an t-sluaigh.

Chuir Thu reull gu 'n sabhaladh
 'S an speur a b' airde shuas,
 Gu'n stuiradh ann sna cearnichibh
 'Bu stathaile de'n chluain.
 Mar iul aig cumhachd ard ghliocais,
 No stiuir air ardrich cuain,
 Bhiodh meall teine 'na aite sin
 'S an oidhch' dha 'n gnath 'bhi fuar.

'S iomad ait 'san d' fhairich iat
 Do charthannachd gun fhuath,

'S an d' rinn Thu fresdal ath'rail dhaibh
 Ri 'n ainnis is ri 'n cruas.
 'N uair a dhiult an talamh dhaibh
 Blath no tenal scuaib,
 'S Tus' a dhoirt am mana orr'
 Bho nebh nan aingel shuas.

Airson an f hresdil shaibhir sin
 Thug iatsan mar dhroch dhuais
 Aoradh an De 'shabhail iat
 Do dh-iomhaigh ghrabhailt' thruaigh.
 Chuir thu lagh gu 'n sabhaladh
 O'n bheinn a b' airde shuas,
 'S thaisbain Thu le t' aithne dhaibh
 Do thoil 's gach cas 'san gluais.

Luchd t' esontais chan ardich ort,
 Chan fhaigh 'sna blarabh buaidh ;
 An triuir sin 'rinn le danadas
 A chennairc ghrainail 'suas
 Tha 'm breithanas a tharlaidh dhaibh
 'Na scathan soilleir buan ;
 Do shluig an talamh fasail iat,
 'S bi lorg an sail' an uaigh.

Chünnic an righ Paganach
 Aisling araid uair,
 Is b' aill leis daoine 'bhasachadh
 Mur h-innst' i dha 's a buaidh.
 Thaisbain Thus' a Dhaniel i,
 Bhon 's e 'nad ghradh a ghluais,
 Is mhol e le mor thaingalachd
 Am maighistir bho 'n d' fhuair.

Bha righ Nebuchadnesar
 'N a chridhe fhein cho cruaidh
 Is nach b' fhiach leis geillechdinn
 Do Thriath nan nebhan shuas ;

Chuir e 'n triuir dha 'n robh 'n sar-chreidemh
 An amhinn teine guail,
 Is gleidh Thusa gu sabhailt-iat,
 Gun bholadh datht' dhe 'n gruaig.

Chaidh Iona mar fhear-techdirechd,
 'S mar fhaidh des-fhaclach bhuaith ;
 'Nuair 'dh' f has a chreidemh failinnech
 Rug anradh air 'sa chuan.
 Dh' uidhimich Thu mor-mhiol dha
 Gu 'shlugadh beo gun ghuais,
 Is liubhir i air t' ordagh-s' e
 Air a chorsa bharr 'n do ghluais.

Ghabh e ferg gu morchuisech
 Le ardan gorach truagh,
 'Chionn fad-bheirt a bhi 'd throcir-sa
 Ri iompidh fhoil do shluaigh.
 Air tulich far 'n do chomhnich e,
 'Sna thuit air seorsa suain,
 Thog e bothag eugsamhil
 Gu 'dhion o ghrein 's o fhuachd.

A mhic an duin' 'tha ardanach,
 Cia 'n t-abhar mu bheil t' uail?
 'S gur h-ann de dh-uir gun chailechd
 'Tha do scail air 'dheanamh suas.
 Ciod a b' fhiach thu 'n Ard-Righ,
 'Nuair a ghabh e 't abhar truas,
 'S gun dug e 'mhac gu'r sabhaladh
 O bhruid an amghir chruaidh !

A Bhith nam bith 'th' air t' ardachadh
 Mar nach eol do chach thoirt suas,
 'Tha gun tus, guu chrich, gun daibhres,
 Is a mhaireas lathail, buan,
 'S co-sholus oidhche 's la dhuit,
 Is ni araid sin r'a luaidh ;

Tha ianlith 's iasc gan arach let,
Ged nach dean iat Mart no buain.

Mo chutrom uile ort fagidh mi,
'Thi shabhail mi gach uair,
'S a rinn fresdal saibhir dhomh
'Nuair 'bha mi 'n cas no 'n cruas ;
O gleidh, a Chruithair ghrasmhoir mi,
Gu la mo bhais 's gum uaigh ;
An onair an Ti 'shabhail mi
Cum cunnart shatain bhuam.

Is nearachd nech, happy is the one.

APPENDIX.

THE BOOK OF DEER.

The book of Deer belonged to the Culdee Monastery of Deer, in Arberdeenshire. It is chiefly in Latin, but contains several entries in Gaelic. The Gaelic portion of it was written about the year 1100. It was published in 1869. We give the following sentence from it:—Columcille acusdtostan mac cosgreg adalta tangator ahi marroalseg dia doib gonic abbordoboir acusbede cruthnec robomormaer buchan araginn acusesse rothidnaig doib ingathraig sain insaere gobraith omormaer acusothosec. It may be thus rendered into modern Gaelic:—Calumcille agus Drostan mac Chosgraich, a dhalta, thainig a I, mar a dh' fhoillich Dia dhaibh, gu ruig Abar-dobhair, agus (is e) Bede, Cruithneach, a bu Mhor-mhaor Bhuchain air an cionn, agus is e a thiodhlaic dhaibh a chathair sin an saorsa gu brath o Mhor-mhaor agus o Thoiseach. The meaning may be given in English as follows:—Columcille and Drostan, son of Cosgrach, his pupil came from I, as God had revealed to them, unto Aberdour, and Bede, a Pict, was Great Steward of Buchan when they came, and it was he that gifted to them that town in freedom forever from Great Steward and Leader.

GAELIC AS WRITTEN IN 1100 A. D.

The extract from the Book of Deer shows to some extent the changes that have taken place both in the pronunciation and spelling of Gaelic words since the year 1100. We give a few words, not contained in that extract. We give first the old form of the word, next its modern form, and then its meaning.

Aen	Aon	One
Bec	Beag	Little
Bennacht	beannachd	A blessing
Carric	Carraig	A rock
Cet	Ceud	A hundred
Cland	Clann	Offspring
Cuit	Cuid	Share
Der	Deur	A tear
Dub	Dubh	Black
Ec	Eug	Death
Etach	Eudach or aodach,	Clothes
Fer	Fear	A man
Grisad	Griosadh	Beseeching
Iat	Iad	They
Ingen	Nighean	Daughter
Loisc	Loisg	Burn
Mulenn	Muileann	A mill
Nert	Neart	Strength
Oc	Og	Young
Peccad	Peacadh	Sin
Recht	Reachd	Law
Rosc	Rosg	The eye
Scian	Sgian	A knife
Tet	Teud	A cord
Uisce	Uisge	Water

A long vowel such as e in cet, der, ec and tet had a mark placed over it to indicate that it was long.

 THE BOOK OF THE DEAN OF LISMORE.

James Macgregor, son of Dughall Maol, son of Iain Riabhach, appears in authentic documents as a notary public in 1511, and as Dean of Lismore in Argyleshire in 1511. He collected a large number of Gaelic poems, chiefly about the year 1512. He employed a peculiar kind of phonetic orthography. He died in 1551. His collection was published in 1862, by that well-known Gaelic scholar and devoted Highlander, the Rev. Dr. Thomas McLauchlan,

The following lines are from it :—

Claiue trome tortoyl nach gann
 Gi tenn er teive in ir vor
 A giymirt class ossi chind
 Is a techt in genn tloy.

In modern orthography these lines would read thus :

Claidheamh trom toirteil nach gann,
 Gu teann air taobh an fhir mhoir,
 Ag iomairt chleas os a chionn
 Is e teachd an ceann an t-sloigh.

DR. MACLEAN'S MANUSCRIPT.

Dr. Hector Maclean was the only son of Lachlan Maclean of Grulin by his wife, Jennet, daughter of John Macleod, second of Bernera and first of Contullich. He was a well-educated man. He spent several years in Flanders and Holland. He married Catherine, daughter of Donald Maclean of Coll by his wife, Marion, daughter of Sir Norman Macleod, first of Bernera. He resided in Glasgow several years after his marriage. He lived during the latter part of his life on the farm of Erray, about a mile from Tobermory. He collected a large number of valuable Gaelic poems. He had one child, a daughter named Mary. He died about the year 1785. After his death his widow resided with her nephew, Alexander Maclean of Coll.

Dr. Maclean wrote down the poems he collected in a strongly bound book, which is about twelve inches in length, seven and a half inches in breadth, and an inch and a quarter in thickness. The date, 1768, is stamped on the cover. The writing is very plain. There is not the slightest difficulty in reading it.

Dr. Johnson and Boswell spent a night at Dr. Maclean's house in 1773. The Doctor himself was not at home, so that the travellers had to be entertained by his wife and daughter. Dr. Johnson says that he found very kind entertainment and very pleasing conversation, and could have been well contented to stay longer. Miss Maclean read and translated for him two poems from her father's collection. She also gave him several tunes on a spinnet, and sang along with it. The next day in speaking of her, he said to Boswell, "Miss Maclean is the most accomplished lady that I have found in the Highlands. She knows French, music, and drawing, sews neatly, makes shell-

work, and can milk cows; in short she can do everything. She talks sensibly, and is the first person I have found that can translate Gaelic poetry literally."

Miss Maclean, *Mari nigh'n an Dotair*, was born and bred in Glasgow. She had not learnt Gaelic in her childhood; it was after she had come to Mull that she acquired it. With all her accomplishments her life was an unfortunate one. She fell in love with a man named Duncan Mackenzie, who was in every respect her inferior. Rather than displease her father she remained single a long time. But shortly after his death, June 6th, 1786, she became the wife of the man she loved. They lived in Tobermory, and were in poor circumstances. Mackenzie died in 1800. After his death Mary was supported by Alexander Maclean of Coll. She died in 1826. She was buried at Kilmore, about seven miles from Tobermory, but no stone marks her grave. She had no children.

Mary Maclean took good care of her father's collection of Gaelic poetry. It is evident that several poems at the end of it were written down by herself. She gave the collection to John Maclean, the poet, about the year 1818. She told him that she had been anxious to publish it, but had been too poor to pay the cost. She expressed a hope that it would be published some day. She must have been at that time over seventy years of age. John Maclean brought the collection with him to Nova Scotia in 1819.

The following are the contents, word for word and letter for letter of the first page of Dr. Maclean's MS.:-

*Orain le Iain Mc Iloin aun Muil, Mac Alain
Mc Iain Mc Ailen.*

ORAN DON SEAUNDUINE.

I.

Hoir leam fein gur truodh do dhaon
Bhì gearidh go aois anbharich,
'S leubhad car agus caochladh
Thig re aois 's re anmhenn.
Neach a bheadh re neart a threim
Iomadh te ga lenamhainn
Seignach i bheir bhean phosd
Blas a poig don teaunduin.

2.

Nach faic thu chlaun mhac is inghin
 Ga dlighail an draum iad,
 Ga dugaodh e chrodh si chaplail
 'Sna bhiadh aig dhairegaid,
 Nuir a chaolichis chasan
 Is casadich ga leanmhuinn
 Cuirich iad le casaodh fiocall
 Mhlach air in teaunduin.

3.

Nuir bhios mhac indeigh posigh
 Ri calin bogheaoch baint,
 Bhies fresdalaoch na fem dha
 Is anum fein an geul ora,
 Her e ri ghaol mo ghraidh
 Tha aichaid a bhas teun air,
 'S beedh sinn fein gu sudhach samhoch
 Nuir 's bas don teaunduin.

4.

Nuir bhios e treus an deigh posigh
 Snos da gu mbi claun aig;
 Bugh moran son is gaoil aig
 Aobhichd an caint,
 'S deir e bearleum eistachd taccan
 Re aden mo lenubain
 Na na chluinin eder dha dhomhnach
 Du ghloir bhosd teaunduin.

5.

Nuair heid e bhaile chinn chinich
 Simaodh fear bher dreang air
 Siad aig rah le gaire lachan
 Gur bata is arm dha.
 Dear in Tighurna mo thruaidhe,
 Bha uair bha e greunair,
 Orduegh mi chur don chisten
 Ni mi iochc re seunduin.

6

Nuir chleuin seunduin ghloir sin
 Snos da bhi feargaoch;
 Gun deuid moran sios da ghiften,
 Da mhisnich s da mhenmna.

Nuair bha mis mari tather
 Cnr cah le marmaobh
 Deiraogh e nach aun si cheisten
 Gheubhin meas am seaunduin.

7.

Fasigh an tighearn fiata
 Ri briathraobh an teaunduin,
 Deir e ris duine thruaidh
 Sro bheg mo luodh dod heanachas,
 Air son mar bha shibhis gluosod
 Le uabher sle anamein,
 Sheamaodh fer captian si nur sho
 Cam ruogaodhs mo nainmhaoch.

8.

Freagridh e sheunduin le misnich,
 Strc leo bhi neo haingel,
 Gur e chuir an tainmhaoch uirs ort
 Meud do dhuil don Ghaultachd
 I phoit bheg bhi 'n cois teallich
 Is blas meal air a henraich,
 A cosg ni le cumaodh tatheir
 Luchd tagha le narmabh.

THE MODE OF SPELLING FOLLOWED IN THIS WORK.

We have been guided in spelling by the following rules:—

1. Spell every word as it is pronounced. There are several violations of this rule; as Caimbeulach on page 19, urchair on page 25, and chennaich on page 125, in place of Caimbalach, urchir, and chennich.

2. When you can use either bh or mh, as in naobh or naomh, gh or dh, as in paighedh or paidhedh, follow the oldest form or the spelling required by the root. Of course this rule cannot be carried out as it should be until a Gaelic dictionary on the same plan as Skeat's Etymological Dictionary of the English Language be published.

3. Spell the same word in the same way. There are a few violations of this rule. We find Nimhais in one place and Nibhais in two or three places. We should have written Nimhais or Nimheis everywhere. Again we find giuthas in one place and giubhas and giubhsach in other places. We should have written giuthas or giuas everywhere, and

giusach in place of giubhsach. The oldest form of the word that we can find is giuis. Sid occurs in two or three places for sud or siod, and cha'n in one or two places for chan; but these are mere slips.

4. Let eu always represent the long sound of e in feum.

5. Let ea always represent the long sound of e in fearr, ceann. We notice a few violations of this rule; as in feadh on page 149, and ann san fheascar on page 151, which should be fedh and ann san fhescar.

6. Let the short sounds of e be represented simply by e, as in fer, fed, for fear, fead.

7. In adding terminations beginning with ea or a write e after i, and a after e, a, o, u: as in tir-en, cas-an; firinn-each, ardan-ach; mill-edh, bual-adh; naidh-eachd, marc-achd. In an unaccented syllable e and a have the same sound.

We are not in favor of this rule. It is just the rule of lethann ri lethann and caol ri caol. We think it would be better to use a in every position. Perhaps un might be used to form the plural, and an simply to form diminutives. This would give us tir-un, cas-un; bior-an, fer-an.

8. In forming the dative plural write ibh after i, and abh after e, a, o, u; as in cir-ibh; fer-abh, lach-abh, bord-abh, lunn-abh. Why not write cir-abh, and thus have uniformity? Because we believe that whilst the great majority of those who sound the bh say cir-ubh, a few of them give the i its proper sound, and say cir-ibh.

9. Change sg everywhere into sc. In behalf of this change it may be urged, first, that Latin, Greek, English, and other Indo-Keltic languages use sc or sk, and that we should follow the same mode of spelling unless compelled by necessity to depart from it; secondly, that Gaelic scholars in the palmiest days of our language invariably used sc; and, thirdly, that those who are taught in school in English would find it easier to learn to read Gaelic if we used sc. Against the change it may be urged that to those who know the sound of Gaelic g, sc represents the pronunciation with perfect accuracy. We admit that from a phonetic point of view there is no objection to sg. We do not say that the change of sg to sc is desirable. It may or may not.

10. In words in which d or g has taken the place of an original t or c, restore the original letter. We have applied this rule regularly only in a few words, such as iad, eadar, ciad, coig, Gilleasbuig, which we have written iat, etar, ciat, coic, Gillesbic.

11. As n after u or i, in an unaccented syllable, has invariably its liquid sound, it is not necessary to write nn. Under the influence of this labor-saving rule we have written aodun, comun, 'tighin, alin, in place of aodunn, comunn, 'tighinn, alinn. We disapprove of this rule. We abandoned it before we came to the end of the work.

12. Throw away all useless apostrophes.

We may state, that this work was written out in the current orthography, and that in changing it we omitted in a few instances to score out a silent vowel or useless apostrophe, or to convert *sg* to *sc*. We may also have made a few other trifling omissions.

CORRECTIONS AND ADDITIONAL NOTES.

There are several typographical errors: but they are, with scarcely an exception, of very little consequence. We have noticed the following:—

Page xiv, saight for saiged. P. xv, prefex for prefix. P. xviii, buladh for bualadh. P. xxiv, its song and stories for its songs and stories. P. xxviii, chru-adail for chruad-ail. P. xxxi, Bean Mhurchiodh for ben Mhurchidh. P. xxxii, Bhath-fhiunntinn for Bhoth-fhiunntinn, in two places, marbhaise for marbhaise, noch for nach, and Ellain for Elain. P. 1, line 9, archdach for arachdach. P. 4, nc for no. P. 6, Sasunach for Sasunnach, and crainn for croinn. P. 7, Brannrhd, as tand, for Brannradh, a stand, and In Iona for in Iona. P. 9, Ferghas for Ferghus, and thoishich for thoisich. P. 12, 1, dnrдан for durdan. P. 13, 12, ghluis for ghluas. P. 15, Au coire for An coire. P. 17, air a for air a; shrem-shuilech for shrem-shuilech: and eigin' for eigin. Page 18, mothair for mothar. P. 20, 1, rach for nach. Page 22, bhechdal for bhechdail. Page 23, firinech, for firinnech, and dh-alta for dhalta. P. 23, Clachan Duibh for Clachan Dubh, An la 'thunic thu 'dh-Albain for An la 'thanic thu 'dh-Albinn: of curious for of a curious; Mac Murcidh for Mac Mhurchidh, Glencilchaig for Gleneilcheig; Inverinate for Inverinate; and Murdock for Murdoch. P. 33, 1, mor for mar; 9, Mach for Mac. Page 34, then Earl for third Earl, and chathanalch for chathanich. P. 35, Chathanach's sons for Chathanich's sons, and Autrain for Antrim. P. 37, ne feile for na feile. P. 38, surgradh for sugradh; Watermish for Waternish. P. 43, oi 'rr for oirr'. P. 47, Fherghais for Fherghuis. P. 47, cha gheilldh for cha gheilledh. P. 49. Ged for Ged. P. 52, robb for robh. P. 54, Dhom-nallich for Dhomhnallich. P. 57, bragaade for bragade. P. 62, chomradh for chomhradh, and ranig for ranic. P. 66, Litenan for Lite nan. P. 68, 'dh-albinn for 'dh-Albinn. P. 77, chriochd for chrioch, and 'S math is for 'S math a's. Page 78, 28, nach d' aichidh for nach d' aichaidh. P. 79, 19, a eirigh for let eirigh. P. 80, Mac Aonghus for Mac Aonghuis. P. 85, 27, orr? for orr'. P. 87, 3,

bratich for bhratich. P. 91, errbal lt' eididh for errball t' eididh. P. 93, iathar for iat thar. F. 94, 'San 't-sith for san t-sith. P. 101, 7. Chair for Chuir. P. 102, Drulmuachdair for Druim-uachdir, and painechas for paighnechas. P. 103, reidhleinn for reidhlein. Page 107, Eoghinn for Eoghin. P. 110, about for about. P. 111, 13, ghruan for ghruaim. P. 112, 24, Shliochd-an-taighe for Sliochd-an-taighe. P. 113, 25, ruim for rium. P. 114, 1, fiallidh for fiailidh. P. 115, 'S buides for 's 'bu des. P. 116, Muc-Duibhe for Muic-Duibhe. P. 118, 12, biodh for bhiodh. Page 120, 18, choilich for choilich. P. 122, Triath Cholla for Triath Chola. P. 123, ballich for balich, and laimhsiched for 'laimhsichedh. P. 126, 'n t-uram for 'n t-urram, fheol for feol', and A bhallich for A bhalich. P. 128, B' uran for B' ur an. P. 129, fhionn-fhuil for fhion-fhuil, and Leis and radh for Leis an rath. P. 134, fear-oinn for ferinn. P. 137, Nic-Gilleaain for Nic-Gilleain. P. 138, 25, Lomh for Lamh. P. 140, n-aman for n-anam. P. 142, Achallaster for Achallader. Page, 143, 3st for 31st. P. 144, Mar Iain for Mr. Iain. P. 145, socainn for socain. P. 146, 28, cid for cia. P. 152, 5, gloir for ghloir. P. 153, cuirean for cuirer. P. 154, guu for gun. P. 156, Mac Gillemboirr for Mac-Gillemhoire, ghabhe e gal for ghabh e egal, ri 'chelle for ri 'cheile, nash for nach, 'S sheibh thu paidhedh for 'S gheibh thu paighedh, 'Nuair 'thogadh tu ridhe h-aotach for 'Nuair 'thogadh tu rith' a h-aodach, luain inche for luainiche. P. 157, cuig for coic, b' urruin e for b' urrinn e, and di-luain in three or four places for Di-luain. P. 165, iondriun for ionndrinn. P. 166, venus for Venus, and feirrein for feirnein. P. 169, 12, Ghlac, for Glac. P. 170, 32, Chumas for 'chumas. P. 171, 37, or for nor. P. 173, 2, mar for mur. P. 175, 12, fallach for 'falach. P. 176, chomradh for chomhradh, and ballachail fot balachail. P. 178, 1, Gar for Gur. P. 179, 26, 'Bha gun for Bha gun. P. 181, Eremhain for Erimhain. P. 182, arbhar shiol for arbhar sil. P. 184, 12, dhiobhail for dhiubhail, and air cruin for air crun. P. 186 baintighern Hamara for baintigherna Hamarra, and Gu Shell for Gu bheil. P. 187, 13, sliochdh for sliochd, Eber for Eibher, Eremon for Erimhan, and Chiat thoisech for 'Chiat toisech. P. 189, cogdh for cogadh. P. 181, 2, falachd for folachd. P. 192, ghlaistedh for ghluaistedh, and fionnfechd for Fianntachd. P. 193, daughter for a daughter, Stewart of Scotland for Steward of Scotland, Gilleain for Gilleain, and murnain for muirnein. P. 194, 7, cach for nach; 16, chaitemh fot chaitemh. P. 196, mel, air for mel' air. P. 197, Eallain for Ealain. P. 198, dhuine bhochd for 'dhuine bochd, and na poit for na poite. P. 200 bosd on for bosd an, and chluinnea for 'chluinnes. P. 205, guu for gun. P. 206, 19, dtostan for drostan, and Cruithnech for Cruithnech.

On p. xii, 18, this sound should be the third sound of u.

P. 3.—IS MAIRG DO 'N GALAR AN GRADH. This poem is from the Dean of Lismore's Book. We may or may not have given the substance of it. It is very difficult to read the Dean's book.

P. 13. In the line, Tha blath mo bhogh' ann am uchd, Ranald Macdonald has blaigh, half; Gillies has blagh, fame; whilst Turner has blath, effect.

P. 35.—IORRAM NA TRUAIGHE. This poem is taken from Ranald Macdonald's collection. It is very irregular in versification as given in that work. We have made several changes in the words used; but none, so far as we know, in the ideas expressed.

On p. 41, He commanded, etc. should be He was Lieutenant-Colonel of the MacLeod regiment.

P. 47.—The stanza beginning Thug Iarl' Ogilbhi 's Eirli, should be deleted. We find that we have not given it correctly. It is very obscure in the MS.

P. 56. Probably tigherna Ghearrloch should be tighern' Chinn-Ghearrloch. There can be no doubt that the person meant is Maclean of Kingerloch.

P. 65.—Archibald Macdonald etc. should be Archibald Macdonald, An Ciaran Mabach, was a natural son of Donald Gorm Og, eighth baron of Sleat.

On p. 91, line 7, sliogach should be slighech. Slighech means sly, cunning, full of stratagems.

P. 116.—CHA TAOBH MI NA SRATHAN. This poem was written down by a man who has it by heart and sent to us in 1888. We have given it word for word as we got it, except Beinn Muic'-Duibhe, which was Beinn Mac-Duibhe. A version of it appeared in the "Oban Times" of September 27th, 1890. The person who sent it to that paper says that the poem was composed by MacArthair Beinn-thuirc, in 1685. He has Beinn-an-luighe where we have Beinn Muic' Duibhe, Beinn-mheadhoin where we have Beinn Bheathain, and Beinn-bhurlaich where we have Beinn Mhurnain. Beinn-thuirc is in Glenfyne, Argyleshire.

P. 156.—GED A THA MO CHOIRC' AN CUNNART. The first eleven lines should have been printed at follows:—

Ged a tha mo choirc' an cunnart
 'Bhi air a fhroisedh gu builech,
 Tha Daibhidh ag radh e 'dh-fhulang,
 Nach dig e dhe 'n bheirt an diugh dhomh.
 Daibhidh greosgach, crom, ciar,
 'S gile 'n rocas no 'bhian;
 Bha mi eolach air riamh,
 Fer 'bu ghreoiliche fiamh.
 A Dhaibhidh an deid thu 'bhuaain,
 'S gheibh thu paighedh Di-luain?
 Cha deid, arsa Daibhidh.

The first four lines have been lost. Those given by us have been merely inserted to make up the stanza.

A few stanzas of this work will be found in Gillies's collection, at page 138. The first stanza in that work is as follows:—

Thoir fios gu brebadair no beirte,
 'Thuir rium gun do bhris mi 'aitrebh,
 Gum faigh e paighedh air an fhaiche
 Le tri chuairt de mhaide secidh.
 Comh-thoirm laidir do 'n chu
 'Thug a bhairlinn ud dhuinn;
 Sud am paighedh 's math lium,
 Thu 'bhi 'fagail na duthch'.

P. 176.—Delete Fonn.—“Cabair feidh.”

P. 194.—AIR FOGRADH NAN COCUPS. Cocups is evidently for cock-ups. Semincleit is in the MS. ceminclit. Tabi is from the English word tabby, a kind of rich, waved silk.

